



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Plana Nàiseanta nan Eilean Aithisg Bhliadhnail 2020



THE
ISLANDS
SCOTLAND ACT 2018
ACHD
NAN EILEAN
ALBA 2018



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2021



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG


ISBN: 978-1-80004-869-0

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Am Màrt 2021.

Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh bho Mhinistear na h-Alba airson Lùths, Comas-ceangail agus na h-Eileanan	2
Ro-ràdh	3
Geàrr-chunntas de na h-Amasan is Luachan Ro-innleachdail	5
COVID-19	8
Measadh Buidh Coimhearsnachd Eileanach	10
Àireamh an t-sluaigh	11
Leasachadh eaconamach seasmhach	16
Còmhhdail	28
Taigheadas agus Bochdainn Connaidh	33
Ceangailteachd Dhidseatach	38
Slàinte, Cùram Sòisealta agus Sunnd	41
Leas-àrainneachdail agus Bith-thèarainteachd	50
Atharrachadh na gnàth-shìde agus cumhachd	55
Coimhearsnachdan Eileanach Cumhachdach agus Com-pàirteachasan Ionadail Làidir	62
Ealainean, Cultar is Cànan	66
Foghlam	69
Implementation and Measurement of the National Islands Plan	77
Leas-phàipear A	81

Facal-tòiseachaidh bho Mhinistear na h-Alba airson Lùths, Ceangailteachd agus nan Eileanan



Mar Mhinistear Lùths, Ceangailteachd agus nan Eileanan, tha mi moiteil a' chiad Aithisg Bhliadhna air Plana Nàiseanta nan Eilean fhoillseachadh. Tha a' bliadhna seo air a bhith dùbhlach dhuinn uile, agus gu sònraichte do na coimhearsnachdan eileanach againn air an tug COVID-19 buaidh mhòr a tha fhathast a' leantainn, a' nochdadh so-leòntachdan ùra, ach cuideachd a' nochdadh neartan ùra. Bu toil leam gu sònraichte an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn airson an ath-leumachd agus airson na freagairt aca dhan ghalar lèir-sgaoilte agus airson a h-uile rud a tha iad a' dèanamh san t-strì againn uile gus cur an-aghaidh COVID-19.

A dh'aindeoin nan dùbhlach ann an 2020, tha sinn air leantainn air adhart ag obair gus Plana Nàiseanta nan Eilean agus na h-Amasan Ro-innleachdail àrd-amasach aige a bhuileachadh, agus sinn fhathast sùbailte gus an urrainn dhuinn an taic as fheàrr a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn agus sinn a' gluasad a dh'ionnsaigh ath-bheothachadh às dèidh a' ghalar lèir-sgaoilte.

Tha foillseachadh na h-Aithisg Bhliadhna seo na prìomh chlach-mhìle ann a bhith a' cur an gnìomh a' Chiad Phlana Nàiseanta nan Eilean aig Alba. Gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana ion-ghabhaltach, tha e deatamach gun tèid fiosrachadh a chumail ri coimhearsnachdan eileanach mu adhartas le bhith ga libhrigeadh. Tha e na thoileachas dhomh gu bheil a' dèanamh adhartas a dh'aindeoin nan duilgheadasan gun samhail a chunnacas ann an 2020.

Tha Plana Nàiseanta nan Eilean ag obair mar-thà, ach mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte agus a bhuidh, tha fios againn gur dòcha nach bi cùisean furasta anns na beagan bhliadhnaichean ri thighinn. Chan urrainn do Riaghaltas na h-Alba na geallaidhean gu lèir a libhrigeadh leis fhèin gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach againn. Ach, tha e nas cudromaiche dhuinn a-nis na bha e riamh ar cuid oidhirpean a dhùblachadh gus obrachadh gu dlùth le coimhearsnachdan eileanach agus ceannardan eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil guthan eileanaich na h-Alba air an cluinntinn gu soilleir agus gun gabhar ri cothrom sam bith airson atharrachadh adhartach a thig bho atharrachaidhean ghiùlan no eile bhon fhreagairt dhan ghalar lèir-sgaoilte.

Cha ghabh cuideam gu leòr a chur air cho cudromach 's a tha na coimhearsnachdan eileanach againn a thaobh dearbh-aithne, dualchas cultarach, eaconamaidh agus beatha chatharra na h-Alba - tha e ro-chudromach gun dèanar cinnteach gu bheil coimhearsnachdan nan eilean fhathast a' soirbheachadh san latha an-diugh agus san àm ri teachd. Tha buileachadh leantainneach Plana nan Eilean Nàiseanta a' toirt bunait dhuinn airson dèiligeadh ri cùisean an latha an-diugh agus airson ullachadh airson an àm ri teachd agus tha mi fhìn, mo cho-obraichean ministreil agus na h-oifigearan a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri luchd-ùidh eileanach agus sinn a' gabhail nan ath-cheumannan gus dèanamh cinnteach gum bi na h-eileanan againn fìor shoirbheachail.

Paul Wheelhouse BPA

Ministear Lùtha, Ceangailteachd agus nan Eileanan

Ro-ràdh

Bidh Plana Nàiseanta nan Eilean na fhrèam-obrach airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brioghmhor. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail agus còrr is 100 gealltanasan a dh'fheumar libhrigeadh thairis air còig bliadhna. Fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, feumar aithisg a chur fa chomhair na Pàrlamaid gach bliadhna a' mìneachadh an adhartais a rinneadh a thaobh libhrigeadh a' Phlana. Is e an sgrìobhainn seo a' chiad tè de na h-aithisgean seo agus tha i a' coimhead air 2020 air fad.

Gun teagamh, thug galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus an RA a bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich buaidh air cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean. Ach chaidh adhartas a dhèanamh a dh'aindeoin seo, agus tha Riaghaltas na h-Alba fhathast dealasach mu bhith a' cumail taic ris na coimhearsnachdan eileanach tro na h-amannan dùbhlach seo.

Ged tha sinn a' cumail oirnn a bhith a' freagairt air feumalachdan choimhearsnachdan eileanach ri linn galar lèir-sgaoilte COVID-19, tha sinn a' tuigsinn gum feum sinn cuideachd cumail oirnn a' libhrigeadh nan gealltanasan a thug sinn seachad ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Ach, tha e deatamach gum bi sinn sùbailte agus freagairteach, agus gun cùm sinn oirnn ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas le coimhearsnachdan eileanach, leis na co-obraichean againn ann an riaghaltas ionadail, leis na buidhnean san treas roinn agus le feadhainn eile le ùidh ann an eileanan. Tha nàdar a' ghalair lèir-sgaoilte gun samhail agus coltach ri mòran de na com-pàirtichean againn, anns a' bhliadhna mu dheireadh tha sinn air a bhith ag obair ann an àrainneachd mhì-chinnteach a tha ag atharrachadh gu luath le prìomhachasan èiginneach ùra airson cùisean slàinte, sòisealta agus eaconamach gus dèiligeadh riutha. Mar a thuigear tha seo a' ciallachadh gun robh againn ri ceum a ghabhail air ais bho bhith a' gluasad air adhart le cuid de na gealltanasan anns a' Phlana, ach bha seo riatanach gus cothrom a thoirt dhuinn freagairt gu luath gus taic a chumail ri coimhearsnachdan eileanach. A-nis, agus coltas ann gu bheil an suidheachadh a' dol am feabhas, tha sinn a-nis a' cur ar spionnadh air fad a-rithist gu libhrigeadh a' Phlana. Thairis air na beagan bhliadhnaichean ri thighinn, gluaisidh sinn air adhart leis na gealltanasan againn, agus bidh sinn cuideachd a' cnuasachadh air buaidh COVID-19 san obair againn.

Aig an àm seo, tha sinn ag ullachadh Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean mar phrìomhachas. Chaidh seo fhiosrachadh leis an ionnsachadh a rinn sinn air mar a tha coimhearsnachdan eileanach air dèiligeadh ri agus freagairt air suidheachaidhean ùra mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte. Thathar a' dèanamh seo le beachdan bho riaghaltas ionadail, co-obraichean poileasaidh ann an Riaghaltas na h-Alba agus luchd-ùidh nan eilean. Seallaidh am Mapa Slighe Buileachaidh gu mionaideach mar a libhrigeas sinn gach fear de na h-Amasan Ro-innleachdail ann am Plana Nàiseanta nan Eilean rè beatha a' Phlana. Tha e cuideachd a' mìneachadh nan dòighean anns am bi sinn a' measadh adhartas a dh'ionnsaigh nan amasan againn agus tha e a' cur an cèill mar a libhrigeas sinn an obair againn san ùine ghoirid, sa mheadhan ùine agus san ùine fhada.

A bharrachd air seo, tha sinn air cumail oirnn a' toirt taic do Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean gus an urrainn dhuinn co-obrachadh gu dlùth leis na com-pàirtichean againn anns na h-ùghdarrasan ionadail mu libhrigeadh. Le seo agus le stèidheachadh Buidheann Riaghlaidh Plana Nàiseanta nan Eilean, agus le conaltradh leantainneach le coimhearsnachdan eileanach, nì sinn cinnteach gum bi com-pàirteachadh nas fharsainge ann sna gnìomhan a dh'fheumas sinn gabhail airson gach Amas Ro-innleachdail.

Tha an sgrìobhainn seo ag aithris air an adhartas a rinneadh air gach gealltanas ann am Plana Nàiseanta nan Eilean, le fiosrachadh air pròiseactan agus stòrasan a chaidh a chosg far a bheil sin iomchaidh. Ron t-samhradh 2021, cuiridh sinn Dashboard Adhartais Plana Nàiseanta nan Eilean air dòigh cuideachd a thaisbeanas adhartas a dh'ionnsaigh an dà chuid nan Amasan Ro-innleachdail agus nan gealltanasan againn ann an dòigh ruigsinneach agus follaiseach.

Geàrr-chunntas de na h-Amasan is Luachan Ro-innleachdail

Bidh Plana Nàiseanta nan Eilean a' toirt stiùireadh do Riaghaltas na h-Alba agus tha e na fhrèam-obrach airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brìoghmhor. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail againn a chleachdas sinn airson a bhith a' stiùireadh na h-obrach againn sna mìosan is bliadhnaichean ri thighinn:



Amas Ro-innleachdail 1

Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann



Amas Ro-innleachdail 2

Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh



Amas Ro-innleachdail 3

Gus seirbheisean còmhdaile a leasachadh



Amas Ro-innleachdail 4

Gus taigheadas a leasachadh



Amas Ro-innleachdail 5

Gus ìrean de bhochdainn connaidh a lùghdachadh



Amas Ro-innleachdail 6

Gus ceangailteachd didseatach a leasachadh



Amas Ro-innleachdail 7

Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh



Amas Ro-innleachdail 8

Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd



Amas Ro-innleachdail 9

Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàthshìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh



Amas Ro-innleachdail 10

Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte



Amas Ro-innleachdail 11

Gus taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan



Amas Ro-innleachdail 12

Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile



Amas Ro-innleachdail 13

Gus taic a chumail ri bhith a' cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach

Plana Cothromach, Amalaichte, Uaine agus In-ghabhalach

Tha na ceithir prionnsabalan de chothromachd, co-fhillteachd, dìon àrainneachdail (uaine) agus ion-ghabhaltas a' tighinn bhon cho-chomhairleachadh. Tha am plana stèidhichte orra agus stiùiridh iad Riaghaltas na h-Alba agus ar luchd-ùidhe gus ar n-amas deireannach a ruighinn – airson cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach.

Bidh Plana **cothromach** stèidhichte air sunnd ag obair a dh'ionnsaigh coimhearsnachdan nas cothromaiche, nas fhallaine agus nas toilichte air feadh na h-Alba. Cuidichidh an dòigh-obrach còraichean daonna le cunntachalachd nas fheàrr airson a bhith cinnteach gu bheil sinn mothachail air còraichean coimhearsnachdan eileanach, agus gan dìon.

Bidh Plana **co-fhillte** a' brosnachadh sheirbheisean co-cheangailte a tha stèidhichte air dòigh-obrach iomlanach stèidhichte air àite, agus a' togail chuspairean eaconomach, sòisealta agus àrainneachdail ann an dòigh-obrach cho-fhillte a thaobh poileasaidh eileanach.

Bidh Plana **uaine** a' glacadh nan cothroman a tha a' tighinn le eaconamaidh nas uaine, nas cothromaiche agus sinn ag obair gu ruige crìoch a chur air na tha Alba a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde.

Bidh Plana **ion-ghabhaltas** a' brosnachadh fìor chumhachdachadh coimhearsnachd aig ìre ionadail, a' dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean a ruighinn cho faisg 's as urrainn ri far am bi buaidh nan co-dhùnaidhean.

COVID-19

Tha sinn mothachail gu bheil dùbhlain shònraichte fhathast aig gach coimhearsnachd air feadh eileanan na h-Alba a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri suidheachadh leantainneach galar lèir-sgaoilte COVID-19. Bha againn ri prìomhachasan nan oidhirpean againn ath-shuidheachadh aig an àm gun samhail seo gus an taic as fheàrr a thoirt do na coimhearsnachdan eileanach againn. Thug seo buaidh dhìreach air cur an gnìomh a' Phlana fhèin, agus mar sin, chaidh cuid de na clàran-ama a shìneadh. Ach a dh'aindeoin a' ghalair lèir-sgaoilte, rinneadh adhartas leis a' mhòr-chuid de na gealltanasan ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Ann an iomadh suidheachadh, cha robhar an dùil gun rachadh cuid de gheallaidhean a choileanadh taobh a-staigh a' chiad bhliadhna de bhuileachadh a phlana co-dhiù, le adhartas a' leantainn gu bhith ann thar beatha còig bliadhna a' Phlana fhèin.

Ach air an làimh eile, thug COVID-19 cothrom dhuinn a bhith a' leasachadh nan dàimhean agus an eòlais againn air feadh nan eilean agus gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air cùisean uile nan eilean. Chaidh againn air na ceanglaichean làidir a rinn sinn air feadh nan eilean rè co-chomhairleachadh Plana nan Eilean Nàiseanta ann an 2019 a chleachdadh. Tha seo air ciallachadh gum b' urrainn dhuinn ruighinn a-mach dhan luchd-aithne eileanach aca agus dèiligeadh gu sgiobalta ris na duilgheadasan a bha a' cur dragh orra. Bha na cùisean sin a' ghabhail a-steach, mar eisimpleir sèineachan-solarachaidh iom-fhillte agus briste, iomallachd chruinn-eòlasach, buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte air sunnd, ruigsinneachd air seirbheisean loidhne-teasairginn, deuchainnean sa choimhearsnachd agus buaidh iomlan a' ghalair sgaoilte air eaconamaidhean eileanach cudromach. Tha seo cuideachd air leigeil le Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba a bhith mar mheadhan do coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil na draghan aca air an cluinntinn thairis air raointean poileasaidh buntainneach, agus, nuair a tha sin a dhìth, a' feuchainn ri fuasglaidhean iomchaidh a lorg.

Tron ghalar lèir-sgaoilte air fad, tha Ministear Lùths, Ceangailteachd agus nan Eileanan air barrachd conaltraidh a dhèanamh leis na com-pàirtichean againn ann an ùghdarrasan ionadail againn - gach cuid tro fhrèamaichean a th' ann mar-thà, mar Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus Fòram Còmhdhail Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean cho math ri conaltrach nas fharsainge le luchd-ùidh eileanach eile. Rinn seo cinnteach gu bheil na dùbhlain shònraichte a tha mu choinneamh eileanan air an riochdachadh gu ceart ann an co-dhùnaidhean ro-innleachdail. Bha seo a' gabhail a-steach sreath de choinneamhan san t-Samhain agus san Dùbhlachd 2020 eadar ùghdarrasan ionadail, Bùird Slàinte agus an Leas-stiùiriche Clionaigeach Nàiseanta gus fios fhaighinn airais mu bhuileachadh Frèam Co-dhùnaidhean Riaghaltas na h-Alba agus coinneamhan le BP agus BPA a tha a' riochdachadh eileanan na h-Alba.

Tha sinn cuideachd air cur ris an dàta a chruinnich sinn sa cho-chomhairle againn ann an 2019 air Plana Nàiseanta nan Eilean le fiosrachadh ùr bhon t-Suirbhidh againn Plana Nàiseanta nan Eilean bho Shealladh Covid (2020). Thug seo cothrom do na co-obraichean againn ann an riaghaltasan ionadail gus na h-Amasan Ro-innleachdail as cudromaiche taobh a-staigh Plana nan Eileanan Nàiseanta a chomharrachadh gus an taic as fheàrr a thoirt do dh'ath-bheothachadh agus ùrachadh nan eilean aca. Sheall an suirbhidh gur e **Còmhdhail** an t-Amas Ro-innleachdail as cudromaiche le **Leasachadh Eaconamach Seasmach** air ainmeachadh mar an dàrna fear as cudromaiche. Chaidh seo a leantainn le **Ceangailteachd Dhìseatach**

mar an treas prìomhachas libhrigidh as motha ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Chuir an dàta seo ri cruthachadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh agus seo far an tòisich sinn le bhith a' comharrachadh prìomhachasan libhrigidh agus sinn a' cumail taic ri coimhearsnachdan le ath-bheothachadh às dèidh COVID-19.

Mar a chaidh a ràdh gu h-ìosal, tha sinn air oidhirp a dhèanamh a bhith ag obair ann an spiorad Achd nan Eilean (Alba) 2018 bho chaidh a thoirt a-steach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' toirt a-steach Measaidhean Buidh Coimhearsnachdan Eileanach (ICIAan). Gus cuideachadh le seo, dh'iarr sinn beachdan bho Bhuidheann-obrach Com-pàirteachas nan Eilean, prìomh luchd-ùidh eileanach agus co-obraichean poileasaidh tro Riaghaltas na h-Alba air fad. Tha an obair seo a' dol air adhart fhathast, agus thathar ag ullachadh ICIAan a thaobh atharrachaidh sam bith ann an Stiùireadh a' Choròna-bhìorais, a' gabhail a-steach an Stiùireadh air Cuingalachaidhean Siubhail bho chionn ghoirid agus na Riaghailtean air Coinneachadh A-staigh.

Gus taic a chumail ri eaconomaidhean eileanach tron ghalar lèir-sgaoilte as t-samhradh 2020, chaidh Prògram Ath-bheothachadh Uaine Eileanach (Islands Green Recovery Plan - IGRP) ùr, luach £2m a chur an gnìomh as t-samhradh 2020 mar phàirt den phasgan culaidh-bhrosnachaidh £230 millean nas fharsainghe a dh'ainmich Rùnaire a' Caibineit airson Ionmhais: Restart the Ecoconomaidh. Chaidh an IGRP a dhealbhadh gus taic a chumail, agus gus ath-leumachd a bhrosnachadh, am measg coimhearsnachdan eileanach na h-Alba. Tha e ag amas air taic a thoirt do dh'ath-bheothachadh uaine agus ri libhrigeadh ghealltanasan ann an Plana Nàiseanta nan Eilean tro chothroman do bhuidhnean coimhearsnachd agus gnìomhachasan stèidhichte ann an eileanan gus pròiseactan ùr a chur an gnìomh co-cheangailte ri còmhdhail beag-charboin, turasachd nach dèan cron air an àrainneachd, seasmhachd bìdh, pròiseactan zero waste agus a bhith a' cruthachadh calpa nàdarra.

Chaidh tagraidhean a dhèanamh ag iarraidh fada a bharrachd airgid na bha sa mhaoin. Mar thoradh air sin, fhuaradh maoinachadh a bharrachd gus a' bhuidhnean as motha fhaighinn bhon tasgadh culaidh-brosnachaidh seo, agus mar sin chaidh £2,442,441 a chosg air eileanan uile gu lèir tron Phrògram. Chuir tagraichean soirbheachail £252,652 ri libhrigeadh phròiseactan gu dìreach, a' ciallachadh gun deach cha mhòr £2.7 millean a chosg tron IGRP uile gu lèir.

Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach

A rèir Achd nan Eilean (Alba) 2018, chaidh Riaghailtean Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd (Foillseachadh agus Ath-sgrùdadh Cho-dhùnaidhean) (Alba) a chur fa chomhair na Pàrlamaid air 3 Samhain agus chaidh an cur an gnìomh air 23 Dùbhlachd 2020. Tha seo a' ciallachadh gun deach an dleastanas gus Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach (Island Community Impact Assessment - ICIA) a chur an gnìomh mar riatanas laghail airson ùghdarrasan buntainneach (air an liostadh san Achd) bho 23 Dùbhlachd 2020 agus gum feum Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan buntainneach cùisean nan eilean a thoirt fa-near nuair a thathar ag ullachadh no ag ath-nuadhachadh poileasaidhean, ro-innleachdan no seirbheisean.

Chaidh na Riaghailtean seo a stèidheachadh às dèidh co-chomhairle le coimhearsnachdan eileanach, ùghdarrasan buntainneach agus com-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail air an dreach Stiùireadh agus Seata-innlealan mu Mheasaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach, a chaidh fhoillseachadh an cois nan Riaghailtean air 23 Dùbhlachd 2020. Gheibhear seo air-loidhne aig www.gov.scot

Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do na co-obraichean againn ann an Riaghaltas na h-Alba air fad agus anns na h-ùghdarrasan buntainneach le bhith a' cur an gnìomh pròiseas ICIA. Tha geàrr-chunntas ann an Leas-phàipear A de na ICIAan a rinneadh gu ruige seo:

Tha sinn air feuchainn gu cruaidh gus obrachadh a rèir spioraid Achd nan Eilean (Alba) 2018 bho chaidh a thoirt a-steach, a' dèanamh Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach air na poileasaidhean, ro-innleachdan agus seirbheisean ùra uile againn. Tha LEAS-PHÀIPEAR A a' liostadh tòrr de na Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach a chrìochnaich Riaghaltas na h-Alba bho chaidh na riaghailtean a thoirt a-steach. Tha grunn mheasaidhean ùra a' dol air adhart an-dràsta thar grunn raointean poileasaidh agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' toirt cunntas orra ann an ùine nach bi fada.

Àireamh an t-sluaigh

Amas Ro-innleachdail 1 - Gus aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann.

Dh'aontaich sinn gun comharraicheamaid eileanan far a bheil crìonadh sluaigh air fàs fìor dhona gus dèanamh cinnteach gun dèiligear le feumalachdan nan eileanan sin.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Dh'fhoillsich Sgioba Saidheans Dùthchail is Àrainneachdail agus Seirbheisean Anailiseachd Riaghaltas na h-Alba aithisg leis an ainm Anailis air Crìonadh Sluaigh, a chomharraich sgìrean de far an robh crìonadh sluaigh mòr ann an sgìrean dùthchail agus eileanach na h-Alba, a' cuimseachadh air sgìrean le ìrean sluaigh ìosal aig aois obrach agus leis na co-mheasan eisimeileachd (dependency ratios) as àirde.

Anns an aithisg Anailis air Crìonadh Sluaigh, chaidh "crìonadh sluaigh èiginneach" a mhìneachadh mar àite far an robh crìonadh-sluaigh ann agus far a bheil raon de dhùbhlain a bharrachd ann mar thoradh air co-mheasan eisimeileachd àrd. Bu chòir seo a bhith na chuideachadh do luchd-dèanamh poileasaidh gus àiteachan a chomharrachadh far am biodh a' bhuaidh as miosa aig crìonadh sluaigh.

Air 10 Màrt 2020, chùm Riaghaltas na h-Alba bùth-obrach àrdachadh sluaigh le luchd-ùidh bho na roinnean poblach, prìobhaideach agus treas roinn gus paidhleatan ullachadh a libhrigeadh iomairtean Àrdachadh Sluaigh ann an com-pàirteachas leis na coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach againn.

Am measg nam beachdan paidhleat a chaidh a mholadh bha: obair air astar agus/no obraichean sgapte; leudachadh air lomairt nan Croitean Coille gus barrachd ruigsinneachd air fearann, croitean agus coilltearachd a chur an comas; a' libhrigeadh leasachaidhean taigheadais measgaichte agus aonadan gnìomhachais beaga gus taic a thoirt do shluagh agus tionnsgalachd agus obair bhon dachaigh, cho math ri dà mholadh a thug seachad 'frèam-obrach' airson a bhith ag ullachadh eadar-theachdan àrdachadh sluaigh.

Tha sinn ag obair thairis air raointean poileasaidh gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air molaidhean a' phaidhleat bhig seo, le sùil ri bhith gan cur an gnìomh ron Mhàrt 2021. Bheir measadh geàrr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine air na h-eadar-theachdan paidhleat sin ionnsachadh deatamach dhuinn ann a bhith a' cruthachadh ar Plana Gnìomh Àrdachadh Sluaigh.

Tha Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba cuideachd air a bhith a' conaltradh le oifigearan gus taic a thoirt do leasachadh na Ro-innleachd Sluaigh a tha gu bhith a' tighinn a-mach gus na dùbhlain sluaigh a tha fa chomhair ar coimhearsnachdan eileanach a ghlacadh.

Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean a chaidh ainmeachadh bho chionn ghoirid, a' feuchainn ri aghaidh a chur air cuid de na dùbhlain dheamografach sin.

Nì na pròiseactan taobh a-staigh an aonta na leanas:

- seallaidh iad mar a choileanar targaidean carbon net zero an Riaghaltais;
- cruthaichear bun-structar puirt ùr a tha cudromach gu nàiseanta a bhios cudromach gus Alba agus an RA a chuideachadh gus targaidean neoni lom a choileanadh;
- neartaichear an t-àite aca mar 'dheuchainn-lannan beò' gun samhail airson ùr-ghnàthachadh cruinneil ann an teicneòlasan beag-charboin, rannsachadh sunnd agus dèanamh biadh seasmhach ann an com-pàirteachas leis na prìomh oilthighean agus ionadan rannsachaidh againn;
- taisbeanar an àrainneachd nàdarra, dualchas, cultar agus cruthachalachd air leth aca dhan t-saoghal; agus
- cruthaichear a' bhunait airson ath-bheothachadh stèidhichte air ùr-ghnàthachadh bho ghalar lèir-sgaoilte COVID-19 agus cuirear taic ri fàs in-ghabhaltach thar gach coimhearsnachd Eileanach

Mar phàirt den phrògram, tha com-pàirtichean Aonta nan Eilean a' toirt tuirmse gu bheil comas aig pròiseactan gus 1300+ obraichean seasmhach a chruthachadh a tha ag amas air luchd-obrach ùr bho aois 16-40 a chumail agus a thàladh, le taic bho phrògram gus na sgilean a thoirt do luchd-obrach nan eilean gus taic a thoirt do na roinnean fais aca.

Dh'aontaich sinn tuigse fhaighinn air a' bhuidh aig Brexit air eileanan agus coimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic ris na h-eileanan againn co-cheangailte ri Brexit, agus tha e air £75,000 a thoirt do gach comhairle, a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail le coimhearsnachdan eileanach, airson deisealachadh airson an AE fhàgail. Tha seo a' gabhail a-steach na h-ùine a chrìochnaich air 30 Ògmhios 2021

Tha sinn cuideachd air [Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#), ùr a bharantachadh, a leigeas leinn beachdan choimhearsnachdan eileanach a chruinneachadh, air sgèile measaidh, thar gach fear de na h-Amasan Ro-innleachdail, gus coimeas a dhèanamh eadar an adhartas againn fad beatha Plana nan Eilean Nàiseanta nuair a thèid suirbhidhean eile a dhèanamh. Bheir seo comas dhuinn a' bhuidh aig Brexit air na coimhearsnachdan eileanach againn a chomharrachadh is a thuigsinn nas fheàrr.

Dh'aontaich sinn plana gnìomha a dheasachadh gus an sluagh àrdachadh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach agus obrachadh le com-pàirtichean gus deuchainnean a dhèanamh a thaobh phileatan air sgèile bheag.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

A dh'aindeoin dàil mar thoradh air buaidh COVID-19, tha an obair air Sgaoileadh an Luchd-obrach air ath-thòiseachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba airson a bhith aig fìor thoiseach na raoin seo agus tha e an dùil buidheann obrach ùr a chruthachadh gus sùil a thoirt an toiseach air luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne agus mar as urrainnear obraichean a dhèanamh ann an sgìre sam bith de dh'Alba.

Tha dà phrìomh phileat a' dol air adhart san raon seo aig an àm seo. Ag obair còmhla ri Com-pàirteachas Croitean Coille, a' coimhead air leudachadh air lomairt Croitean Coille gus am bi barrachd ruigsinneachd air fearann, croitean agus coilltearachd; agus ag obair le Taigheadas Dùthchail na h-Alba gus seata-innealan a chruthachadh stèidhichte air na chaidh ionnsachadh bho phròiseactan a tha a' coimhead air àiteachan-fuirich measgaichte air sgèile bheag agus togail aonadan gnìomhachais gus taic a thoirt do shluagh, tionnsgalachd agus obair bhon dachaigh. Tha na paidhleatan seo a' gabhail a-steach choimhearsnachdan ann an Arcaibh, na h-Eileanan an Iar, Earra-Ghàidheal is Bòd, agus roinn na Gàidhealtachd. Cuidichidh na paidhleatan sin le bhith a' cruthachadh ar Plana Gnìomh Àrdachadh Sluaigh agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag aithris air adhartas leotha anns a' bhliadhna a tha romhainn.

Dh'aontaich sinn obrachadh le eileanaich òga gus gnìomhan a chomharrachadh a dh'fhaodadh am brosnachadh gus cumail orra fuireach anns na h-eileanan no tilleadh do na h-eileanan.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha sinn toilichte aithris gum bi pròiseact Cumail nan Oileanach a' leantainn. Tha am pròiseact seo ag amas air oileanaich a bhrosnachadh gus fuireach ann an Alba às dèidh dhaibh ceumnachadh, agus obraichidh sinn le eileanaich òga gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na bheireadh orra fuireach no tilleadh às dèidh ceumnachadh.

A bharrachd air sin, chaidh [Pròiseact Dùbhlann nan Eileanaich Òga](#) a chur air bhog air 16 Faoilleach 2021 ann an co-obrachadh le Youth Scotland gus stèidheachadh an Lìonra Eileanaich Òga againn fhiosrachadh, Bheir seo cothrom do luchd-còmhnaidh nan eilean a tha aois 5-25 gus na cùisean a tha mun coinneamh a chur am follais, agus gus lìonra ullachadh a chuireas aghaidh riutha seo.

Dh'aontaich sinn làn bheachdachadh a dhèanamh air leasachaidhean poileasaidh, mar eisimpleir, toraidhean rannsachadh “Planadh Dùthchail gu 2050” a choimisein Riaghaltas na h-Alba, nuair a thathar a’ dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt air feumalachdan eileanan na h-Alba le Buidheann-gnìomh a’ Mhinistear air Àireamh-sluaigh.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Tha a’ Bhuidheann-gnìomh Mhinistear air Àireamh an t-Sluaigh gu bhith a’ foillseachadh a’ chiad Ro-innleachd Àireamh-sluaigh na h-Alba tràth ann an 2021. Tha am pàipear a’ gabhail a-steach bloc togail ro-innleachdail airson ‘sluagh nas cothromaiche.’ Rè obair ullachaidh air an Ro-innleachd Sluagh, bha na 32 ùghdarrasan ionadail uile an sàs le Riaghaltas na h-Alba aig ìre oifigeil tro chòmhradh bòrd-cruinn, a chaidh a cho-òrdanachadh tro COSLA. Bheachdaich a’ Bhuidheann Gnìomha gu faiceallach air feumalachdan deamografach sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach, agus tha am feum air barrachd gnìomhachd ann an lèirsinn na Ro-innleachd agus sna h-ath cheumannan. Dh'aontaich ceannardan COSLA leis Ro-innleachd agus a lèirsinn san Fhaoilleach 2021.

Gus taic a chumail ri lèirsinn fad-ùine a’ Phrògram Sluaigh, tha Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba agus oifigearan Àireamh-sluaigh air gabhail ann am buidheann-obrach oifigearan air sluaigh aig CoHI. Bheir oifigearan Riaghaltas na h-Alba taic dhan bhuidhinn gus obair tòiseachail a dhèanamh a thaobh eadar-theachdan thairis air diofar roinnean a bheir aghaidh air crìonadh sluaigh ann an sgìrean eileanach.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean ag amas air luchd-labhairt na Gàidhlig a ghlèidheadh ann an coimhearsnachd Gàidhlig eileanach no an tàladh ann.

Tha obair a’ leantainn air adhart leis a’ ghealltanais seo.

Tha poileasaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a’ feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman obrach a’ cleachdadh Gàidhlig suidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach agus gu bheil ùghdarrasan agus buidhnean poblach a’ fastadh luchd-labhairt Gàidhlig far a bheil sin comasach. Tha maoinachadh sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig a’ cur ris a’ ghealltanais seo, ach thathar a’ toirt fa-near gu bheil comas ann do luchd-fastaidh mòra obraichean agus taigheadas a stèidheachadh ann an coimhearsnachdan eileanach agus beachdachadh air sgilean Gàidhlig, rud a tha Riaghaltas na h-Alba a’ brosnachadh.

Dh'aontaich sinn obrachadh le co-obraichean poileasaidh gus Plana Leasachaidh Nàiseanta a dheasachadh airson croitearachd a bhios an suidheachadh stiùireadh ro-innleachdail fad-ùine airson croitearachd – a’ soilleireachadh nam prìomh eileamaidean a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gum bi croitearachd fhathast aig cridhe nan coimhearsnachdan dùthchail agus iomallach againn san àm ri teachd.

Tha obair a’ leantainn air adhart leis a’ ghealltanais seo.

Tha obair a’ leantainn air Plana Leasachaidh Nàiseanta na Croitearachd, a thèid fhoillseachadh anns a’ bhliadhna a tha romhainn. Tha sinn dealasach a thaobh a bhith ag obair tarsainn air poileasaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan nan eilean againn air an riochdachadh gu cothromach anns a h-uile deasbad a bheir buaidh air an obair seo.

Dh'aontaich sinn obrachadh le Coimisean na Croitearachd gus feuchainn ri dèanamh cinnteach gum biodh gabhaltasan croite a nochdadh gu tric gus cothroman a chruthachadh do dhaoine ùra a dhol an sàs ann an croitearachd.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Anns an dà bhliadhna a dh'fhalbh, tha sinn air còrr air 830 neach-inntrigidh ùr fhaicinn ann an croitearachd - tha 44% dhiubh sin nam boireannaich, agus tha 32% aig aois 40 no nas òige. Leis gu bheil còrr is 50% de na croitean sna h-eileanan againn, bidh a' mhòr-chuid de na croitearan ùra stèidhichte anns na h-eileanan.

Dh'aontaich sinn cumail oirnn a' toirt taic do chroitearan eileanach gus leasachaidhean a dhèanamh air na croitean aca agus cuideachadh gus na gnìomhachasan aca a chumail suas. Bidh seo a' gabhail a-steach: Sgeama Grantaichean nan Taighean-croite, Sgeama Leasachaidh an Sprèidh agus modhan taic croitearachd eile.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Tha gach sgeama sònraichte do chroitean air cumail a' dol thairis air a' chiad bhliadhna de Phlana Nàiseanta nan Eilean. Thairis air an 12 mhìos mu dheireadh, tha sinn air 40 tabhartasan airson Grantaichean Taighean-croite aontacadh, le luach iomlan de £1.2 millean. Tha seo a' gabhail a-steach 23 dachaighean ùra agus 17 grantaichean leasachaidh dachaigh

Às na 40 iarrtasan eileanach soirbheachail, bha 24 anns Na h-Eileanan an Iar; bha 12 ann an roinn na Gàidhealtachd; bha 2 ann an Sealtainn agus bha 2 an an Earra-Ghàidheal is Bòd.

Leasachadh eaconamach seasmhach

Amas Ro-innleachdail 2 - Gus leasachadh eaconamach seasmhach a leasachadh agus a bhrosnachadh

Dh'aontaich sinn prìomh ghnìomhan a chomharrachadh gus fàs eaconamach in-ghabhaltach agus seasmhach a chur air adhart sna h-eileanan, leithid gnìomhachasan air an ruith leis a' choimhearsnachd, e-mhalairt agus gnìomhachasan stèidhichte air eilean le comasan didseatach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Aonta Fàs nan Eilean a chaidh ainmeachadh bho chionn ghoirid ag amas air dèiligeadh ri dùbhlain choitcheann a tha mu choinneamh Comhairle Arcaibh, Comhairle Shealtainn agus Comhairle nan Eilean Siar agus a bhith a' coimhead air dòighean ùr-ghnàthach gus taic a thoirt do ghnìomhachasan ùra agus leasaichte, a' gluasad air falbh bho chonnadh fosail a dh'ionnsaigh net zero a thaobh carboin. Tha Riaghaltasan na h-Alba agus na RA air tasgadh de £50 millean a ghealltainn thar deich bliadhna, agus thèid an £100 millean a bhios ann mar thoradh air sin air a cho-roinn eadar na trì ùghdarrasan eileanach.

Mar phàirt den Phasgan Culaidh-brosnachaidh Calpa 'Ath-thòiseachadh na h-Eaconamaidh' luach £230 millean agus tro raon farsaing de phròiseactan leantainneach, tha Prògram Ath-bheothachaidh Uaine nan Eilean (IGRP) luach £2 mhillean air cothroman a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd agus gnìomhachasan gus cur ri fàs eaconamach seasmhach a tha a' cumail taic ri ath-bheothachadh uaine agus a' lughdachadh sgaoilidhean carboin. Chaidh seo a libhrigeadh tro thasgadh ann an còmh-dhail ghnìomhach agus bheag-charboin, turasachd seasmhach nach toir droch bhuaidh air àrainneachd, seasmhachd bìdh agus pròiseactan zero waste a chumas taic ri agus a bheir deagh bhuaidh air an eaconamaidh chearcallach uaine. Chaidh tasgadh air eileanan tron IGRP a leudachadh tro cho-obrachadh gu còrr is £ 2.6 millean:

- Chaidh £2,442,441 a ghealltainn tro 67 tabhartasan airson gnìomhachasan agus buidhnean coimhearsnachd ann an 30 eileanan thar nan 6 prìomh sgìrean ùghdarras ionadail aig a bheil eileanan.
- Den airgead sin, fhuaradh £ 442,441 de mhaoineachadh a bharrachd tro Mhaoin Leasachaidh Roinneil na h-Eòrpa, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus bho ionmhas Riaghaltas na h-Alba a chaidh ath-riarachadh.
- Chuir daoine a fhuair grantaichean/tagraichean soirbheachail £252,652 ri libhrigeadh pròiseactan gu dìreach, a' ciallachadh gun deach còrr is £2.6 millean a chosg tron IGRP uile gu lèir.

Dh'aontaich sinn sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coileanadh feumalachdan nan eileanan taobh a-staigh com-pàirteachasan eaconamach roinneil a tha a' tighinn am bàrr a' gabhail a-steach Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (CoHI).

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha gach ùghdarras ionadail aig a bheil eileanan taobh a-staigh na sgìre aca nam ball gnìomhach de CoHI. Tha ùghdarrasan ionadail air feadh sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' beachdachadh an-dràsta an cuireadh Com-pàirteachas Eaconamach Roinneil luach a bharrachd ris na com-pàirteachasan a th' ann mar-thà. Cumaidh oifigearan Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba orra a' conaltradh ri CoHI agus a' cumail taic riutha nuair a bhios feum air seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag obair le lomairent na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus barrachd tuigse fhaighinn air na ceistean a tha mu choinneamh nan coimhearsnachdan eileanach againn agus mar as urrainn dhan t-Seirbheis Trusadh Tàlaint, Aithneachadh Sgìlean Alba, agus Pròiseact Glèidheadh Oileanaich deagh buaidh a thoirt air oidhirpean àrdachadh-sluaigh.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil taic gnìomhachais agus coimhearsnachd sònraichte ann airson coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil bathar agus seirbheisean freagarrach, ruigsinneach agus èifeachdach. Bidh seo a' gabhail a-steach modailean ùra agus tionnsgalach agus a bhith ag obair le solaraidhean nàiseanta gus beachdachadh air mar as urrainn do phrògraman aghaidh a chur air feumalachdan choimhearsnachdan agus gnìomhachasan ann an dòigh nas fheàrr.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn Togail Beartas Coimhearsnachd (CWB) a fhàs ann an Alba mar dhòigh phractaigeach airson ar n-amasan eaconamaidh sunnd a choileanadh. Tha CWB a' coimhead air dòighean gus tasgadh poblach a chleachdadh gus a' bhuidh eaconomach as motha a thoirt do dhaoine, gnìomhachasan agus coimhearsnachdan ionadail.

A' togail air soirbheachas ann an Siorrachd Àir, tha sinn a' toirt taic do chòig sgìrean a bharrachd, a' gabhail a-steach Comhairle nan Eilean Siar, gus fuasglaidhean sònraichte a chomharrachadh a bhios a' togail beartas coimhearsnachd a bheir taic do dhaoine agus gnìomhachasan ionadail, gu sònraichte gnìomhachasan le fòcas ionadail agus sòisealta. Thathar an dùil gum bi plana CWB aig Comhairle nan Eilean siar deiseil sa Ghèarran 2021.

Dh'aontaich sinn obrachadh ann an com-pàirteachas gus taic a chumail ri leasachadh eaconomach seasmhach anns na h-eileanan, m.e. Àrainn Rannsachadh agus Tionnsgalachd Arcaibh agus leasachaidhean port Steòrnabhaigh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Aonta nan Eilean ag amas air taic a chumail ri fàs eaconomach seasmhach ann an Arcaibh, Sealtainn agus sna h-Eilean an Iar.

San Dùbhlachd 2020, chaidh gealltanais £49 millean ainmeachadh le Riaghaltas na h-Alba luach airson Pròiseact Cala Uisge Domhainn Steòrnabhaigh, a' sealltainn dealas leantainneach airson leasachadh bun-structair nan eilean. A bharrachd air seo, tha an t-Seirbheis Trusadh Tàlant ag amas air comharrachadh far a bheil beàrnan agus gainneadan sgilean. Dh'aontaich sinn na cothroman a tha ag èirigh bhon aithisg Sgrùdadh air Saidheans agus Tionnsgalachd "Maximising Opportunities for the Marine Economy in the Highlands and Islands" bho 2019 a thoirt air adhart cho math ri bhith a' cur ris an fheadhainn a tha a' tighinn a-mach às na h-aontaidhean fàis.

Dh'aontaich sinn ceannas a thoirt seachad san roinn phoblaich, a' dearbhadh gun urrainn obair agus cùrsa-beatha soirbheachail a bhith aig daoine sna h-eileanan.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Plana Gnìomh Sgilean Èiginn Gnàth-shìde 2020-2025 a' mìneachadh àrd-amasan Riaghaltas na h-Alba gus cur ri ruigsinneachd air trèanadh sgilean, a tha deatamach airson dì-charbonachadh soirbheachail agus a chuidicheas le bhith a' cruthachadh obraichean uaine àrd-inbhe ùra, fàs sgìreil nas fheàrr, agus ruigsinneachd nas fheàrr air 'margaidhean uaine' a tha a' fàs air feadh na cruinne airson gnìomhachasan eadar-mheasgte na h-Alba. Tro Mheasaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach, nì am Plana Gnìomh cinnteach nach bi poileasaidhean agus eadar-theachdan a thaobh sgilean a' dèanamh leth-bhreith agus far an gabh sin dèanamh, gum bi iad ag adhartachadh co-ionannachd chothroman, mar a tha air a mhìneachadh sa Phlana Gnìomh.

Ann an 2021/22, mar phàirt den ghealltanais againn a bhith a' cruthachadh Plana Gnìomh Àrdachadh Sluaigh, tha sinn a' dealbhadh pròiseact paidhleit gus taic a thoirt do choimhearsnachdan gus na cothroman agus na cnapan-starra a chomharrachadh a thaobh iomadachadh an eaconamaidh ionadail gus slugh seasmhach a chur an comas. Bidh an obair seo a' gabhail a-steach mar as urrainn do luchd-fastaidh, a' gabhail a-steach na roinn phoblaich, taic nas fheàrr a thoirt do phoileasaidh obrach far nach eil e gu diofar dè an t-àite anns a bheil luchd-obrach a' fuireach.

Dh'aontaich sinn àrainneachd gnìomhachais bheothail a thoirt seachad a tha a' toirt cothrom do dhaoine farsaingeachd de chothroman eacanomach a leantainn anns na h-eileanan.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Aonta Fàs nan Eilean ag amas air taic a thoirt do dh'Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar agus a bhith a' coimhead air dòighean ùr-ghnàthach gus taic a thoirt do ghnìomhachasan ùra agus leasaichte, a' gluasad air falbh bho chonnadh fosail a dh'ionnsaigh a bhith net zero a thaobh carboin. Ach chan eil anns an Aonta Fàs ach aon phàirt de raon nas farsainge de thaic eaconomach, air a libhrigeadh thar gach raon agus ann an com-pàirteachas leis na h-ùghdarrasan ionadail againn agus le HIE.

Dh'aontaich sinn ri cothroman obrach agus phreantasachdan a bhrosnachadh airson eileanaich òga.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Shoidhnig Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar cairt ann an 2019 a tha a' mìneachadh mar a bhios iad ag obair còmhla agus a' tasgadh gus toirt taic a chumail ri roinn foghlaim, ionnsachaidh agus sgìlean soirbheachail anns na h-Eileanan an Iar. Tha seo a' gabhail a-steach dealas aig an dà bhuidhinn a thaobh phreantasachdan. Tha obair fhathast air leantainn, le soidhnigeadh agus brosnachadh Cairt Arcaibh agus obair crìochnachaidh air Cairt Shealtainn cuideachd. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail orra a' toirt taic do planadh airson ath-bheothachadh tro phreantasachdan, àrdachadh-sgìlean agus ath-sgìleadh.

Tha maoinachadh a bharrachd ri fhaighinn do sholaraidhean trèanadh tro Rural Uplift, gus taic a thoirt do libhrigeadh agus measadh trèanadh ann an sgìrean dùthchail (Earra-Ghàidheal is Bòd, Eilean Arainn agus Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar). Ann an 2019/20, chaidh £459,250 a chosg air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

Tha maoinachadh cuideachd ri fhaighinn gus taic a thoirt do shiubhal agus bith-beò do phreantasan a dh'fheumas a dhol gu trèanadh structarail is foirmeil taobh a-muigh na h-obrach.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil solar sgìlean sùbailte agus freagairteach a thaobh iarrtas san àm ri teachd agus gu bheil e a' toirt comas do dhaoine cothroman a ghabhail.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Chaidh am [Plana Gnìomh Sgìlean airson Alba Dhùthchail](#) a chur air bhog san Ògmhios 2019, agus tha sinn air a bhith ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' co-thaobhadh ri Amasan Ro-innleachdail Plana Nàiseanta nan Eilean agus planaichean tasgaidh sgìlean roinneil is sgìreil. Tha fòcas soilleir aige air co-obrachadh tro chòig prìomh raointean:

- Gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na sgìlean a tha a dhìth air fastaichean dùthchail agus solar a cho-thaobhadh gus taic a chumail ri seo.
- Solarachadh foghlaim is sgìlean ruigsinneach a thoirt do dhaoine gus am bi na cùrsaichean-obrach aca tèarainte, leantainneach agus adhartach ann an sgìrean dùthchail.

- An luchd-obrach a th' ann an sgìrean dùthchail mar-tha a leasachadh tro àrdachadh-sgìlean agus ath-sgìleadh.
- Gus loidhne-phìoba thèarainte a thogail airson an àm ri teachd.
- Gus dòigh obrach cho-òrdanaichte, ro-innleachdail a bhith ann a thaobh sgìlean ann an sgìrean dùthchail.

Tha an t-Seirbheis Trusadh Tàlant ag amas air a bhith a' comharrachadh agus a' dèiligeadh ir beàrnan sgìlean agus gainneadan sa mhargaidh obrach tro bhith:

- A' togail air cliù na h-Alba mar cheann-uidhe airson dreuchdan, a' brosnachadh ar roinnean fàis do dh'oileanaich agus do luchd-obrach air feadh na RA agus nas fhaide air falbh, a' gabhail a-steach mapadh agus leudachadh eadar-theachdan taic do chèilean.
- Ag aithneachadh gu bheil feum aig Alba air daoine le farsaingeachd de sgìlean ann am farsaingeachd de roinnean.
- A' co-obrachadh le luchd-ùidh agus fastaichean san roinn phoblaich agus phrìobhaidich gus dreuchdan agus roinnean a bhrosnachadh far a bheil buannachd fharpaiseach againn agus/ no cliù cruinneil gus fastadh a thàladh agus a chuideachadh.
- Ag ullachadh agus a' dèanamh paidhleat air prògram glèidhidh oileanaich a tha ag amas air lùghdachadh a thoirt air an uiread de dh'oileanaich a bhios a' fàgail Alba aon uair 's gu bheil am foghlam adhartach/àrd-ìre aca crìochnaichte (oileanaich Albannach, bhon RA agus eadar-nàiseanta).

Dh'aontaich sinn togail air Plana Mara Nàiseanta na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun toir iasgach agus gnìomhan eaconomach eile co-cheangailte ris a' mhuir cothroman a bharrachd do choimhearsnachdan eileanach, ach aig an aon àm, gun tèid seo a dhèanamh ann an dòigh sheasmhach.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Chaidh dàil a chur air a' ghealltanais seo a chionn 's gun robh againn ri prìomhachas a thoirt dhan fhreagairt obrachail againn do ChCOVID-19.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh fearainn seasmhach a' gabhail a-steach àiteachas agus coilltearachd fhathast a' toirt seachad obraichean agus cothroman do choimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha roinn coilltearachd na h-Alba a' fastadh dhaoine air feadh na Alba a bheil an fheum as motha air obraichean a chruthachadh, a' gabhail a-steach nan eileanan againn agus am measg nam buidhnean aois as òige. Mar phàirt den ath-bheothachadh uaine, tha Coilltearachd na h-Alba a' dùblachadh na h-àireimh de dh'Oifigearan Taic Coille a tha iad a' fastadh, agus tha Coilltearachd agus Fearann Alba a' dùblachadh na h-àireamh de chothroman airson daoine òga (a' gabhail a-steach nua-phreantasachdan) a' cruthachadh 25 cosnaidhean a bharrachd do dhaoine òga. Bidh cosnadh ann an roinn coilltearachd prìobhaideach a' fàs cuideachd mar thoradh air ìrean nas àirde de chruthachadh choilltean agus àrdachadh ann an toradh fiodh dachaigheil. Tha Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh companaidhean coilltearachd gus taic a chumail ri obraichean ùra sna h-eileanan.

Tha Coilltearachd is Fearann Alba (FLS) a' leantainn air le bhith a' stiùireadh Coilltean agus Fearann Nàiseanta a tha fo sheilbh Ministearan na h-Alba gu seasmhach, mar eisimpleir, Arainn, Muile agus an t-Eilean Sgitheanach. Tha stiùireadh nan sgìrean sin a' cumail taic do dh'eaconamaidhean ionadail (tro ghnìomhachd riaghlaidh coille agus cleachdadh airson cur-seachadan a-muigh), ag adhartachadh na h-àrainneachd agus a' toirt chothroman do dhaoine a bhith a' cleachdadh agus a' faighinn tlachd à coilltean ionadail. Bidh na coilltean sin cuideachd a' cumail taic neo-dhìreach do chompanaidhean cur-seachad ionadail agus turasachd fiadh-bheatha.

Mar phàirt de a dhleastanas a bhith a' riaghladh Coille is Fearann Nàiseanta na h-Alba, tha Coilltearachd agus Fearann Alba a' ruith Sgeama Glusad Stòrasan dhan Choimhearsnachd (Community Asset Transfer Scheme - CATS) gus taic a thoirt do choimhearsnachdan gus fearann a cheannach no fhaighinn air màl gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan ionadail agus taic a chumail ri amasan ionadail. Bidh seilbh coimhearsnachd air coilltean agus fearann a' cruthachadh obraichean agus teachd-a-steach ùr, agus bho chionn ghoirid dh'aontaich Coilltearachd agus Fearann Alba aonta-màil le Urras Leasachaidh Ratharsair airson sgeama dealan-uisge coimhearsnachd, a bhiodh air a phàirt-mhaoineachadh le earrannan coimhearsnachd, gus teachd-a-steach agus lùths seasmhach a chruthachadh dhan eilean.

Dh'aontaich sinn obrachadh còmhla ri luchd-obrach agus luchd-ùidh gus turasachd a dhèanamh nas seasmhaiche agus gus am bi i ann tron bhliadhna air fad, agus gus gnothaichean turasachd a bhiodh a' ruith fad na bliadhna a chur air dòigh thairis air barrachd eileanan, agus a bhiodh a' toirt seachad bhuanachdan eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.

Tha Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan obair seo air feadh nan eilean mar phàirt den obair ath-bheothachaidh agus ath-nuadhachaidh againn. Tha na h-eileanan fhathast nam pàirt chudromach den tairgse turasachd dhùthchail againn agus tha sinn airson 's gum faigh Alba air fad buannachd às na buannachdan eaconamach a thig às a seo.

Chaidh pasgan taic gun samhail ainmeachadh bho gach cuid Riaghaltasan na h-Alba agus na RA gus taic a thoirt do ghnìomhachasan rè galar lèir-sgaoilte COVID-19 gus luchd-fastaidh a chuideachadh gus na gnìomhachasan a ghlèidheadh, obraichean a ghlèidheadh agus an luchd-obrach aca a phàigheadh tron t-suidheachadh èiginneach seo. Gheibh gnìomhachasan turasachd agus aoigheachd air feadh na h-Alba buannachd bho phasgan taic de £104.3 millean ann an 2021, mar phàirt den phasgan £185 millean a chaidh ainmeachadh roimhe le Rùnaire an Ionmhais.

Tha sinn air £175,000 a ghealltainn ann an 2020/21 agus £25,000 ann an 2021/22 a dh'ionnsaigh a' ghealltanais againn anns a' Phrògram Riaghlaidh Pròiseact Cead-siubhail nan Eilean a chruthachadh, aig am bi prìomh phàirt ann a bhith a' toirt taic do dh'ath-bheothachadh eaconamach turasachd nan eilean.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun lean croitearachd mar dhòigh gus obair a chruthachadh agus gus cothroman a thoirt do choimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba Plana Leasachaidh Nàiseanta na Croitearachd ann an 2021. 'S e prìomh amas a' Phlana seo a bhith a' cuideachadh croitearan gus obair croitearachd a leasachadh agus iomadachadh gus dèanamh cinnteach gum bi siostaman croitearachd torrach agus coimhearsnachdan croitearachd soirbheachail, a' gabhail a-stach coimhearsnachdan eileanach. Bidh am Plana ag amas air cnapan-starra inntrigidh a lùghachadh agus a thoirt air falbh gus am bi cothroman aig croitearachd do dhaoine ùra. Comharraichidh e cuideachd prìomhachasan leasachaidh leithid brosnachadh iomadachadh tro bhith a' conaltradh le comataidhean ionaltraidh gus cleachdadh iomchaidh de na h-ionaltraidhean a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach ath-nuadhachadh mòinteach agus cur chraobhan.

Tha Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd cuideachd air ainmeachadh gun deach 5 buidhnean fo stiùir thuathanaich a stèidheachadh a bheir comhairle seachad air dè as urrainn do phrìomh roinnean tuathanachais a dhèanamh gus gluasad gu tuathanachas agus riaghladh is cleachdadh fearainn a bhios beag-charboin. Cuidichidh na buidhnean sin le bhith a' toirt stiùireadh do Riaghaltas na h-Alba mu bhith a' libhrigeadh prìomh phoileasaidhean anns a' Phrògram Riaghlaidh agus agus anns an ùrachadh air Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde.

Tha na buidhnean sin nam prìomh iomairt a tha a' brosnachadh an fheadhainn le eòlas agus sgilean gus fuasglaidhean practaigeach èifeachdach a mholadh gus dèanamh cinnteach gu bheil àiteachas a' cur ri targaidean gnàth-shìde na h-Alba. Tha cruthachadh nam buidhnean sin a' toirt cothrom do Riaghaltas na h-Alba a bhith ag obair le thuathanaich agus croitearan gus cothroman a chomharrachadh gus taic a thoirt do na roinnean sin gus dèanamh cinnteach gum bi iad seasmhach - gach cuid gu h-eaconamach agus gu h-àrainneachdail.

Dh'aontaich sinn Iomairt Cead-siubhail nan Eilean a libhrigeadh, a bhrosnaicheas an cothrom tadhal air barrachd eileanan air a bheil slugh, a' brosnachadh luchd-tadhail tro gach ràith agus le còmhdhail phoblach, agus mar sin a' libhrigeadh chothroman eaconamach do choimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Bha Gealltanais ann am Prògram Riaghlaidh 2018-19 a bhith a' cruthachadh sgeama Cead Siubhail nan Eilean. Tha seo fhathast a' faighinn taic bho Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba agus oifigearan Turasachd, às leth Ministear Lùths, Comas-ceangail agus na h-Eileanan agus Rùnaire a' Chaibineit airson Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd. Ach chaidh dàil nach beag a chur air adhartas mar thoradh air buaidh COVID-19.

Bha am pròiseact, a tha ag amas air a bhith fèin-sheasmhach, an dùil paidhlead a chur air bhog as t-samhradh 2020 agus an cothrom seo a chleachdadh gus dàta agus beachdan luchd-cleachdaidh a chruinneachadh mus tèid a chur air bhog. Chaidh dàil a chur air seo mar thoradh air COVID-19 Chaidh paidhlead cuibhrichte a dhèanamh as t-fhoghar 2020 le focas air muinntir Shealltainn agus daoine a bha gu bhith a' siubhal a Shealltainn mar-thà. Bha seo soirbheachail ann a bhith a' trasadh bheachdan air ais bho chleachdaichean.

Dh'aontaich sinn obrachadh còmhla ri gnìomhachas a' bhìdh is na dighe gus an comas eaconomach aige a chleachdadh agus gus coimhead air mar a ghabhas cuid de na buannachan aige a cho-roinn le coimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Bidh gnìomhachasan bìdhe is dighe anns na h-eileanan againn a' dèanamh raon farsaing de thoraidhean aig àrd-ìre, aig a bheil buannachd fharpaiseach làidir co-cheangailte ri àite, daoine agus tùs. Aig an àm seo, tha luach £15 billean aig a' ghnìomhachas ann an Alba agus tha an t-amas ann luach a' ghnìomhachais a dhùblachadh gu £30 billean ro 2030, a' stiùireadh fàs tro ùr-ghnàthachadh, ag amalachadh sèineachan-solair, a' tasgadh ann an daoine agus sgilean, agus a' cur fòcas air cothroman fàs margaidh san dùthaich seo agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha Riaghaltas na h-Alba na bhall de Chom-pàirteachas Biadh is Deoch na h-Alba, a tha a' gabhail a-steach gnìomhachasan tro na buidhnean malairt aca, agus buidhnean eile san roinn phoblaich, leis a' cho-amas cur ri cliù agus luach a' ghnìomhachais. Chaidh [Plana Ath-bheothachaidh Biadh is Deoch na h-Alba](#) a chur air bhog san t-Samhainn 2020. Tha am plana ath-bheothachaidh nàiseanta seo a' leudachadh agus a' luathachadh prìomh obair làithreach Com-pàirteachas Biadh is Deoch na h-Alba ann a bhith a' libhrigeadh Àrd-amas 2030. Gu cudromach, ge-tà, tha e a' cur gnìomhan ùra an sàs a bhios nam meadhanan gus ath-bheothachadh a thòiseachadh agus a luathachadh, a' gabhail a-steach an fheadhainn san roinn a tha a' fuireach sna h-eileanan againn.

Dh'aontaich sinn feuchainn ri cur ris an fharsaingeachd de bhuanachdan eaconomach, sòisealta agus àrainneachdail a bhios coimhearsnachdan eileanach a' faighinn bho choilltearachd.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha pròiseactan cruthachadh choilltean a' cur gu mòr ri bhith a' libhrigeadh targaid cruthachaidh coille Riaghaltas na h-Alba gach bliadhna gus cuideachadh le bhith a' lùghdachadh atharrachadh na gnàth-shìde, a' leasachadh bith-iomadachd agus a' toirt taic do gnìomhachasan ionadail.

Tha Tòrasaigh ann am Muile, na eisimpleir de phròiseact den t-seòrsa seo. Tha am pròiseact a' cruthachadh 430ha de choille dhùthchasach agus a' dèanamh ath-nuadhachadh eag-eòlasach le taic tro Sgeama Tabhartais na Coilltearachd. Tha am pròiseact seo ag amas air crìonadh àrainnean a thionndadh air ais tro phrògram ath-nuadhachadh coille air sgèile cruth-tìre le lèirsinn 150 bliadhna. Thèid leantainn air le cur chraobhan ann an ceuman gu 2022. Far a bheil an t-eòlas ionadail ri fhaighinn, chaidh cunnadairean stèidhichte san eilean a chleachdadh airson ìre stèidheachaidh na h-obrach. Tha gnìomhachas stèidheachaidh coille ionadail an dùil an comas aca a leudachadh gus am pròiseact a libhrigeadh, a' gabhail a-steach phreantasachdan a bheir seachad trèanadh agus comhairleachadh ann an riaghladh coillteach practaigeach.

Tha Sgeama Còmhhdail Fiodha Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba (STTS) a' toirt taic do phròiseactan a bhios a' comasachadh còmhhdail fiodha seasmach ann an sgìrean dùthchail na h-Alba, a' gabhail a-steach nan eileanan a bheir buannachdan do choimhearsnachdan ionadail agus dhan àrainneachd. Tha seo air a dhearbhadh le leasachaidhean air Rathad Monadh Mhacharaidh ann an Arainn, a chleachd tabhartas STTS de £55,000 gus 4 àiteachan seachnadh a chur ann agus gus 1km den rathad phoblach a neartachadh, a' maidseadh

caiteachas an riaghaltais tro Choilltearachd agus Fearann na h-Alba air leasachaidhean air rathaidean taobh a-staigh nan coilltean.

Tha Coilltearachd na h-Alba a' leantainn air ag obair le raon de chom-pàirtichean gus cleachdadh choilltean anns na h-eileanan àrdachadh gus piseach a thoirt air slàinte, sunnd agus atharrachaidhean beatha dhaoine. Tha seo a' gabhail a-steach pròiseact com-pàirteachais le Urras Costa is Dùthchail Earra-Ghàidheal is nan Eilean (ACT) gus Branching Out ('deagh shlàinte inntinn tro nàdar') cothroman saor-thoileach a libhrigeadh agus air feadh Earra-Ghàidheal, a' gabhail a-steach Coille an Rubha Bòdach agus Moss Wood, pàirt de Choille Coimhearsnachd Bhòid. Bidh ACT a' libhrigeadh phrògraman ùr-ghnàthach de ghnìomhan stèidhichte air fearann coille do dhaoine le droch shlàinte inntinn, a' cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris na duilgheadasan a tha aig daoine le ro-iomagain, trom-inntinn, aonaranachd agus suidheachaidhean slàinte fad-ùine eile. Air sgàth galar lèir-sgaoilte COVID-19 chan eil e daonnan comasach seiseanan aghaidh ri aghaidh a chumail ann an 2020-21, ach, tha stiùirichean agus com-pàirtichean libhrigidh air am pròiseact atharrachadh gus taic a thoirt seachad gus aonaranachd agus iomallachd a lughdachadh le bhith a' cur a-mach pasganan gnìomhachd cunbhalach, a' fònadh chom-pàirtichean agus a' toirt seachad àrd-ùrlaran sòisealta air-loidhne.

Nithear ath-sgrùdadh air an Fhrèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd gu leòr ann airson feumalachdan nan eilean, a' gabhail a-steach nan dòighean as fheàrr gus feumalachdan taigheadais a choileanadh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha obair a' dol air adhart air ullachadh Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta 4 (NPF4), a bhios a' gabhail a-steach poileasaidhean ùraichte air planadh airson taigheadais. Thathar an dùil gum bi dreachd NPF4 ri fhaighinn as t-foghar 2021.

Chaidh ar smaoineachadh làithreach air NPF4 a mhìneachadh anns an [Aithris Seasaimh](#) NPF4 a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2020. Tha e soilleir gum feum NPF4 co-thaobhadh ri Plana Nàiseanta nan Eilean ann a bhith a' brosnachadh a bhith ag obair agus a' fuireach ann an eileanan Albannach gu gnìomhach.

Thèid Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach ullachadh mar phàirt de dh'Ullachadh NPF4.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid feart a thoirt air Plana Nàiseanta nan Eilean agus seallaidhean roinneil iomchaidh anns an Ath-sgrùdadh air an Fhrèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta agus ann a bhith ag ullachadh Frèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta 4.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba air cumail orra a' co-obrachadh le buidhnean de dh'ùghdarrasan planaigh gus smaoineachadh tràth a bhrosnachadh air Ro-innleachdan Spàsail Roinneil. Thèid barrachd obair a dhèanamh air seo ann an 2021 gus an dreachd de NPF4 agus a Ro-innleachd Spàsail Nàiseanta fhiosrachadh.

Tha ùghdarrasan ionadail air tighinn còmhla ann am buidhnean gus beachdachadh air ullachadh Ro-innleachdail Spàsail Roinneil. Tha na buidhnean RSS a' gabhail a-steach nan ùghdarrasan eileanach: Comhairle Arcaibh, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Shealtainn Thathar a' dèanamh obair thràth gus Ro-innleachdan Spàsail Roinneil taisbeanach (indicative Regional Spatial Strategies - iRSS) a dheasachadh a chuidicheas le bhith ag

ullachadh an Fhrèam Planaidh Nàiseanta (NPF4). Gheibhear geàrr-chunntas air adhartas le tagraidhean iRSS tòiseachail (An t-Sultain 2020) aig [npf4-irss-submissions-summaries-nov-2020.pdf](https://www.npf4-irss-submissions-summaries-nov-2020.pdf) ([transformingplanning.scot](https://www.transformingplanning.scot)).

Rè obair ullachaidh air Plana Tasgaidh Bun-structar 2020, dh'aontaich sinn beachdachadh air a' bhuidhe aig Plana Nàiseanta nan Eilean air feumalachdan bun-structair san àm ri teachd.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Cumaidh Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba orra a' cleachdadh fios air ais a chaidh a chruinneachadh tro Cho-chomhairleachadh Plana Nàiseanta nan Eilean (2019) agus toraidhean suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean bho Shealladh Covid (2020). Seo a bharrachd air conaltradh cunbhalach agus leantainneach le ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh coimhearsnachd gus prìomhachasan bun-structair a chomharrachadh ris an urrainnear taic a thoirt; an dà chuid taobh a-staigh an raoin poileasaidh agus tro Riaghaltas na h-Alba air fad.

Tha am Plana Tasgaidh Bun-structair ag ràdh gum bi Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £30 millean ann a bhith a' libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean thar nan còig bliadhna a tha romhainn, le bhith a' toirt taic do dh'fharsaingeachd de raointean, a' gabhail a-steach turasachd, bun-structar, ùr-ghnàthachadh, eadar-ghluasad lùths agus sgilean - stèidhichte air an n-ionnsachadh air mar a tha coimhearsnachdan eileanach air freagairt agus atharrachadh ri linn COVID-19.

Bheir am maoinachadh calpa ùr seo taic do phròiseactan a tha a' brosnachadh àrdachadh sluaigh, a' libhrigeadh nan amasan net zero againn; agus a' cumail taic ri ath-bheothachadh eaconamach uaine. Obraichidh sinn leis na com-pàirtichean eileanach againn, le luchd-ùidh agus tron riaghaltas air fad gus dèanamh cinnteach gu bheil an goireas calpa seo a rèir prìomhachasan ionadail, a' cur ri obair àrdachadh sluaigh leantainneach agus a' cruthachadh obraichean agus cuideachd a' libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Ag aithneachadh nan seirbheisean a bhios taighean-spadaidh eileanach a' toirt seachad do na coimhearsnachdan anns a bheil iad, dh'aontaich sinn obrachadh le com-pàirtichean iomchaidh gus na seirbheisean seo a libhrigeadh gu seasmach ann an dòigh a bhios ion-obrachail gu h-eaconamach.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Tha obair leis a' ghealltanais seo fhathast aig ìre sgòpaidh, agus feumaidh co-chomhairle agus conaltradh a bhith ann le oifigearan Slàinte Àrainneachd agus oifigearan gus coimhead air comasan obrachaidh ion-obrachail sàbhailte taobh a-staigh reachdas làithreach

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil reachdas agus poileasaidh a thaobh cùram-chloinne a rèir feumalachdan nan eilean.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Chaidh dleastanas a chur an gnìomh gus Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail bho 23 Dùbhlachd 2020.

Tha seo a' cur riathanas air ùghdarrasan buntainneach cùisean nan eilean a thoirt fa-near nuair a thathar a' cruthachadh no ag ath-sgrùdadh phoileasaidhean, ro-innleachdan no sheirbheisean. Nithear làn mheasadh buaidh coimhearsnachd air poileasaidh Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne le taic bho Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba.

Gheall sinn dèanamh cinnteach gu bheil a' beachdachadh air cothroman gus cor na Gàidhlig a leasachadh agus àireamh an luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh àrdachadh mar phàirt de leasachadh eaconamach seasmhach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha poileasaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman leasachaidh eaconomach a tha a' cleachdadh na Gàidhlig suidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach agus gu bheil ùghdarrasan agus buidhnean poblach a' faicinn a' chomais aig Gàidhlig a bhith a' cur ri leasachadh eaconomach seasmhach. Tha grunn phròiseactan agus iomairtean Gàidhlig ann leithid MG ALBA, Ceòlas, Fèisean nan Gàidheal, Stòrlann a tha a' cur ri leasachadh eaconomach agus tha an cuideam seo air a bhith aig cridhe iomairtean Adhartais nas Luaithe agus Com-pàirteachadh Coimhearsnachd aig an Leas Phrìomh Mhinistear.

Mar thoradh air ceumannan leithid planaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig, còmhraidhean aig CoHI agus Measaidhean Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach, bidh e comasach Gàidhlig fhaicinn nas bitheanta mar phàirt de leasachadh eaconomach.

Dh'aontaich sinn taic a thoirt do boireannaich ann an àiteachas ann eileanan na h-Alba gus soirbheachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh com-pàirteachadh sa phrògram leasachaidh ceannardais, a' dèiligeadh ri leth-bhreith gun fhiosta le buidhnean agus gnìomhachasan agus ri bhith a' briseadh sìos chnapan-starra cultarach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Chaidh Prògram Leasachaidh Boireanaich ann an Àiteachas (WiADP) a chruthachadh airson boireannach air feadh na h-Alba. Rinn sinn co-chomhairleachadh le 22 boireannach ann an 12 diofar choimhearsnachdan eileanach a thaobh nan sgilean trèanaidh aca. Bho na tagraidhean uile a fhuaradh airson paidhleat cùrsa trèanaidh Be YourBest Self, bha 8% bho boireannaich ann an coimhearsnachdan eileanach. Chaidh taic a bharrachd a thoirt dhan fheadhainn a bha feumach air sin gus a' chiad bhùth-obrach a fhrithealadh. Tha na bùithean-obrach às dèidh sin air a bhith air-loidhne.

Stèidhich sinn [Maoin Trèanaidh Practaigeach Boireannaich ann an Àiteachas](#), agus faodaidh boireannach air feadh na h-Alba tagradh a dhèanamh airson taic ionmhasail airson cùrsaichean trèanaidh practaigeach.

Tha sinn ag obair le coimhearsnachdan eileanach gus sgrùdadh a dhèanamh air fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith a thaobh cùram-chloinne ann an sgìrean dùthchail agus iomallach, oir chaidh seo a chomharrachadh mar phrìomh chnap-starra a bha a' cur bacadh air mòran boireannaich bho bhith a' dol an sàs ann an àiteachas.

Dh'aontaich sinn a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail buntainneach gus planaichean gnìomh ullachadh airson roinn a' bhìdh is na dighe gus taic a chumail ri fàs na roinne sin ann an eileanan, a' gabhail a-steach fòcas air roinn ro-chudromach an Uisge-beatha.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha am fàs ann an luach agus cliù roinn bìdh is dighe na h-Alba anns na deich bliadhna a chaidh seachad aithnichte gu math anns na roinnean poblach agus prìobhaideach. Tha ìomhaigh na roinne air àrdachadh gu mòr, agus coltach ri turasachd, thathar a' faireachdainn buaidh an t-soirbheachaidh sin air feadh na dùthcha bho na bailtean-mòra againn do na coimhearsnachdan dùthchail as iomallaiche ann an Alba.

Tha ceanglaichean le ùghdarrasan ionadail deatamach ann a bhith a' toirt taic do dh'fhàs anns an Roinn Bìdh is Dighe, agus chaidh maoin nàiseanta a chur air bhog san t-Sultainn 2020 gus taic a thoirt do leasachadh bhuidhnean/lìonraidhean bìdh roinneil na h-Alba leis an obair air a luathachadh mar phàirt de fhreagairt Covid-19. Chaidh tabhartasan de £10 - £15,000 a thoirt seachad gus co-òrdanaiche a mhaoineachadh ann am buidhnean bìdh roinneil air feadh na h-Alba airson bliadhna le dùil gum bi na tabhartasan sin air am maoineachadh bho thaobh a-staigh na sgìre ionadail aca, agus gu h-àraid le ùghdarrasan ionadail mar a ghabhas sin dèanamh.

Tha Buidhnean Bìdhe Roinneil ann an Arcaibh, Sealtainn agus Innse Gall uile air a bhith soirbheachail le bhith a' faighinn maoineachadh airson nam buidhnean aca agus cuidichidh seo le bhith a' cur ri fàs nan gnìomhachasan fa leth sna h-eileanan. Aig an aon àm, fàsaidh luach roinn a' bhìdh is na dighe gu h-ìomlan ann an dòigh a tha fìor cho-obrachail, agus airson a' chiad uair, bìdh e a' tabhann fìor cheangal eadar Bìdh is Deoch na h-Alba, Buidhnean Bìdhe Roinneil agus ùghdarrasan ionadail aig ìre com-pàirteachais.

Dh'aontaich sinn a bhith ag obair le ùghdarrasan ionadail buntainneach gus am brosnachadh gus barantas Food for Life fhaighinn gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh solar ionadail anns an roinn phoblaich.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do sgioba Food For Life taobh a-staigh an Soil Association gus a dhol an sàs gu gnìomhach leis na h-ùghdarrasan ionadail air feadh na h-Alba airson a bhith a' brosnachadh agus a' cuideachadh le bhith a' clàradh airson Food For Life agus tha iad air obair mhòr a dhèanamh le Comhairle na Gàidhealtachd, a tha air an duais a chumail airson còrr air 10 bliadhna, Comhairle Arcaibh, Comhairle Shealtainn agus Comhairle nan Eilean Siar.

Fhuair Comhairle Arcaibh an duais FFLSH umha san Dùbhlachd 2020 airson am biadh bun-sgoile agus àrd-sgoile agus tha Comhairle Shealtainn air tagradh a chur a-steach airson barantachadh, le Comhairle nan Eilean Siar air beagan anailis clàr-bìdh is anailis beàrn leis an sgioba.

Còmhdhail

Amas Ro-innleachdail 3 - Gus seirbheisean còmhdhail a leasachadh

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid làn dìon-eileanach a dhèanamh air gach poileasaidh, ro-innleachd agus seirbheis còmhdhail aig an àm seo agus san àm ri teachd gus am bi iad a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha sinn air geallaidhean a dhèanamh gun tèid ICIA an a dhèanamh airson Plana Lìbhrigidh Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail 2 (NTS2) (a bharrachd air an ICIA a chaidh a dhèanamh airson sgrìobhainn Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 (NTS2) sa Gherran 2020), an Lèirmheas Dealbhadh Còmhdhail Ro-innleachdail (STPR2) agus na sruthan-obrach a thaobh siubhal bus an-asgaidh do dhaoine fo aois 19 ann an 2021. Le bhith ag obair còmhla, nì Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba, agus Còmhdhail Alba cinnteach gun tèid aire a thoirt do Choimhearsnachdan nan Eilean nuair a bhios iad a' deasachadh phoileasaidhean, ro-innleachdan agus seirbheisean co-cheangailte ri còmhdhail.

Dh'aontaich sinn a bhith a' dèanamh conaltradh ri ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-obrachaidh còmhdhail ann a bhith ag ullachadh riaghailtean agus stiùireadh airson riaghailtean airson seirbheisean bus fo Achd na Còmhdhail (Alba) 2019, a tha ag amas air comas a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail freagairt nas fheàrr a thoirt air feumalachdan ionadail.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Thug galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus an RA a bhith a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich buaidh air cur an gnìomh Achd na Còmhdhail (Alba) 2018. Còmhla ri cuingealachaidhean air stòrasan air ùghdarrasan ionadail, tha seo air buaidh a thoirt air leasachadh stiùireadh agus riaghailtean agus air na pròiseasan co-chomhairleachaidh co-cheangailte.

Ach, tha Còmhdhail Alba a' cur air dòigh bùth-obrach bhìortail as t-earrach 2021 gus luchd-ùidh a thoirt a-steach ann a bhith a' cruthachadh stuthan airson co-chomhairle a tha gu bhith ann mu bhith a' buileachadh ullachaidhean bus Achd na Còmhdhail (Alba) 2018. Thathar an dùil gun tèid am pàipear co-chomhairleachaidh a chur air bhog nas fhaide air adhart am-bliadhna.

Dh'aontaich sinn plana fad-ùine agus prògram tasgaidh a chruthachadh airson aiseagan ùra agus leasachadh air puirt gus seasmachd, earbsachd, agus comas a leudachadh agus gus eimiseanan a lughdachadh gus misneachd a thoirt do choimhearsnachdan eileanach mun dealas leantainneach againn.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Cha robhar an dùil gun tòiseachadh obair air seo ann an 2020. Ach, chaidh aithisg eile a thaobh Plana Solar agus Cleachdaidh Soithichean airson lìonra Chluaidh is Innse Gall a dhreachadh agus a dheasbad le prìomh luchd-ùidh le sùil a bhith ga cur a-mach airson co-chomhairle.

Dh'aontaich sinn Plana Aiseagan ùra a chruthachadh gus cur ri libhrigeadh nan amasan aig ro-innleachdan nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba mar a tha air an cur an cèill ann an Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail agus Plana Nàiseanta nan Eilean.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Thèid Plana Ceangailteachd nan Eilean a chur an agaidh Plana nan Aiseagan. Tha dàil air a bhith air an obair seo a chionn 's gun robh againn ri prìomhachas a thoirt dhan fhreagairt againn do ChCOVID-19 agus thèid a' mhòr-chuid den obair a dhèanamh ann an 2021 agus 2022 a-nis. Ach chaidh againn air beagan obair tòiseachail a dhèanamh air cuspairean a' gabhail a-steach faraidhean, eimiseanan agus planadh tasgaidh tro 2020.

Tha Plana Libhrigidh NTS2 a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2020 ag ràdh:



Deasaichidh sinn Plana Ceangailteachd nan Eilean (Islands Connectivity Plan - ICP) a bhios a' dol an àite Plana nan Aiseagan 2013-22. Deasaichidh sinn amasan stèidhichte air taic ri libhrigeadh NTS2 agus Plana Nàiseanta nan Eilean, agus nì sinn molaidhean gus na h-amasan sin a choileanadh a tha a' toirt seachad luach an airgid. Bidh an ICP ceangailte gu dlùth ri builean an STPR2, gus coimhead air ceanglaichean eileanach ann an dòigh nas fharsainge le aire do phlèanaichean, aiseagan agus ceanglaichean stèidhichte, agus ri seirbheisean siubhail a tha a' ceangal ri seirbheisean siubhail eile agus ri siubhal air adhart. ”

Dh'aontaich sinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh Cosgais Co-ionann ri Rathad (RET) mar phàirt den ath Phlana Aiseagan, agus beachdaichear air na roghainnean poileasaidh a thaobh faraidhean aiseig san àm ri teachd a bhios a' coileanadh feumalachdan nan eileanach agus a chumas taic ri eaconamaidhean eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha sinn fhathast dealasach mu bhith a' lughdachadh fharaidhean air slighean a' chinn a tuath agus tha sinn air reothadh faraidhean trì-bliadhna do dh'eileanaich a thoirt a-steach airson luchd-siubhail, carbadan neo-mhalairteach agus air bothanan air slighean Obar Dheathain-Kirkwall-Lerwick bhon Fhaoilleach 2020.

Chaidh measadh a dhèanamh air RET agus chaidh an aithisg fhoillseachadh air 15 Màrt 2021. Fiosraichidh an aithisg seo ath-sgrùdadh air faraidhean a tha gu bhith ann mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean. Tha seo a' toirt na maoin iomlan a bharrachd a chaidh a thoirt seachad, a bharrachd air rèiteachadh bliadhna an riaghaltais, gu £19.2 millean airson bliadhna ionmhais 2021/22.

Chaidh £7.7 millean eile a riarachadh anns an dreachd buidseit airson 2021-22 gus taic a thoirt do sheirbheisean aiseig eadar eileanan ann an Sealtainn, Arcaibh agus Earra-Ghàidheal is Bòd ris a bheil na h-ùghdarrasan ionadail sin an urra, a' toirt dhaibh na chaidh iarraidh a thaobh teachd-a-steach gu h-iomlan a bharrachd air a bhith a' leudachadh a' chlàr-ama agus a' comasachadh fharaidhean RET le Comhairle Arcaibh air na h-aiseagan eadar-eileanach aice.

Mar phàirt de Phlana nan Aiseagan cuideachd, dh'aontaich sinn a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh agus a bhith a' cur air adhart amalachadh eadar aiseagan agus modhan còmhhdail eile air tìr-mòr agus eileanan, le sùil cleachdadh còmhhdail ghnìomhach, phoblach no cho-roinnte a dhèanamh nas fheàrr airson turasan slàn, no pàirtean de thursan gu no bho eileanan ann an dòigh ruigsinneach agus air prìs reusanta.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Bidh an gealltanais seo mar phàirt den obair a thèid a dhèanamh mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean agus de Lèirmheas nam Pròiseactan Còmhhdail Ro-innleachdail agus gabhaidh seo feairt air feumalachdan sònraichte an fheadhainn aig a bheil trioblaidean gluasaid.

Dh'aontaich sinn gun cruthaicheamaid agus gun toireamaid a-steach siostam clàraidh agus siostam thiocaidean ùr airson aiseagan Chluaidh agus Innse Gall, le comas Tiocaidean Tapaidd a chleachdadh, an àite an sgeama a th' ann aig an àm seo.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Chaidh pròiseact a thòiseachadh gus siostam clàraidh is tiocaidean ùra a cheannach is a chur an gnìomh airson Seirbheisean Aiseag Chluaidh is Innse Gall. Chaidh an ceum solarachaidh a chrìochnachadh bho chionn ghoirid agus chaidh cumhnant a thoirt seachad. Tha Aiseagan CalMac Eta ag obair leis an t-solaraidhe a-nis air gnìomhachadh.

Dh'aontaich sinn na beachdan a fhuair anns a' cho-chomhairle air Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhhdhalach a chleachdadh ann an ullachadh Plana Lìbhrigidh Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhhdhalach a bhios a' feuchainn ri aghaidh a chur air na diofar dhùbhlain còmhhdail a tha a' toirt buaidh air sgìrean agus roinnean diofraichte na h-Alba, a' gabhail a-steach eileanan.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Chaidh [Plana Lìbhrigidh NTS2](#) fhoillseachadh air 17 Dùbhlachd 2020 agus tha e a' mìneachadh gnìomhan Riaghaltas na h-Alba gus na prìomhachasan ann an NTS2 a choileanadh. Ann an 2021, obraichidh Còmhhdail Alba le ar com-pàirtichean gus sgrìobhainn Ag Obair le Com-pàirtichean a chruthachadh, a bhios a' mìneachadh nan gnìomhan nas fharsainghe aig Riaghaltas na h-Alba gus ar Ro-innleachd cho-roinnte againn a libhrigeadh.

Dh'aontaich sinn tasgaidhean còmhhdail ro-innleachdail a dhearbhadh bho na coimhearsnachdan eileanach againn tro STPR2 - a dh'fhiosraicheas cuideachd an dàrna Plana Aiseagan aig Còmhhdail Alba.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Bheir an dàrna Lèirmheas air Pròiseactan Còmhhdail Ro-innleachdail (STPR2) fiosrachadh do thasgadh còmhhdail ann an Alba airson an ath 20 bliadhna.

Mar thoradh air buaidhean galar lèir-sgaoilte COVID-19, rinn sinn ath-sgrùdadh air prògram STPR2 agus tha sinn a-nis a' toirt air adhart dòigh-obrach dhà-cheumach airson a bhith ag aithris air molaidhean airson cothroman tasgaidh còmhhdhalach san àm ri teachd.

Air 3 Gearran 2021 [chaidh molaidhean Ìre 1 agus aithisgean adhartais measadh buaidh co-cheangailte](#) fhoillseachadh. Is iad seo na ciad molaidhean STPR2 airson tasgadh còmhhdhalach, le fòcas air molaidhean airson pròiseactan còmhhdhalach no eadar-theachdan a tha a' cur gu mòr ri amasan STPR2, a tha a' co-thaobhadh gu math ri prìomhachasan NTS2, agus a ghabhas adhartachadh no a libhrigeadh taobh a-staigh na h-ùine caitheamh làithreach agus a chuidicheas le bhith a' toirt taic dhan ath-bheothachadh uaine bho ghalar lèir-sgaoilte COVID-19.

Bidh barrachd mholaidhean ann an Ìre 2, agus cuiridh seo crìoch air STPR2. Thèid seo fhoillseachadh tràth ann an 2021.

Chaidh [Argamaid airson Atharrachadh](#) nàiseanta ùr fhoillseachadh ann an [STPR2: Update and Phase 1 Recommendations Report](#) cuideachd. Tha seo a' gabhail a-steach buidhnean de roghainnean a thèid air adhart airson barrachd obair measaidh ann an Ìre 2 de STPR2. Chaidh aithisgean [Argamaid airson Atharrachaidh](#) fhoillseachadh cuideachd airson roinnean STPR2, a' gabhail a-steach ceithir sgìrean a tha a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach na h-Alba.

Dh'aontaich sinn obrachadh ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan airson a bhith a' leasachadh bun-structar coiseachd is baidhsagal, dealbhadh àite agus ruigsinneachd air baidhsagalan, goireasan, adhartachadh agus foghlam gus coiseachd is baidhsagal a dhèanamh mar an roghainn as mòr-chòrdte airson tursan làitheil goirid a' gabhail a-steach tursan mar phàirt de thursan ioma-mhodh.

Tha gealltanais còig bliadhna ann de chòrr is £500 millean a tha a' toirt cothrom do na com-pàirtichean againn misneachd a bhith aca a bhith a' tasgadh ann am prògraman mòra, a' gabhail a-steach pròiseactan bun-structair siubhal gnìomhach àrd-amasach, mòran dhiubh a mhaireas grunn bhliadhnaichean agus a bheir taic do bharrachd dhaoine a bhith a' coiseachd, a' cuibhreachadh agus a' rothaireachd nas trice.

Bidh còrr is £50 millean den bhuidseat siubhal gnìomhach a' dol a-steach dhan phrògram bun-structair siubhal gnìomhach Places for Everyone gach bliadhna.

Gheibh tasgadh bun-structair taic bho thasgadh leantainneach ann am prògraman atharrachadh giùlan, oir tha fianais a' sealltainn gum feumar brosnachadh, trèanadh agus tagradh a chur còmhla ri cothrom air baidhsagalan agus bun-structar sàbhailte de dh'àrd-chàileachd gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus coiseachd, cuibhreachadh agus a bhith a' cleachdadh baidhsagal.

Thèid co-dhùnidhean tasgaidh còmhhdail san àm ri teachd a dhèanamh a rèir an dà chuid rangachd an t-Siubhail Sheasmhaich agus rangachadh an Tasgaidh Seasmhaich, a' toirt prìomhachas do roghainnean coiseachd, cuibhreachadh, baidhsagail agus còmhhdail phoblach agus co-roinnte an àite cleachdadh càr prìobhaideach le aon neach, agus a' cumail taic ri lughdachadh ann an siubhal neo-sheasmhach. Tha coiseachd is baidhsagal deatamach ann a bhith a' cumail taic ri eadar-ghluasad cothromach gu net zero agus a bhith a' lughdachadh neo-ionannachd slàinte leis cho cudromach 's a tha iad do dhaoine agus do theaghlaichean a tha air teachd-a-steach iosal.

Tro Phrògram Ath-bheothachaidh Uaine nan Eilean, tha sinn air £75,000 a thoirt seachad gus taic a thoirt do dh'Eilean Chearrara gus sgeama paidhleit Sgeama Mòl Rothar Eileanach a leasachadh gus barrachd feum a dhèanamh de shiubhal gnìomhach do luchd-tadhail agus luchd-còmhnaidh nan eilean. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh baidhsagalan eCargo gus taic a chumail ri roghainnean siubhail gnìomhach do luchd-còmhnaidh nan eilean nuair a bhios iad a' siubhal dhan Òban airson siopadaireachd agus nithean eile a cheannachd.

Chùm sinn oirnn coimhead air dòighean gus am feum air siubhal a lùghdachadh le bhith a' cleachdadh an t-siostam dealbhaidh gus àiteachan a bhrosnachadh a tha a' toirt dhaoine is sheirbheisean còmhla.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha obair a' dol air adhart air ath-sgrùdadh air NPF4, air an deach dàil a chur air sgàth comas lùghdaichte aig luchd-ùidh agus aig an Riaghaltas mar thoradh air an fhreagairt èiginneach do COVID-19. Cuiridh sinn dreach fa chomhair na Pàrlamaid as t-fhoghar 2021 a-nis, seach san t-Sultain 2020. Tha e a' cur an cèill gur e deagh chothrom a th' ann a bhith a' togail nàbachdan 20 mionaid. Thèid Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach ullachadh cuideachd.

Thathas ag aithneachadh, ann an sgìrean dùthchail a' gabhail a-steach eileanan, gu bheil barrachd feum air cleachdadh chàraichean prìobhaideach ach le bhith a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air coincheap na nàbachd 20 mionaid, tha sinn ag amas air ro-innleachdan a chruthachadh gus ceanglaichean a leasachadh Tro obair air astar, co-ionadan coimhearsnachd, ùr-ghnàthachadh agus bun-structair teàirrsidh charbadan dealanach, cumaidh sinn taic ri dòigh-obrach beag-charbon is seasmhach a thaobh àrdachadh slugh dùthchail san ùine fhada.

Le ùmhlachd do riatanasan mar a tha air am mìneachadh ann an cùmhnantan Seirbheis Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus cùmhnantan Seirbheis Aiseag nan Eileanan a Tuath, feuchaidh sinn an-còmhnaidh ri cùisean co-cheangailte ri bathar a leasachadh agus thèid sinn an sàs gu for-ghnìomhach le companaidhean aiseig, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh mar a bhios iomchaidh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba an dùil làn ath-sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidh faraidhean coitcheann, a' gabhail a-steach faraidhean bathair, mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean, a chuireas an cèill an ro-innleachd fad-ùine nan aiseagan bho 2023. Bheir seo sealladh coileanta dhuinn de dh'fharaidhean thar nan seirbheisean agus lìonraidhean uile.

Taigheadas agus Bochdainn Connaidh

Amas Ro-innleachdail 4 - Gus taigheadas a leasachadh

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gum bi Taigheadas gu 2040 a rèir feumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha obair leasachaidh a' leantainn air poileasaidh taigheadais, a' gabhail feart air feumalachdan nan coimhearsnachd eileanach. Anns a' Phrògram Riaghlaidh againn airson 2018-19, rinn sinn gealltanais a bhith a' planadh còmhla ri luchd-ùidh air dè seòrsa coltas agus faireachdainn a bu chòir a bhith aig na dachaighean agus coimhearsnachdan againn ann an 2040 agus air na roghainnean gus sin a choileanadh. Chaidh Mapa Taigheadais gu 2040 fhiosrachadh le conaltradh farsaing le roinn an taigheadais, luchd-ùidh agus am poball.

Tha seo a' gabhail a-steach fios air ais a fhuaradh bho dhaoine a tha a' fuireach is ag obair ann an coimhearsnachdan eileanach. Chaidh beachdan a fhuaradh air ais sa cho-chomhairle air Plana Nàiseanta nan Eilean a thoirt fa-near cuideachd.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil molaidhean airson riaghailtean air an cur an sàs airson àiteachan còmhnaidh air mhàl airson ùine ghoirid, gus gabhail ri suidheachadh air leth nan coimhearsnachdan eileanach agus gus ullachaidhean sònraichte a chur air dòigh dhaibh far a bheil seo a dhìth.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha sinn ag obair le luchd-ùidh gus stiùireadh a chruthachadh agus gus crìoch a chur air reachdas ùr airson sgeama ceadachaidh airson àiteachan còmhnaidh air mhàl airson ùine ghoirid. 'S e am prìomh phàirt den sgeama ceadachaidh againn seata de dh'inbhean sàbhailteachd èigneachail a a shuidheachadh bhios an sàs airson a h-uile àite còmhnaidh air mhàl airson geàrr-ùine air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach coimhearsnachdan eileanach. Tha an Riaghaltas an dùil reachdas a chur mu choinneamh na Pàrlamaid gus sgeama ceadachaidh ùr a stèidheachadh san Ògmhios 2021.

Chaidh reachdas aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba sa Ghearran a tha a' toirt comas do chomhairlean sgìrean smachd a stèidheachadh airson àiteachan còmhnaidh air mhàl airson ùine ghoirid. Thèid seo a chur an gnìomh sa Ghiblean 2021.

Dh'aontaich sinn rannsachadh a dhèanamh air mar a ghabhadh maoin taigheadais nan sgìrean dùthchail agus eileanach atharrachadh san àm ri teachd gus cur ris an fharsaingeachd de roghainnean a th' ann gus taic a chumail ri leasachadh taigheadais ann an sgìrean dùthchail agus iomallach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

San t-Samhain 2020, dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gum biodh sineadh ann am Maoin Taigheadais Dùthchail is Eileanach thairis air a' Mhàrt 2021 de £30 millean. Tha a' mhaoin seo, a tha air a stiùireadh le iarrtas, a' cumail taic ri solar thaighean air prìs ruigsinneach thar gach seòrsa gabhaltas, agus buidhnean leithid bhuidhnean coimhearsnachd, urrasan leasachaidh agus uachdarain prìobhaideach gus taigheadas ùr a thogail air prìs ruigsinneach, togalaichean a th' ann mar-thà ùrachadh, togalaichean falamh a chur gu feum, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh thaighean bho thoglaichean coimeirseanta is neo-dhachaigheil. Tha e a' gabhail a-steach maoineachadh airson sgrùdaidhean comais gus an urrainn do bhuidhnean coimhead air na diofar roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann agus tha e a' cuideachadh gus loidhne-phioba làidir de phròiseactan a thoirt seachad.

Am measg phròiseactan a fhuair taic bhon Mhaoin Taigheadais Dùthchail agus Eileanach:

- [Aiseag Ulbha, Muile, Earra-Ghàidheal is Bòd](#)
- [Sgeadachadh Taigh-sgoile Ronaldsay a Tuath, Arcaibh](#)
- [Eilean Rùm, A' Ghàidhealtachd](#)

Dh'aontaich sinn cumail oirnn a bhith a' toirt seachad ghrantaichean do chroitèaran gus taighean croite a thogail agus a leasachadh

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Tha sinn air cumail oirnn grantaichean a thoirt do chroitèaran agus thairis air an 12 mhìos mu dheireadh, tha sinn air 40 tabhartasan airson Grantaichean Taighean-croite aontacadh, le luach iomlan de £1.2m. Tha seo a' gabhail a-steach 23 dachaighean ùra agus 17 grantaichean leasachaidh dachaigh.

Às na 40 iarrtas eileanach soirbheachail, bha 24 anns Na h-Eileanan an Iar; bha 12 ann an roinn na Gàidhealtachd; bha 2 ann an Sealtainn agus bha 2 ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

Dh'aontaich sinn am feum as fheàrr a dhèanamh air an stoc taigheadais uile, a' gabhail a-steach toglaichean trèigte agus roghainnean airson ceannachd èigheachail.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

'S iad na h-ùghdarrasan ionadail na h-ùghdarrasan taigheadais reachdail agus tha e an urra riutha riatanasan taigheadais a mheasadh anns na sgìrean aca agus na h-innealan a tha rim faighinn a chleachdadh gus am feum as fheàrr a dhèanamh den stoc a th' ann an-dràsta còmhla ri bhith a' libhrigeadh dhachaighean ùra gus feumalachdan comharraichte a choileanadh agus gus taic a chumail ri dèanamh-àite èifeachdach. Dh'ùraich Riaghaltas na h-Alba an stiùireadh airson ùghdarrasan ionadail ann an 2019. Tha an stiùireadh a' toirt air ùghdarrasan ionadail aithris air an àireimh de dhachaighean falamh san sgìre agus planaichean an ùghdarras gus dèiligeadh ris a' chùis a mhìneachadh, a' gabhail a-steach tro bhith a' cleachdadh cumhachdan Òrdugh Ceannachd Èigheachail far a bheil sin iomchaidh.

Tha a bhith a' dèiligeadh ri taighean falamh na phrìomhachas do Riaghaltas na h-Alba. Chan eil sinn airson dachaigh sam bith a bhith falamh gun adhbhar. Gus cuideachadh gus seo a choileanadh, maoinichidh sinn Com-pàirteachas Dachaidhean Falamh na h-Alba gus obrachadh le ùghdarrasan ionadail, agus sealbhadairean, gus an toirt air ais gu cleachdadh tarbhach. Tha obair a' Chom-pàirteachais air cuideachadh gus timcheall air 6,000 dachaigh a bhith air an cleachdadh a-rithist bho 2010 agus tha sinn airson gum bi am figear seo a' sìor fhàs. Tha oifigearan dachaighean falamh sònraichte bunaiteach dhan dòigh-obrach seo agus tha sinn airson gum faic sinn oifigearan dachaigh falamh ag obair thar gach coimhearsnachd eileanach.

Dh'aontaich sinn gum biodh ruigsinneachd nas fheàrr ann do dhachaighean do dhaoine a tha ag iarraidh a dhol a dh'fhuireach ann an coimhearsnachdan eileanach, no a bhith a' tilleadh do choimhearsnachdan eileanach. Beachdaichidh sinn air na dòighean as fheàrr gus cothrom nas fheàrr a thoirt do dhaoine air dachaighean airson daoine a tha ag iarraidh fuireach no tilleadh gu coimhearsnachdan eileanach, ag obrachadh le ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh iomchaidh; nì sinn sgrùdadh air na roghainnean seo uile gus seo a dhèanamh, a' dèanamh deagh fheum air na dachaighean a th' ann mar-thà agus air dachannan ùra.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tron Phrògram Solarachadh Thaighean air Prìs Ruigsinneach agus Maoin Taigheadais Dùthchail is Eileanach chaidh còrr is 4,800 dachaigh a libhrigeadh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach thar a' chiad ceithir bliadhna den Phàrlamaid a' gabhail a-steach 589 ann an coimhearsnachdan eileanach a-mhàin.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air a' bhuidhe air coimhearsnachdan Gàidhlig nuair a thathar a' cruthachadh poileasaidhean taigheadais.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Cumar air ag ullachadh agus a' cur an gnìomh poileasaidhean taigheadais ann an dòigh a dhìonas daoine fa leth bho làimhseachadh mì-chothromach agus a bhrosnaicheas comann-sòisealta nas cothromaiche a rèir ullachaidhean Achd na Co-ionannachd 2010.

Amas Ro-innleachdail 5 - Gus ìrean de bhoichdainn connaidh a lùghdachadh

Dh'aontaich ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar as urrainn sgeamaichean libhrigidh obrachadh nas fheàrr aig an ìre ionadail agus air maoinachadh do choimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tro na sgeamaichean èifeachdas lùths againn, tha Riaghaltas na h-Alba mar-thà a' cosg barrachd airson gach duine air èifeachdas lùtha ann an sgìrean dùthchail agus eileanach iomallach, far a bheil fios againn gu bheil cosgaisean stàlaidh is saothair nas àirde. Mar eisimpleir, tha dachaighean a tha fulang bho bhoichdainn connaidh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach iomallach a' faighinn £2,000 a bharrachd mar thoradh air na cosgaisean libhrigidh nas àirde anns na sgìrean sin.

Tha sgeama Dachaighean nas Blàithe Alba againn air ceumannan ath-nuadhachail agus comasachaidh a bharrachd a thoirt a-steach, a' gabhail a-steach pumpaichean teas-talmhainn, siostaman meanbh-gaoithe, meanbh-dealan-uisge agus meanbh-CHP a bhios gu sònraichte buannachdail do theaghlaichean a tha a' fuireach far grid a' ghas, mar a tha cumanta anns a' mhòr chuid de choimhearsnachdan eileanach.

Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh ath-sgrùdadh cunbhalach air mar as urrainnear sgeamaichean libhrigidh atharrachadh gus obrachadh nas fheàrr gu h-ionadail, agus gu bheil maoinachadh air a sgaoileadh gu h-iomchaidh do na coimhearsnachdan eileanach againn.

Dh'aontaich sinn gun cruthaicheamaid àrdachadh air Slat-tomhais airson na Teachd a-steach as Ìsle airson sgìrean dùthchail iomallach, bailtean beaga iomallach agus airson eileanan, leis an àrdachadh gu bhith air a dhearbhadh air leth bhuithe.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Roimhe sin, nuair a bhathar a' sgrùdadh an reachdais a chaidh aontachadh mar Achd Boichdainn Connaidh 2019, rinn sinn Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach gus làn bheachdachadh a dhèanamh air a' bhuidh a bhiodh ann do dhachaighean eileanach. Bha seo a' gabhail a-steach grunn bhùithean-obrach a chaidh a chur air dòigh anns gach fear de na sia sgìrean ùghdarras ionadail anns a bheil coimhearsnachdan eileanach.

Chuir na beachdan a fhuair sinn air ais ris a' cho-dhùnadh againn a bhith a' cur atharrachaidhean air Inbhe Teachd-a-steach as ìsle na RA dhan mhìneachadh ùr air boichdainn connaidh gus aire cheart a thoirt do chosgais bith-beò nas àirde anns na h-eileanan.

Dh'aontaich sinn Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eilean a dhèanamh air an dreachd deireannach de Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil riochdairean bho ùghdarrasan ionadail nan eilean an sàs gu mòr anns an obair deasachaidh

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Nithear Measachadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach air Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh. Chaidh dàil a chur air obair deasachaidh air an Ro-innleachd mar thoradh air COVID-19, ach thèid obair ath-thòiseachadh cho luath 's a ghabhas agus thèid fhoillseachadh ann an 2021.

Gheall sinn rannsachadh agus mion-sgrùdadh a dhèanamh a rèir riathanasan Achd Bochdainn Connaidh (Targaidean, Mìneachadh agus Ro-innleachd) (Alba) 2019 a chuireas ri ar tuigse mu chosgaisean bith-beò a tha mu choinneimh teaghlaichean a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Agus sinn gu bhith ag ullachadh na Ro-innleachd Bochdainn Connaidh againn, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt làn aire do na suidheachaidhean sònraichte a tha mu choinneimh dhaoine a tha a' fuireach ann an sgìrean eileanach agus a' dèanamh an rannsachaidh agus na h-anailis riathanach gus Achd Bochdainn Connaidh (Targaidean, Mìneachadh agus Ro-innleachd) (Alba) 2019 a choileanadh.

Ceangailteachd Dhidseatach

Amas Ro-innleachdail 6 - Gus Ceangailteachd Dhidseatach a leasachadh

Dh'aontaich sinn cruth atharrachadh a thoirt air càileachd nan seirbheisean bann-leathann a tha rim faighinn air feadh nan eilean.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tron phrògram A' Ruigsinn 100% (R100), nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi cothrom air bann-leathann fìor luath aig gach taigh agus gnìomhachas. Tha seo ga libhrigeadh tro na cùmhnantan R100 luach £600 millean, tro Sgeama Eàrlas Bann-leathann na h-Alba (Scottish Broadband Voucher Scheme - SBVS) a bharrachd air na thathar a' cur an gnìomh gu coimeirsealta cuideachd.

Tasgaidh Riaghaltas na h-Alba £384 ann an cùmhnant R100 North a tha a' gabhail a-steach a' mhòr-chuid de na h-eileanan Albannach air a bheil slugh. Chaidh cùmhnant a shoidhneadh le BT san Dùbhlachd 2020 às dèidh dùbhlain laghail a thaobh solarachaidh. Mar a bha fìor le cùmhnantan airson Meadhan na h-Alba agus Taobh Deas na h-Alba a thòisich na bu thràithe anns a' phrògram R100, bheir Riaghaltas na h-Alba raon eadar-theachd ùraichte do BT (an liosta de sheòlaidhean a tha airidh air subsadaidh bhon roinn phoblaich) air an do rinn sinn co-chomhairle bho chionn ghoirid Ùraichidh BT am plana buileachaidh aca stèidhichte air an sgìre eadar-theachd ùir, a bheir aire do dh'atharrachaidhean air planaichean cur an gnìomh malairteach. Thèid an t-inneal-sgrùdaidh sheòlaidhean air-loidhne againn ùrachadh mean air mhean a rèir nam planaichean sgaoilidh sin far a bheil iad seo air atharrachadh bho chaidh cùmhnant a' chinn a tuath atharrachadh nuair a thèid an dearbhadh, le dùil gum bi an làn dealbh agad airson raon cùmhnant a' Chinn a Tuath air fad ron t-samhradh.

Thèid 16 càballan fon mhuir a thoirt seachad tro chùmnant North lot a' toirt ceangailteachd seasmhach, maireannach le comas gigabit do na h-eileanan sin.

Bidh na càballan a' ceangal 15 eileanan Albannach, a' gabhail a-steach Colbhasa, Ì, Lios Mòr, Eige, Eday, Flotta, Hoy, Rousay, Sanday, Shapinsay, Stronsay, Fair Isle, Unst, Whalsey agus Yell.

Thèid càball a chur eadar Sanday agus am Fair Isle cuideachd.

Dh'aontaich sinn ceangailteachd ùghdarrachadh le comas gitabit gu àiteachan eileanach air an sònrachadh tro phrògram R100, le barrachd choimhearsnachdan eileanach gu bhith a' faighinn buannachd às nuair a bhios cùmhnantan air an crìochnachadh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tro chùmhnant crannchur R100 a Tuath, chaidh libhrigeadh bun-structair le comas gigabit òrdachadh ann am Muile a Deas, Ùig /Timsgearraidh, Sanday, Stronsay, Yell agus Unst. Libhrigidh cùmhnant R100 16 càballan ùra fon mhuir, a' togail air an fheadhainn a chaidh a libhrigeadh mar-thà tro phrògram Bann-leathann Fìor Luath aig Alba Dhidsiteach (Digital Scotland Superfast Broadband - DSSB), a' solarachadh ceangal le comas gigabit do na h-eileanan sin a bhios freagarrach airson an àm ri teachd. Nì na cùmhnantan R100, còmhla ri Sgeama Eàrlas Bann-leathann na h-Alba againn cinnteach gun urrainn ceangal bann-leathann fìor-luath a bhith aig neach sam bith a dh'fheumas ro dheireadh 2021.

Dh'aontaich sinn iarraidh air Riaghaltas na RA prìomhachas tràth a chur air tasgadh ann an eileanan na h-Alba mar phàirt de na planaichean aca gus bann-leathann fibre a sgaoileadh a-mach ro 2025.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha oifigearan Riaghaltas na h-Alba air coinneachadh ri co-obraichean ann an Riaghaltas na RA grunn thursan a thaobh nam planaichean aca a thaobh bann-leathann gigabit agus gus aonta a shireadh gum bi prìomhachas air Alba. Tha Riaghaltas na RA air a ràdh gum bi £1.2 billean ri fhaighinn air feadh na RA gus na h-amasan airson bann-leathann gigabit a libhrigeadh ro 2025; an toiseach chaidh £5 billean a ghealltainn cho math ri còmhachadh gigabit uile-choitcheann ro 2025, ach tha seo a-nis air a thoirt air ais gu còmhachadh 85% agus chan eil ach £1.2 billean ri fhaighinn airson na h-ùine suas gu 2025. Tha sinn a' cumail oirnn a' conaltradh le Ministearan na RA air roghainnean airson cuid den mhaoineachadh seo a chleachdadh gus cur ris an tasgadh againn fhèin. Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair le Riaghaltas na RA gus dèanamh cinnteach gum faigh Alba a cuid chothromach den tasgadh seo agus feuchaidh sinn, tro dhiofar shruthan obrach, gus cothroman tasgaidh a chomharrachadh air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach eileanan na h-Alba.

Dh'aontaich sinn iarraidh air Ofcom aghaidh a chur air na duilgheadasan a tha ro na coimhearsnachdan eileanach nuair a thathar a' dealbhadh riaghladh agus poileasaidhean a thaobh tele-chonaltraidh. Dh'aontaich sinn cuideachd coinneamh a ghairm le Ofcom agus riochdairean eileanach gus coimhead air mar a ghabhadh uidheaman-smachd riaghlaidh (m.e rùpan speactraim) a chleachdadh gus cur ri còmhachadh fhòn-làimhe agus bann-leathann) agus gus dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan nan eileanan a thoirt fa-near do Roinn Didseatach, Cultair, Meadhanan agus Spòrs (DCMS) ann an leasachadh poileasaidh aig ìre na RA.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Ach, thathar an dùil gum bi adhartas ann ann an 2021.

Tro Ionad 5G na h-Alba, a' togail air na deuchainnean 5G RuralFirst a tha a' dol air adhart ann an Arcaibh an-dràsta, agus ag obair le com-pàirtichean a' gabhail a-steach Ofcom, dh'aontaich sinn argamaidean a chur air adhart airson 5G dùthchail gus aghaidh a chur air an sgaradh eadar sgìrean dùthchail is bailteil a' cleachdadh teicneòlas 5G.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Air a stiùireadh le Oilthigh Shrath Chluaidh, tha am pròiseact [Deuchainnlan](#) [Dhidseateach](#) a' libhrigeadh deuchainnlan 5G ann an dà àite (Arcaibh agus Loch Laomainn), agus tha seo a' faighinn taic bho mhaoineachadh £1.9 millean bho Ionad 5G na h-Alba. Anns a' chiad chairteal de 2021, thèid backhaul fibre a chur a-steach ann am Westray, am prìomh làraich a bheir taic dhan deuchainnlan (thathar an dùil gum bi e a' ceangal grunn àiteachan air feadh Arcaibh) agus de na prìomh chùisean cleachdaidh co-cheangailte ris de 5G stèidhichte gun uèir, IoT (eadar-lìon nan nithean), lùths, agus ruigsinneachd fòn-làimhe/ghluasadach.

Dh'aontaich sinn obrachadh còmhla ri com-pàirteachasan ath-leumachd ionadail agus solaraichean tele-chonaltraidh gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air ath-leumachd cheanglaichean dàta gu agus bho na h-eileanan; agus

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Tha obair air a planadh airson 2021/22 gus dèanamh cinnteach gun tèid adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh a' ghealltanais seo.

Dh'aontaich sinn prògram sgilean didseatach a chruthachadh, a bhiodh air a dhealbhadh le coimhearsnachdan eileanach gus na feumalachdan aca a choileanadh.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Bidh Oifigearan aig Sgioba Eileanach Riaghaltas na h-Alba a' coimhead air mar a dh'fhaodamaid togail air an ionnsachadh bho obair a rinneadh roimhe, leithid na Maoin Tòiseachaidh Didseataich luach £1 millean a chaidh a chur air bhog sa Chèitean 2019, gus prògram sgilean didseatach a chruthachadh, a bhiodh air a dhealbhadh le coimhearsnachdan eileanach gus na feumalachdan aca a choileanadh ann an 2021/22.

Tha a' Mhaoin Tòiseachaidh Didseatach na phoileasaidh fàs in-ghabhalach a tha ag amas air taic a thoirt dhaibhsan a tha air teachd-a-steach ìosal no a tha a' faighinn shochairnean gus teisteanasan didseatach fhaighinn agus a dhol a-steach dhan mhargaidh obrach. Fhuair grunn sholaraichean maoinachadh gus taic a thoirt dhaibhsan a tha a' fuireach ann an sgìrean dùthchail tron mhaoin seo, a' gabhail a-steach Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gus cùrsaichean saidhbear, dàta agus bathar-bog a libhrigeadh ann an co-bhonn le ScotlandIS, agus Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath gus trèanadh saidhbear a libhrigeadh.

Dh'aontaich sinn cur ri faotainneachd clubaichean còdachaidh agus prògraman in-ghabhalach coimhearsnachd a sgaoileadh air feadh nan eilean.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Bidh Oifigearan Eileanan Riaghaltas na h-Alba a' sgrùdadh a' chomais clubaichean agus prògraman in-ghabhail didseatach ùra a libhrigeadh ann an 2021/22.

Slàinte, Cùram Sòisealta agus Sunnd

Amas Ro-innleachdail 7 - Gus slàinte, cùram sòisealta agus sunnd a leasachadh agus a bhrosnachadh

Dh'aontaich sinn obrachadh le Bùird Seirbheis na Slàinte, Ùghdarrasan Ionadail agus Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta ann dhaibhsan sna h-eileanan.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Bidh Roinn Bun-chùraim Riaghaltas na h-Alba a' cumail air adhart a' conaltradh gu cunbhalach le bùird slàinte agus Com-pàirteachasan Slàinte is Cùraim Shòisealta (Health and Social Care Partnerships - HSCPan), a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' frithealadh nan coimhearsnachdan eileanach againn, mu bhuileachadh Cùmhnant Dotairean Teaghlaich 2018 agus cùisean nas fharsainge leithid taic do dhotairean a bhios a' toirt a-mach chungaidhean-leighis. Tha co-chomhairle leantainneach le bùird slàinte eileanach air sealltainn gu bheil e duilich seirbheisean chungaidhean cunbhalach a thoirt seachad airson dotairean teaghlaich a tha fada air falbh bho àiteachan le sluaigh mòr, agus sheall e dùbhlain ann a bhith a' gluasad luchd-obrach eadar ionadan-leigheis ann an sgìrean dùthchail.

Tha Cùmhnant an Dotair Teaghlaich na phrògram ath-leasachaidh susbainteach agus feumar cuid de sheirbheisean a libhrigeadh ann an dòigh eadar-dhealaichte tron chùmnant. Ann an cuid de shuidheachaidhean, thèid an gluasad a-mach à dotaireachd teaghlaich agus a-steach gu suidheachaidhean coimhearsnachd agus gabhaidh an luchd-obrach bun-chùraim dreuchdan leudaichte is leasaichte, a dh'fhaodadh a bhith ro-chudromach do na coimhearsnachdan eileanach as iomallaiche againn. A bharrachd air sin, chaidh maoin de £117,252 a stèidheachadh gus taic dhìreach a thoirt do na trì bùird slàinte/Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta eileanach gus cuideachadh leis an obair rianachd/riaghladh pròiseict no taic leasachadh càileachd a tha a dhìth gus Cùmhnant an Dotair Teaghlaich a bhuileachadh. Bidh NHS Arcaibh, Sealainn agus nan Eilean Siar a' faighinn £39,804 an urra.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air taic a thoirt do dh'ionadan slàinte a bhios a' toirt a-mach chungaidhean-leighis le bhith a' libhrigeadh òrdughan-cungaidh do dh'euslaintich tron ghalair lèir-sgaoilte suas chun a' Mhàirt 2021. Tha na h-Eileanan Siar air gabhail ri taic mar-thà agus tha sinn a-nis a' feitheamh ri daingneachadh bho bhùird-slàinte Shealtainn, Arcaibh agus Earra-Ghàidheal is Bòd. Chaidh seirbheis pharmacotherapy, a tha a' toirt taic bho chungaidhear do gach seirbheis dotair teaghlaich air feadh na h-Alba, a chur an gnìomh cuideachd.

A bharrachd air seo, chaidh NHS Pharmacy First Alba a chur air bhog air 29 Iuchar 2020 anns gach bùth-chungaidhean coimhearsnachd. Tha an t-seirbheis seo a' toirt cothrom leudaichte air comhairle agus leigheasadh airson tinneasan beaga agus suidheachaidhean slàinte clionaigeach cumanta agus tha i airson a h-uile duine a tha clàraichte le ionad dotair-teaghlaich ann an Alba no a tha a' fuireach ann an Alba, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' fuireach sna h-eileanan againn. Chaidh seirbheis gairm bhidio NHS Near Me a sgaoileadh a-mach chun a h-uile bùth-chungaidhean coimhearsnachd agus faodar a chleachdadh airson NHS Pharmacy First Scotland, a' toirt cothrom do chungaidhearan co-chomhairleachadh bhidio a chumail le euslaintich aig an taigh. Tha co-obrachadh le bùird slàinte a' leantainn air adhart le eSlàinte gus modalan de ruigsinneachd iomallach air siostaman nan Dotairean Teaghlaich a chur air dòigh gus an gabh eileamaidean den t-seirbheis cungaidh-leigheis a libhrigeadh air astar san àm ri teachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba air £200,000 a riarachadh airson cosgaisean imrich dùthchail, agus £400,000 gus Cnap-suimean Fàilte (golden hellos) a mhaoineachadh mar a tha air a mhìneachadh anns an Aithris air Còir Ionmhais. Cuidichidh na h-iomairtean seo gus aghaidh a chur air dùbhlain feachd-obrach a thaobh dotairean teaghlaich ann an àiteachan iomallach, dùthchail agus eileanach. Airson 2020/21, tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt £72,050 do NHS Shealtainn gus taic a chumail ri pròiseact Rediscover the Joy in General Practice.

Dh'aontaich sinn deagh chleachdadh a chomharrachadh agus a thoirt am follais, gu sònraichte a thaobh leasachadh sheirbheisean ann an eileanan agus sgìrean iomallach eile.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.

Tha Planaichean Leasachaidh Bun-chùraim (Primary Care Improvement Plans - PCIPan) nan dòighean aithris bliadhna anns am bi bùird slàinte a' toirt fiosrachadh do Riaghaltas na h-Alba mun adhartas aca a dh'ionnsaigh a bhith a' buileachadh Cùmhnant nan Dotairean Teaghlaich agus faodaidh bùird slàinte beachdan a thoirt seachad mu na cleachdaidhean as fheàrr san sgìre aca. Air sgàth buaidh COVID-19 air goireasan, chaidh dreachan nas giorra de na Planaichean Leasachaidh Bun-chùraim a chur air ais bho na bùird uile. Chaidh anailis de na planaichean seo a thoirt dhan Bhuidhinn Sgrùdaidh Nàiseanta san Fhaoilleach 2021.

Airson 2020/21 tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' riarachadh £342,218 do NHS na Gàidhealtachd gus taic a thoirt do Chaidreachas Leigheas Dùthchail na h-Alba. Tha Caidreachas Leigheas Dùthchail na h-Alba (Scottish Rural Medicine Collaborative - SRMC) air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba gus dòighean a chruthachadh airson a bhith a' fastadh agus a' gleidheadh dhaoine a tha ag obair ann am Bun-chùram.

Dh'aontaich sinn taic a chumail ri leudachadh NHS Near Me/Attend Anywhere, agus iomairtean slàinte didseatach eile, gus siubhal nach eil a dhìth a lùghdachadh, agus gus an tèid barrachd cùraim a thoirt seachad air na h-eileanan.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.

Tha sinn air an t-seirbheis co-chomhairleachaidh bhidio Near Me a chur air bhog, gus leigeil le daoine coinneamhan slàinte is cùram sòisealta a phlanadh bhon dachaigh no ann an àite eile a tha iomchaidh agus practaigeach. Tha seo na àrd-ùrlar didseatach diomhair air-loidhne.

Airson coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach, feumar barrachd obrach a dhèanamh gus measadh a dhèanamh air mar a tha daoine a' faireachdainn mu iomallachd sòisealta agus mu chleachdadh co-chomhairlean aig astar.

Dh'aontaich sinn obrachadh le luchd-ùidh gus molaidhean a chur ri chèile gus ionad nàiseanta a stèidheachadh airson sàr-mhathas ann an àiteachan dùthchail agus iomallach ann an slàinte agus cùram sòisealta.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag amas air a bhith a' togail air obair [Shaping the Future Together: Remote and Rural General Practice Working Group report](#) gus moladh foirmeil a thoirt air adhart airson Ionad Nàiseanta airson Cùram-slàinte Iomallach, Dùthchail agus Eileanach ann an Alba a tha a' gabhail a-steach feumalachdan, cothroman agus modalan de shàr-mhathais bhon luchd-obrach slàinte is cùraim iomallach is dùthchail air fad. Tha Roinn a' Bhun-chùraim taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a' cur ri chèile moladh air dè an cruth a bu chòir a bhith air an ionad sàr-mhathais, agus bidh iad a' conaltradh le luchd-ùidh a dh'aithghearr.

Dh'aontaich sinn obrachadh le luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun ullaich sinn plana gus taic iomchaidh a thoirt dhan t-sluagh a tha a' fàs nas sine ann an coimhearsnachdan eileanach, gus am bi iad fhathast sprogaill, ceangailte, a' gabhail pàirt ann an cùisean, agus gum bi deagh chothroman aca.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Ann a bhith a' cruthachadh [A Fairer Scotland for older people, A Framework for Action](#), rinn sinn conaltradh agus dh'èist sinn ri guthan agus gnàth-eòlasan sheann daoine ann am Fòram Gnìomh Ro-innleachdail nan Seann Daoine.

Bidh ùghdarrasan amalachaidh a' leantainn orra ag obair gu dlùth leis na coimhearsnachdan aca gus planaichean ro-innleachdail ullachadh airson nan seirbheisean slàinte is cùram-sòisealta as freagarraiche do dh'fheumalachdan sònraichte nan coimhearsnachdan a libhrigeadh.

Dh'fhoillsich sinn plana buileachaidh (airson 2019-2021) airson na ro-innleachd Taic Fèin-stiùirichte san Ògmhios 2019. Tha am plana buileachaidh a' mineachadh nan gnìomhan a dh'fheumas a bhith ann gus na h-atharrachaidhean a thoirt air adhart a tha riatanach gus taic fhèin-stiùirichte a bhuileachadh agus a leabachadh gu h-iomlan air feadh na h-Alba.

Tha Ministearan cuideachd air maoinachadh a shìneadh bho chionn ghoirid airson taic agus comhairle neo-eisimeileach tro Support in the Right Direction do dhaoine a tha a' faighinn cùram sòisealta gu deireadh a' Mhàirt 2022.

Tha Support in the Right Direction, prìomh ghnìomh sa phlana buileachaidh, a' maoinachadh phròiseactan luach còrr is £588,265 thar gach tè de na 6 sgìrean ùghdarras ionadail le eileanan, a bheir seachad fiosrachadh, comhairle agus taic neo-eisimeileach do dhaoine agus luchd-cùraim a tha a' faighinn cothrom air agus a' riaghladh an cùram sòisealta, cho math ri bhith a' toirt taic dhaibh gus roghainn agus smachd a chleachdadh air a' chùram agus an taic sin.

Dh'aontaich sinn taic a chumail ri ùghdarrasan ionadail buntainneach gus goireasan spòrs a dhealbhadh agus a leasachadh anns na h-eileanan a tha a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha sinn a' cumail oirnn ag obair le co-obrachaidhean ann an **spòrs** alba a tha an sàs ann an comhraidhean cunbhalach le Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Arcaibh agus Comhairle Shealtainn mu chothroman làithreach agus san àm ri teachd gus goireasan spòrs a leasachadh. Tha còmhraidhean den aon seòrsa a' dol air adhart cuideachd le ùghdarrasan ionadail eile anns a bheil coimhearsnachdan eileanach.

Tha **spòrs** alba cuideachd ann an còmhraidhean gnìomhach le Comhairle Arcaibh a thaobh a bhith ag obair gu ro-innleachdail gus goireasan a chur air dòigh co-cheangailte ri feumalachdan aoigheachd Geamannan Eadar-nàiseanta nan Eilean Arcaibh 2025. Nì seo cinnteach gum bi àrainneachd de chàileachd-àrd ann a bheir barrachd chothroman do daoine ann an Arcaibh de gach aois pàirt a ghabhail agus a bhith gnìomhach, a bharrachd air a bhith a' toirt a' chothruim as fheàrr do dhaoine òga a bhith a' leasachadh agus a' coileanadh aig ìrean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Fàgaidh am pròiseact seo dìleab fhaicsinneach is bhrosnachail bho Gheamannan Arcaibh 2025.

Dh'aontaich sinn com-pàirteachadh a bhrosnachadh ann an spòrs agus gnìomhachd chorporra le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil prògraman nàiseanta leithid Sgoiltean Gnìomhach agus Co-ionadan Spòrs Coimhearsnachd a' frithealadh choimhearsnachdan eileanach, agus a' leantainn Sgeama Duais Siubhail Lùth-chleasaichean nan Eilean.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Tha galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus cuingealaichean mar thoradh air seo air buaidh mhòr a thoirt air ìrean com-pàirteachaidh ann an spòrs air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach choimhearsnachdan eileanach. Ach, tha Riaghaltas na h-Alba agus **spòrs** alba air leantainn air adhart a' brosnachadh eileanaich a bhith gnìomhach gu corporra a rèir stiùireadh slàinte a' phobaill agus tha iad air taic a thoirt do bhuidhnean spòrs a bhith ag obair tro - agus an dèidh - a' ghalair lèir-sgaoilte.

Tha **spòrs**alba an-dràsta a' tasgadh ann an Aontaidhean Com-pàirteachais ceithir bliadhna (2019-23) le Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Arcaibh agus Comhairle Shealtainn. Mar phàirt de na h-aontaidhean sin, tha **spòrs**alba a' toirt seachad tasgadh ionmhais bliadhna gus taic a chumail ri libhrigeadh Sgoiltean Gnìomhach agus Co-ionadan Spòrs Coimhearsnachd air feadh gach ùghdarras ionadail eileanach.

Tha an tasgadh seo a' cumail taic ri fastadh 15 luchd-obrach Sgoiltean Gnìomhach (FTE) anns gach buidheann de dh'Àrd-sgoiltean bho Unst gu Barraigh. Tha luchd-obrach Sgoiltean Gnìomhach ag obair ann an sgoiltean eileanach ann an sgìrean roinn na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheil is Bòid agus Siorrachd Àir a Tuath, tron tasgadh againn anns na h-ùghdarrasan ionadail sin. Tha ar tasgadh anns na trì ùghdarrasan eileanach a' cumail taic ri bhith a' fastadh sia Oifigearan Co-ionadan Spòrs Coimhearsnachd a' toirt taic do choimhearsnachdan ionadail gus slighean nas ceangailte a chruthachadh.

Tha **spòrs**alba a' cumail air a' toirt taic dhan fheadhainn le comas lùth-chleasaich tro Sgeama Duais Siubhail Lùth-chleasaichean (Athlete Travel Award Scheme - ATAS). Faodaidh lùth-chleasaichean buannachd fhaighinn bho suas ri £1,500 gach bliadhna bhon phrògram gus cuideachadh le cosgaisean siubhail is àite-fuirich nuair a thèid iad gu trèanadh agus farpaisean air tìr-mòr. Tha am prògram air taic a thoirt do 56 lùth-chleasaichean eileanach thar nan trì bliadhna a dh'fhalbh, ach chaidh am prògram a chur na stad ann an 2020/21 agus tòisichidh e a-rithist nuair a thèid cuingealachaidhean siubhail a thogail.

Cumaidh **spòrs**alba air a' cumail taic ri, agus a' cur ri obair gach ùghdarras ionadail gus na h-amasan a tha air an comharrachadh anns na ro-innleachdan spòrs is gnìomhachd corporra aca a libhrigeadh, a' gabhail a-steach 'Ro-innleachd Innse Gall Gnìomhach', 'Ro-innleachd Sealainn Gnìomhach' agus 'Ro-innleachd Gnìomhachd Chorporra is Sunnd Arcaibh' a tha ga deasachadh an-dràsta.

Bidh **spòrs**alba cuideachd air a riochdachadh air gach Com-pàirteachas Dealbhaidh Coimhearsnachd Eileanach (agus na fo-bhuidhnean aca) agus cuiridh iad ri builean coitcheann a thaobh spòrs, gnìomhachd corporra, slàinte agus sunnd mar a bhios iomchaidh.

Dh'aontaich sinn obrachadh le Comhairle Arcaibh agus com-pàirtichean eile gus na Geamaichean Eileanach ann an Arcaibh ann an 2023 a chleachdadh gus leasachadh spòrs adhartachadh anns an eilean.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.

A chionn 's gun deach Geamaichean Gheàrnasaidh a chur dheth ann an 2021 mar thoradh air Covid-19, thèid na geamaichean a chumail ann an Arcaibh ann an 2025 a-nis. Cumaidh **spòrs**alba air a' toirt taic do Chomhairle Arcaibh, Comataidh Eagrachaidh Arcaibh agus comainn spòrs ionadail gus luach a chur ri Geamannan Eadar-nàiseanta nan Eilean ann an 2025 a bhith ann an Arcaibh tro bhith a' cruthachadh bun-structar ionadail de dhaoine, àiteachan agus chothroman adhartachaidh. Cumaidh **spòrs**alba air ag obair leis an Oifigear Co-ionad Spòrs Coimhearsnachd agus le Comataidh Eagrachaidh Geamannan Arcaibh gus prògram foghlaim oidean a libhrigeadh stèidhichte air feumalachdan airson oidean agus oifigearan.

Dh'aontaich sinn a bhith ag obair leis na com-pàirtichean againn gus cur às do leth-bhreith, sàrachadh agus fòirneart mì-laghail agus gus ceumannan a ghabhail gus cuideachadh le bhith a' brosnachadh co-ionannachd agus a' coileanadh nan diofar fheumalachdan aig daoine.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart a' maoineachadh na Seirbheis Leasachaidh gus taic a thoirt do gach Com-pàirteachas VAW ioma-bhuidhneach air feadh na h-Alba gus an cuideachadh le bhith a' tomhas an adhartais a thathar a' dèanamh gus Equally Safe a chur an gnìomh aig ìre ionadail agus raon sam bith far an robh leasachaidh a dhith a chomharrachadh.

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba, COSLA agus an t-Seirbheis Leasachaidh [Aithisg Lìbhrigidh airson Blaidhna 2 de Equally Safe](#).

Dh'aontaich sinn aghaidh a chur air beàrn dàta sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd, slàinte is sunnd a thaobh, mar eisimpleir, boireannaich is nigheanan, torrachas agus màthaireachd, ath-shònrachadh gnè agus taobhadh feise.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Dh'fhoillsich Cobhair nam Ban Alba na co-dhùnaidhean bhon cho-chomhairle aca [Participating-in-Equally-Safe-in-the-Highlands-and-Islands](#) le 188 boireannaich air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan mu na cnapan-starra a tha ro bhoireannaich ann an sgìrean dùthchail ann a bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhan ionadail gus crìoch a chur air fòirneart an aghaidh bhoireannaich is nigheanan. Bidh sinn a' co-obrachadh leis na com-pàirtichean againn air a bhith a' cur an gnìomh molaidhean na h-aithisg.

Dh'aontaich sinn beachdachadh air a' cho-chomhairle againn air cùram taobh a-muigh na sgoile tro bheil sinn air beachdan a chruinneachadh bho phàrantan mu na dùbhlain a tha ann le bhith a' faighinn cothrom air cùram-chloinne agus air raon de ghnìomhachdan airson clann aig aois sgoile ann an coimhearsnachdan eileanach. Bidh freagairtean dhan cho-chomhairle againn, cho math ri conaltradh leantainneach, a' fiosrachadh obair leasachaidh air frèam ro-innleachdail san àm ri teachd a thèid fhoillseachadh ro dheireadh na teirm pàrlamaidich seo.

Ann an Iuchar 2020, dh'fhosgail sinn ar Maoin Ruigsinneachd Cùram-chloinne luach £3 millean a nì deuchainn air modalan ùra de chùram-chloinne aig aois sgoile a bhios nas ruigsinniche, sùbailte agus air prìs ruigsinneach do theaghlaichean le teachd-a-steach ìosal. Chaidh maoineachadh a thoirt do 15 pròiseactan, a' gabhail a-steach [Hame Fae Hame](#) ann an Scalloway, Sealtainn.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Rinneadh anailis neo-eisimeileach air freagairtean dhan cho-chomhairle againn air cùram a-mach às an sgoil agus chaidh [làn aithisg air na co-dhùnaidhean](#) fhoillseachadh san t-Samhain 2020.

Fhuair a' cheist sa cho-chomhairle air solarachadh ann an sgìrean dùthchail 833 freagairtean agus chaidh cùisean a thaobh faotainneachd cùram-chloinne ann an sgìrean dùthchail

a thogail gu tric. Chaidh ceistean a thogail a thaobh còmhaidh agus a thaobh far an robh seirbheisean suidhichte. Bhathar a' faireachdainn nach biodh an aon dòigh-obrach iomchaidh airson sgìrean dùthchail 's a bhiodh ann an sgìrean bailteil agus gun robh co-chomhairle ionadail air seirbheisean cudromach. Tha Riaghaltas na h-Alba ag ullachadh pròiseactan cùram-chloinne dùthchail a dh'fhaodadh a bhith ann an coimhearsnachdan eileanach a tha ag amas air modalan libhrigidh a sgrùdadh a ghabhas libhrigeadh agus as urrainn an t-sùbailteachd a thoirt seachad a dh'fheumas an luchd-obrach, a' gabhail a-steach boireannaich ann an àiteachas.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean slàinte, cùram sòisealta agus sunnd rim faighinn tro mheadhan na Gàidhlig gus taic a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Urrasan NHS na Gàidhealtachd agus Eileanan Siar mothachail air mar a tha e na bhuannachd do euslaintich gun urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh nuair a tha na seirbheisean sin gan tabhann. Tha geallaidhean NHS na Gàidhealtachd a thaobh na Gàidhlig air am mìneachadh sa [Phlana Gàidhlig aca](#) airson 2017-2022.

Tha comas aig NHS nan Eilean Siar a tha a' fastadh mòran de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-eileanan, cur gu mòr ri cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean slàinte, cùraim agus sunnd. Tha NHS nan Eilean Siar ag ùrachadh a' Phlana Ghàidhlig aige aig an àm seo.

Gheall sinn ar n-amas a bhith a' cur às do bhochdainn cloinne a cho-thaobhadh leis a' Phlana le bhith a' leantainn air adhart ag obair le ùghdarrasan ionadail eileanach agus bùird slàinte gus togail air an tuigse a bh' aca air bochdainn cloinne nan sgìrean - a' cuideachadh le bhith a' cuimseachadh oidhirpean air teaghlaichean a thogail a-mach à bochdainn agus cur an aghaidh na buaidh mhilltich a th' aig a' bhochdainn orra.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha e mar riatanas san Achd Bochdainn Cloinne (Alba) 2017 gum bi ùghdarrasan ionadail agus bùird slàinte a' deasachadh Aithisgean Gnìomha Bochdainn Cloinne Ionadail còmhla gach bliadhna, a' mìneachadh na tha air a dhèanamh gu h-ionadail agus na gnìomhan a tha san amharc gus dèiligeadh ri bochdainn cloinne.

Tron fhòcas seo, tha sgìrean ionadail a' cur ris an tuigse aca air bochdainn chloinne agus air na gnìomhan a tha a dhìth gus aghaidh a chur air. Tha prìomh thasgadh Riaghaltas na h-Alba ann an taic ùr, a' gabhail a-steach Maoin Taic Cosnaidh Phàrant, a' cuideachadh sgìrean ionadail gus dèiligeadh ri bochdainn agus a' neartachadh na taic a tha ri fhaighinn do phàrantan is teaghlaichean. Chaidh £7.35 millean a thoirt seachad airson na Maoin Taic Cosnaidh Phàrant ann an 2020-21.

Gheall sinn a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtichean nàiseanta, a' leantainn air adhart a' co-roinn deagh chleachdadh a chaidh a chomharrachadh air feadh Alba a dh'fhaodadh buntainn ri bochdainn cloinne ann an coimhearsnachdan nan eilean againn.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail orra a' toirt maoinachadh dhan t-Seirbheis Leasachaidh airson co-òrdanaiche bochdainn cloinne nàiseanta gus taic a thoirt do dh'oifigearan ionadail ann a bhith a' leasachadh gnìomhachd a thaobh bochdainn cloinne agus ag ullachadh Aithisgean Gnìomha Bochdainn Cloinne Ionadail. Tha an taic seo a' gabhail a-steach lìonra taic cho-aoisean, goireasan air-loidhne agus co-labhairtean-lìn airson stiùirichean bochdainn cloinne ionadail, àrd-oifigearan agus buill thaghte - a' cuideachadh le bhith a' co-roinn cleachdadh agus a' togail aire mu bhochdainn cloinne air feadh na h-Alba, a' toirt a-steach coimhearsnachdan eileanach.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' toirt seachad maoinachadh do Aonad Rannsachaidh Bochdainn is Neo-ionannachd na h-Alba (SPIRU) gus taic anailis a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail.

Bidh Riaghaltas na h-Alba ag obair gu dlùth le Slàinte Phoblach na h-Alba, COSLA agus com-pàirtichean nàiseanta eile gus leasachadh deagh chleachdadh a cho-roinn agus taic a thoirt dha. Tha Ùghdarrasan Amalachaidh nan Eilean air an riochdachadh air fòraman nàiseanta leithid an SCIN agus Lìonra nam Prìomh Oifigearan, airson ionnsachadh a cho-roinn.

Gheall sinn a bhith ag obair le eileanaich gus cur, far an urrainn dhuinn, ri cruthachadh nàisein nas cothromaiche, nas fhallaine agus nas toilichte airson na h-Alba air fad le bhith a' toirt taic do obair na buidhne de Riaghaltasan Eaconamaidh Sunnd (WEGo).

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Choinnich a' bhuidheann Riaghaltasan Eaconamaidh Sunnd (WEGo) gu bhirtual ann an obair-lannan poileasaidh ann an 2020 gus beachdan a cho-roinn bheachdan air mar as urrainn do dhòigh-obrach Eaconamaidh Sunnd cuideachadh le bhith a' stiùireadh freagairt do COVID-19 agus ath-bheothachadh eaconamach. Bha am fòcas, mar thoradh air a' ghalair lèir-sgaoilte, air ath-bheothachadh na h-eaconamaidh, a tha air a chòmhdach ann an dàta Togail Saibhreas Coimhearsnachd (CWB) ann an Amas Ro-innleachdail 2, a' buntainn ri leasachadh eaconamach seasmhach.

Bidh sinn a' cumail oirnn ag ionnsachadh, a' conaltradh, agus a' co-obrachadh le dùthchannan agus buidhnean eile airson eaconamaidh a chruthachadh a bheir taic do ar coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach nan coimhearsnachdan eileanach againn, air feadh na h-Alba gus cothroman fhaighinn air fàs agus sunnd ionadail tro bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd.

Thug sinn gealltanais a bhith ag obair le ar com-pàirtichean gus beachdachadh air raon de roghainnean airson dèanamh cinnteach gu bheil cùram slàinte inntinn iomchaidh ri fhaighinn, agus aig an aon àm a' toirt aire do cho sònraichte 's a tha coimhearsnachdan nan eilean againn.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail orra a' toirt taic agus maoinachadh dhan Fhòram Nàiseanta Slàinte Inntinn Dùthchail, a chaidh a stèidheachadh às dèidh [Ro-innleachd Slàinte Inntinn 2017-2027](#). Tha ballrachd an Fhòraim fhathast a' fàs le lìonra de 180 buidhnean, a tha ag obair le 500,000 daoine ann an Alba dhùthchail, a' gabhail a-steach nan coimhearsnachdan eileanach againn.

Ann an 2020, rinn am Fòram sgrùdadh air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig Brexit air slàinte inntinn, sunnd choimhearsnachdan agus ghnìomhachasan dùthchail ann an Alba. Bho chionn ghoirid tha e air rannsachadh a dhèanamh cuideachd air a' bhuidh aig COVID-19 air choimhearsnachdan iomallaichte air feadh Alba dhùthchail, gu sònraichte luchd-cùraim òga, fògarraich agus luchd-siridh comraich agus daoine LGBT+. Chaidh [Aithisg nan Coimhearsnachdan air an Iomallachadh](#) fhoillseachadh sa Ghearran 2021. Tha Riaghaltas na h-Alba a' coimhead air adhart ri bhith a' sgrùdadh na h-aithisg seo leis an Fhòram agus a' cuideachadh le bhith a' libhrigeadh agus a' maoineachadh phròiseactan a dh'fhaodadh a bhith anns na h-eileanan againn bho na molaidhean aice.

Leas-àrainneachdail agus Bith-thèarainteachd

Amas Ro-innleachdail 8 - Gus piseach a thoirt air leas àrainneachdail agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd

Dh'aontaich sinn bith-iomadachd nan eilean a dhìon.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Annas a' chiad bhliadhna de Phlana Nàiseanta nan Eilean, chaidh còig Sgìrean Dìon Mara (MPAan) airson glèidhteachas nàdair ainmeachadh, trì dhiubh faisg air eileanan; Ear-thuath Leòdhais, Taobh Sear nan Eileanan Mòra agus Muir Innse Gall. A bharrachd air sin, chaidh dusan Sgìre Dìon Sònraichte ùr ainmeachadh, 7 dhiubh faisg air eileanan; Cuantan far Foula, Cuantan far Hiort, Colla is Tiriodh, Oirthir an Ear Tìr-mòr Shealtainn, Caolas Ghiogha, Oirthir an Iar Innse Gall agus Rùm.

Chaidh pròiseactan a ghabhail os làimh air feadh ar coimhearsnachdan eileanach gus maitheas àrainneachd a chur air adhart agus a leasachadh agus gus dèiligeadh ri bith-thèarainteachd:

- Tha Cuantan Innse Gall (SEASOH), com-pàirteachas eadar NatureScot, Comhairle nan Eilean Siar, Marine Scotland, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan agus Creative Carbon Scotland, ag amas air dòigh co-stiùiridh a phileatadh a thaobh MPAan ann an sgìre mara Innse Gall. Tha sinn air crìoch a chur air ìre a h-aon den chom-pàirteachadh choimhearsnachd, a' comharrachadh prìomh chùisean agus phrìomhachasan airson MPAan agus an riaghladh. Thathar an dùil gun tig am pròiseact gu crìch san Ògmhios, 2022.
- Tha Species on the Edge na chom-pàirteachas de NatureScot agus 7 buidhnean carthannais glèidhteachas nàdair, uile dealasach mu bhith a' leasachadh cor 40 gnè prìomhachais a lorgar air oirthir agus eileanan na h-Alba. Chaidh maoin eachadh fhaighinn bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta airson prògram obrach 4 bliadhna gu leth a leasachadh gus dèiligeadh ri buaidh atharrachadh àrainneachd air fiadh-bheatha a bhios gu buannachd nàdair agus dhaoine.
- Tha aontaidhean an sàs airson fearann a riaghladh ann an Ìle, Uibhist, Colla, Tiriodh agus South Walls a bhios gu leas cathain a' Ghraonlainn agus geòidh-bhlàr a' Ghraonlainn, a bhios aig an aon àm a' toirt taic do thuathanaich aig a bheil fearann agus bàrr fo bhuidh nan eun.
- Tha prìomh fhòcas Pròiseact Com-pàirteachas Cruth-tìre ag amas air leasachadh agus riaghladh àrainnean airson prìomh ghnè eòin dhùthchasach air grunn Eileanan Arcaibh nach eil ceangailte.
- Tha taic an sàs gus àireamh sheasmhach de dh'fheannagan nan casan dearga a chumail ann an Ìle, fhad 's a thèid dòigh-obrach fad-ùine airson riaghladh àireamh nan eun a leasachadh agus aontachadh. Tha na h-eòin ann an cunnart a dhol à bith mura tèid cobhair a dhèanamh orra.

- Choimisein NatureScot 3 aithisgean a' measadh buaidh agus roghainnean eadar-theachd airson gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheach de mhamalan air sgìrean eileanach fo dhìon a' toirt a-steach Rùm, Noss, agus Hermaness air Unst.
- Tha am pròiseact gus ròs-chraobh ionnsaigheach a thoirt air falbh bho bhaile Cheann Loch sann an Rùm a' leantainn air adhart.

Dh'aontaich sinn dèiligeadh ri bith-theàrainteachd ann an dòigh iomlan agus aonaichte mar dhòigh chan ann a-mhàin gus cur ri leas na h-àrainneachd, ach cuideachd gus cur ri leasachadh eaconamach seasmhach air eileanan na h-Alba.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Cùisean Mara na h-Alba air [iomairt](#) a thòiseachadh a tha ag amas air iasgairean a bhrosnachadh gus aithris a thoirt air giomaich a thèid a ghlacadh ann an uisgeachan na h-Alba, gus aire a thogail mun ghnè neo-dhùthchasach ionnsaigheach, giomach Ameireaganach (*Homarus americanus*). Dh'fhaodadh giomaich Ameireaganach droch bhuidh a thoirt air giomaich dhùthchasach Eòrpach agus gnèithean eile ann an àrainneachd na mara, le bhith ag obair mar dhòigh-sgaoilidh ghalaran, a' farpais airson biadh is fasnachadh, agus ag adhbharachadh tar-ghineadh. Le bhith a' brosnachadh aithris, tha Marine Scotland ag amas air barrachd a thuigsinn mun chunnart bhon ghnè le bhith a' faighinn fiosrachadh mu far a bheil iad, an uiread a th' ann dhiubh, agus a bheil iad a' briodadh.

Dh'aontaich sinn fòram eileanach a stèidheachadh tro Zero Waste Scotland, mar phàirt de chur an gnìomh Sgeama Èarlais Bhotal/Chanaichean, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt feart air na prìomh cheistean airson eileanan (agus coimhearsnachdan dùthchail san fharsaingeachd). Bidh am Fòram seo a' cur bheachdan a-steach, chan ann a-mhàin dhan phlana reachdail airson an sgeama, ach nì e cinnteach cuideachd gu bheil na prìomh cheistean airson coimhearsnachdan eileanach air am fighe a-steach dhan phlanadh mu bhith ga chur an gnìomh.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Thug Zero Waste Scotland taic do Riaghaltas na h-Alba air 'dearbhadh nan eilean' den Sgeama Èarlais Bhotal/Chanaichean (DRS), a' cumail sreath de thachartasan conaltraidh le coimhearsnachdan eileanach san Dàmhair 2019.. Chaidh am fios air ais bho na tachartasan sin a chur a-steach do [Mheasadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach](#) agus thug e buaidh air atharrachaidhean air na riaghailtean a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil an sgeama ag obair airson coimhearsnachdan na h-Alba air fad.

Chaidh Fòram Eileanan DRS a stèidheachadh gus dòigh conaltraidh leantainneach a thoirt do riochdairean bho choimhearsnachdan eileanan airson taic a thoirt do leasachadh a' mheasadh buaidh seo agus buileachadh a dhealbhadh às dèidh sin. Faodaidh na daoine air an Fhòram am beachdan a chur a-steach gu dìreach agus faodaidh iad cuideachadh le bhith a' comharradh no a' conaltradh ri riochdairean iomchaidh eile air feadh nan eilean agus taobh a-staigh choimhearsnachdan.

Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan eileanach gus coimhead air mar as urrainn dhaibh cur ris an eaconamaidh cearcallach tro sgeamaichean paidhleat beag, mar eisimpleir, tro bhith a' cumail taic ri bhith a' dèanamh biadh gu h-ionadail.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tro Phrògram Ath-bheothachadh Uaine nan Eilean (IGRP) agus co-obrachadh le Zero Waste Scotland, bheir tabhartas maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba agus Maoin Leasachaidh Roinneil na h-Eòrpa comas do bhùthan, ann an 12 eilean ann an Alba, gus còmhach bathair a lùghdachadh le bhith a' toirt roghainnean ath-chleachdaidh do luchd-ceannaich. A bharrachd air a bhith a' faicinn sgudal gu tric a' tighinn gu tìr air na cladaichean mun cuairt orra, feumaidh coimhearsnachdan eileanach cuideachd a bhith a' dèiligeadh ri nithean aon-chleachdaidh à tìr-mòr agus ga thoirt far an eilein. Tha an tasgadh £268,388 IGRP Maoin Ath-lìonaidh a' toirt seachad uidheamachd riarachaidh a leigeas le luchd-ceannaich stuth grosaireachd fhaighinn ann an soithichean ath-chleachdaidh a bheir iad bhon taigh.

A bharrachd air sin, tha Zero Waste Scotland air oifigear a chur a-steach ann an lomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus dòigh-obrach ro-innleachdail a leasachadh airson a bhith a' sgaoileadh na h-eaconamaidh cearcallach thar choimhearsnachdan eileanach. .

Dh'aontaich sinn leantainn oirnn le agus ùrachadh a dhèanamh air Maoin Bun-structar na Turasachd Dùthchail, a tha air buannachan a thoirt do choimhearsnachdan eileanach tro bhith a' toirt seachad bun-structar gus cur an aghaidh na buaidh aig fàs ann an turasachd agus a' cur ri coimhearsnachdan agus àrainneachd nan eilean.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Tha Maoin Bun-structar na Turasachd Dùthchail air a rianachd le VisitScotland agus tha e fosgailte do dh'ùghdarrasan ionadail agus Ùghdarrasan Pàirce Nàiseanta gus tagradh a dhèanamh ann an com-pàirteachas leis na coimhearsnachdan aca. Chaidh maoineachadh de £6millean a chur a-mach eadar 2018-19 agus 2019-20. Chaidh a' chiad chuairt ainmeachadh air 5 Damhair 2018 leis an dàrna cuairt air 6 Ògmhios 2019. Chaidh £3 millean eile airson na maoin ainmeachadh ann am Prògram Riaghlaidh a' Phrìomh Mhinistear air 3 Sultain 2020.

Dh'aontaich sinn obair a dhèanamh le Buidheann-ghìomha nan Gnèithean Neo-dhùthchasach aig Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, gus barrachd fiosrachadh poblach a sgaoileadh mu bhith a' lùghdachadh gluasad de ghnèithean ionnsaigheach fìor chunnartach ann an eileanan.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Ged nach do choinnich buidheann gnìomh SBS fhathast gus beachdachadh air a' ghnìomh seo, tha na pròiseactan gus cur às do ghnèithean neo-dhùthchasach sna h-eileanan a tha air an liostadh gu h-ìosal air an ruith le NatureScot no leis an RSPB, a mhol an gnìomh seo dhan Bhuidhinn an toiseach. Bidh na pròiseactan sin uile a' conaltradh le coimhearsnachdan eileanach gus mothachadh a thogail mu chreachadairean a' tighinn bhon taobh a-muigh agus, gu sònraichte, gus stad a chur orra bho bhith a' sgapadh gu eileanan a tha faisg air làimh.

- Tha NatureScot a' leantainn air adhart ag obair gus cur às do mhionc Ameireaganach ann an Innse Gall. Cha mhòr nach deach cur às do na beathaichean, ach tha àireamh bheag dhiubh fhathast ann.
- Tha obair gus measadh a dhèanamh air cho comasach 's a tha e gràineagan a thoirt air falbh à Uibhist a Tuath agus a Deas gus àireamhan eòin a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta a dhìon a' dol air adhart ann an com-pàirteachas le RSPB na h-Alba. Chaidh dàil a chur air an obair air sgàth COVID-19, ach tha dùil gun tèid an sgrùdadh comasachd a thoirt gu crìch ann an 2021.
- Tha obair a' dol air adhart air Arcaibh gus cur às do neasan neo-dhùthchasach. Air sgàth COVID-19, chaidh com-pàirteachadh coimhearsnachd a chuingealachadh gu agallamhan meadhanan sòisealta agus rèidio. Tha com-pàirteachadh coimhearsnachd na phàirt chudromach den phròiseact, aig a bheil prògram sgoiltean cuideachd. Às dèidh ùine fhada a' feitheamh air cothrom air fearann, [tha cur às do neasan neo-dhùthchasach](#) ann an Arcaibh a-nis air tòiseachadh.
- Tha [Biosecurity for LIFE](#) ag obair gus aire a thogail mun chunnart bho chreachadairean a' tighinn bhon taobh a-muigh agus siostaman a chur an sàs gus nach tèid an toirt a-steach gu eileanan gun fhiosta. Sa mhòr-chuid 's e pròiseact conaltraidh a th' ann a tha ag amas air coimhearsnachdan eileanach agus luchd-tadhail a bhrosnachadh gus casg a chur air creimich agus easagan a' tighinn gu eileanan air falach ann am bàtaichean agus luchd gun fhiosta. Gu h-àraidh bha iad a' cuimseachadh air 41 sgìre dìon sònraichte eileanach (SPAan) san RA a tha air an comharrachadh airson eòin-mhara briodachaidh. Tha 28 de na SPAan seo ann an Alba agus tha 13 sa chòrr den RA. Tha am pròiseact seo a' gabhail a-steach prògraman sgoile, planaichean airson eileanan eòin-mhara agus comhairle do luchd-cleachdaidh bhàtaichean gan leasachadh, co-chomhairlean coimhearsnachd, bùthan-obrach trèanaidh agus sgrùdaidhean eileanan air a bheil dàil an-dràsta air sgàth a' ghalair làir-sgaoilte.

Gheall sinn a bhith ag obair le com-pàirtichean eileanach gus fuasglaidhean a dhealbhadh a chuireas aghaidh ri atharrachadh gnàth-shìde tro fuasglaidhean stèidhichte air nàdar aig am bi grunn bhuannachdan a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, dìon agus ath-nuadhachadh mòintich agus lathaich sàille.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do cho-obrachadh leantainneach le com-pàirtichean eileanach gus dèanamh cinnteach gu bheil fuasglaidhean stèidhichte air nàdar air an cleachdadh gus dèiligeadh ri bagairt leantainneach atharrachadh gnàth-shìde. Tha grunn phrìomh phròiseactan a chaidh a ghabhail os làimh sa chiad bhliadhna de Phlana Nàiseanta nan Eilean air an ainmeachadh gu h-ìosal:

- Tha Prògram Adaptation Scotland, air a libhrigeadh às leth Riaghaltas na h-Alba leis a' charthannas seasmhachd Sniffer, a' toirt taic do obair atharrachadh gnàth-shìde ann an eileanan na h-Alba. Tha Adaptation Scotland ag obair còmhla ri Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall gus gnìomhan atharrachaidh a leasachadh airson an toirt a-steach dhan Phlana Leasachaidh Builean Ionadail (faic an t-ùrachadh fo Amas Ro-innleachdail 9). Tha seo a' gabhail a-steach leasachadh cheanglaichean le pròiseactan làithreach agus a tha ri thighinn gus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar a sgrùdadh airson dùbhlain gnàth-shìde anns na h-eileanan.
- Anns an ùine 2012/13 gu 31 Màrt 2020 tha Peatland Action air 16 pròiseact ath-nuadhachadh mòintich a libhrigeadh air feadh nan eilean againn (Arainn, Ìle, Leòdhas, Muile, Sealtainn, An t-Eilean Sgitheanach), a' cur 810 heactair air an t-slighe gu ath-nuadhachadh agus tha tuilleadh obrach a' dol air adhart am-bliadhna.
- Ann an Rùm, tha lùghdachadh air lus-itheadairean fiadhaich os cionn 10,000 ha gus ath-nuadhachadh eag-eòlasach a chomasachadh, buaidh nam fiadh ruadha a lùghdachadh, agus suidheachadh àrainn is mòintich a leasachadh mar a tha air a mhìneachadh ann am

plana riaghlaidh àrainn Rùm NNR.

Atharrachadh na gnàth-shìde agus cumhachd

Amas Ro-innleachdail 9 - Gus cur ri cur an aghaidh agus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde agus gus lùths glan, tèarainte air prìs reusanta a bhrosnachadh

Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan eileanach gus taic a chumail ris na miannan aca a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Tha e air a bhith doirbh adhartas a dhèanamh leis a' ghealltanais seo mar thoradh air COVID-19. Ach, bidh seo na phrìomhachas againn anns a' bhliadhna a tha romhainn tro Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus luchd-ùidh eileanach eile, agus sinn ag obair gus aire a tharraing do na h-eileanan againn aig COP26 ann an Glaschu.

Chùm sinn oirnn ag obair le coimhearsnachdan eileanach gus coimhead air dòighean eile airson a bhith a' riaghladh sgudal, gu sònraichte a thaobh Ro-innleachd Eaconamaidh Chearcallach na h-Alba.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha conaltradh leantainneach a' nochdadh ùidh a tha a' sior fhàs ann a bhith a' gabhail ris an dòigh-obrach eaconamaidh chearcallach a thaobh lùth ann a bhith a' lùghdachadh sgudal neo-riatanach san t-siostam agus air feadh eaconamaidh fharsaing na h-Alba. Tha an dòigh eaconamaidh chearcallach a' toirt buaidh mar-thà anns an roinn saothrachaidh, le barrachd aire ga thoirt air cleachdadh agus ath-chleachdadh stuthan ann am pròiseasan saothrachaidh.

Chithear eisimpleir de dhòigh-obrach eaconamaidh chearcallach ann an Co-ionad Lùths Innse Gall. Tha am pròiseact seo a' toirt a-steach a bhith a' gluasad sgudal èisg bho ionad giullachd SSC air Eilean Leòdhais, a tha measgaichte le sgudal dachaigh is gàrraidh ionadail eile gus bith-gas a dhèanamh ann an cnàmhaiche anaerobic aig Ionad Sgudail Dachaigh is Ath-chuartachaidh CnES ann an Griad. Bidh am bith-gas a' toirt connadh do inneal Teas is Cumhachd Co-cheangailte, le cuid den dealan a thèid a chruthachadh ga chleachdadh gus electrolyser obrachadh a bhios an uair sin a' dèanamh haidridean agus ocsaidean airson a chleachdadh aig ionad-àraich SSC ann an Leòdhas, a bharrachd air a bhith a' toirt connadh do làraidh sgudail CnES a chleachdas cumhachd haidridean. Seo a' chiad phròiseact de a sheòrsa ann an Alba agus cuidichidh e gus an eaconamaidh ionadail a chùmail suas.

Dh'aontaich sinn obrachadh le ùghdarrasan ionadal gus an cuideachadh gus na targaidean ro-innleachdail aca a choileanadh.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Ach, obraichidh sinn leis na h-ùghdarrasan ionadail againn anns a' bhliadhna a tha romhainn gus taic nas fheàrr a thoirt do na rùintean aca a thaobh atharrachadh gnàth-shìde.

Dh'aontaich sinn obrachadh a dh'ionnsaigh a bhith a' cruthachadh eileanan le eimiseanan net zero agus a bhith a' toirt seachad ceannardas air atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.

Tha an Aithris Poileasaidh Cumhachd Ionadail (LEPS), a chaidh fhoillseachadh san Fhaoilleach 2021, a' mìneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith ag aithneachadh fheartan fa leth sgìre, agus a coimhearsnachd, ann a bhith a' dealbhadh a' ghluasaid gu àm ri teachd net zero. Bidh feartan fiosaigeach eadar-dhealaichte aig gach sgìre ionadail, no coimhearsnachd eileanach, mar eisimpleir, cruinn-eòlas, taigheadas, agus bun-structar lùtha. Mar an ceudna, bidh rùintean agus prìomhachasan aig gach sgìre, leithid, lùghdachadh bochdainn connaidh, àrdachadh dùil-beatha, leasachadh comas cosnaidh, cruthachadh cothroman cosnaidh ùra, agus lùghdachadh crìonadh sluaigh. Tha frèam lìbhrigidh LEPS a' mìneachadh nan amasan aige gus cuideachadh agus fiosrachadh a thoirt dhan fheadhainn a tha a' gabhail pàirt, agus an fheadhainn a tha a' cruthachadh pròiseactan lùtha a tha a' cur ri atharrachadh siostaman lùtha gu àm ri teachd beag-charboin.

A bharrachd air sin, tha Cumhachd Ionadail na h-Alba (LES) a' leantainn air adhart a' libhrigeadh Sgeama Cumhachd Coimhearsnachd is Ath-nuadhachail Riaghaltas na h-Alba (CARES) a bhios a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd agus buidhnean agus SMEan dùthchail gus na roghainnean lùtha ath-nuadhachail aca a sgrùdadh. Gheibhear comhairle agus taic maoineachaidh CARES do choimhearsnachdan air feadh na h-Alba, a' toirt a-steach ar coimhearsnachdan eileanach. Tha CARES air taic a chumail ri 87 pròiseactan cumhachd ath-nuadhachail gu ruige seo.

Dh'aontaich sinn planaichean freagarrachaidh seasmhach a chur an sàs ann an eileanan a tha ann am barrachd cunnart bho atharrachadh gnàth-shìde, gan ceangal gu làidir ri planaichean leasachaidh airson nan eileanan sin.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanas seo.

Thèid Pròiseact Dynamic Coast 2 a chur air bhog ann an 2021 agus nì e measadh air mar a bhios àirde na mara ag èirigh, agus mar a bhios sin a' cur bleith cladaich am meud agus a' toirt buaidh air so-mhaoin feadh nan cladaichean. Bidh toraidhean bhon phròiseact a' toirt a-steach sgrùdadh mionaideach air atharrachadh cladaich ann an Tiriodh agus aig Bàgh Skail, Arcaibh.

Dh'ainmich sinn buidseat ùr de £12 millean (thairis air ceithir bliadhna bho 2022-23) airson freagarradh do atharrachadh cladaich sa Phrògram Riaghlaidh. Tha oifigearan a' beachdachadh air mar a thèid am buidseat a riarachadh. Ach, thèid prìomhachas a thoirt do phròiseactan a tha a' dìon agus ag obair le nàdar, a' gabhail a-steach pròiseactan anns na h-eileanan againn.

Tha Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd Innse Gall air Buidheann-obrach Atharrachadh Gnàth-shìde (CCWG) a chur air chois gus tuigse fhaighinn air atharrachadh gnàth-shìde, a' brosnachadh co-obrachadh thar bhuidhnean agus a' cur gnìomhan air dòigh gus am bi iad a' fighe a-steach do Phlana Leasachaidh Builean Ionadail. Tha Adaptation Scotland ag obair còmhla ris an CCWG gus pròiseact atharrachaidh a libhrigeadh a tha a' tionail fianais air mar a tha atharrachadh gnàth-shìde a' toirt buaidh air Innse Gall, a' dealbhadh dòigh-obrach èifeachdach airson a bhith a' toirt choimhearsnachdan an lùib a' ghnòthaich,

agus a' measadh chunnartan gnàth-shìde agus chothroman gus taic a thoirt do dheasachadh gnìomhan atharrachaidh. Mar phàirt den obair seo, chaidh fiosrachadh sònraichte fhaighinn bho Oifis na Sìde gus sgeulachdan gnàth-shìde a leasachadh airson Innse Gall. Bidh seo a' cuimseachadh air a bhith a' conaltradh treandan agus ro-mheasaidhean gnàth-shìde ann an dòigh a tha ruigsinneach agus tarraingeach do choimhearsnachdan, agus is e seo a' chiad phròiseact de a sheòrsa san RA. Tha Nature Scot, a tha nan cathraiche air an CCWG, air oileanach ceumnaiche fhadhadh gu Sultain 2021 gus taic a thoirt dhan obair seo.

Tha Adaptation Scotland cuideachd a' toirt taic do Chom-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd ann an Arcaibh, a tha dealasach a bhith a' co-fhreagairt ri Èiginn Gnàth-shìde agus ri ath-bheothachadh uaine nan eilean, a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh obair atharrachaidh. Tha Comhairle Arcaibh air cuideigin fhadhadh airson dreuchd atharrachadh gnàth-shìde ùr a tha a' gabhail a-steach cuideam làidir air freagarrachadh ri atharrachadh gnàth-shìde agus bheir e taic do leasachadh na h-obrach seo.

Dh'aontaich sinn obrachadh gu dlùth le com-pàirtichean eileanach, sealbhadair na lionra agus an luchd-ùidh cudromach uile, gus na molaidhean a tha ann mar-thà gus ceanglaichean sgaoididh dealain a chruthachadh ri tìr-mòr na h-Alba a chur an gnìomh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Sgrìobhaidh Ministear Lùtha, Ceangailteachd agus nan Eileanan gu Anne-Marie Trevelyan BP (Ministear Lùtha) ann an 2021 gus cuideam a chur air na prìomh chùisean agus na dùbhlain a tha mu choinneamh gineadh cumhachd ath-nuadhachail agus leasachadh bun-structair air feadh prìomh eileanan na h-Alba, agus an fheum an tairbhe as motha fhaighinn às na h-eileanan againn gus na targaidean dì-carbonachaidh againn a ruigsinn.

Dh'aontaich sinn obrachadh le Com-pàirteachasan Seasmhachd agus solaraichean lùtha gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air seasmhachd lionraidhean solar lùth nan eileanan.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Ach, bidh sinn a' co-obrachadh le Com-pàirteachasan Seasmhachd agus solaraichean lùtha gus am brosnachadh a bhith a' cuimseachadh air seasmhachd lionraidhean solar lùth nan eileanan;

Dh'aontaich sinn obrachadh le luchd-ùidh co-cheangailte ri còmhdhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean còmhdhail air feadh nan eilean cho lùths-èifeachdach agus math dhan àrainneachd 's a ghabhas.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

A thaobh siubhal adhair, tha sinn air gealltainn tursan-adhair clàraichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040 agus obraichidh sinn leis an roinn gus fàs seasmhach a bhrosnachadh às dèidh COVID-19. Mar a chaidh ainmeachadh anns a' Phrògram Riaghlaidh againn bidh sinn ag amas air a' chiad roinn siubhal adhair gun sgaoidhean san t-saoghal a chruthachadh ann an com-pàirteachas le Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha ùrachadh a' Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde Ùr cuideachd a' gealltainn sgrùdadh a dhèanamh air a' chomas airson Riaghaltas na h-Alba a bhith a' ceannach itealain sgaoididhean neoini/iosal, airson a thoirt air màl do chompanaidhean itealain, le dùil ri measadh nas mionaidiche anns an Ro-innleachd Itealaich a tha ri thighinn.

Tha ùrachadh a' Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde Ùr cuideachd ag ràdh gum bi 30% de dh'aiseagan fo shealbh Riaghaltas na h-Alba le sgaoilidhean ìosal ro 2032. Tha seo a' faighinn taic bho dhealas a bhith a' leantainn air adhart a' sgrùdadh a' chomais airson stòrasan lùth haidhbrid is carbon ìosal a chleachdadh ann an cabhlach mara na roinne poblaich mar phàirt den phrògram shoithichean ùra againn. A bharrachd air seo, mar phàirt de Phlana Ceangailteachd nan Eilean, nì sinn rannsachadh agus co-chomhairle air slighean gu aiseagan beag-eimisein/gun eimisean, ag ionnsachadh bho na chaidh ionnsachadh ann an dùthchannan eile.

A thaobh bun-structair rathaidean, tha rangachd tasgaidh seasmhach freumhaichte anns an dàrna Lèirmheas Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail (STPR2) a tha a' beachdachadh air planaichean tasgaidh còmhdhail san àm ri teachd. Buinidh an Lèirmheas ris na lìonraidhean ro-innleachdail rathaidean is rèile, agus tasgadh bun-structair nàiseanta gus taic a thoirt do shiubhal gnìomhach agus ceanglaichean eileanach. Chaidh Ìre 1 fhoillseachadh air 3 Gearran 2021. Thèid Ìre 2 fhoillseachadh as t-Foghar 2021. Bidh Ìre 1 is Ìre 2 a' mineachadh prìomhachasan còmhdhail Riaghaltas na h-Alba airson an ath 20 bliadhna.

Tha maoinachadh fhathast ga thoirt dhan a h-uile ùghdarras ionadail gus an urrainn dhaibh fàs agus bun-structair còmhdhail gun charbon a leasachadh leithid tobraichean-dealain charbadan EV.

Dh'aontaich sinn leantainn air adhart gus an comas aig cumhachd ath-nuadhachail a choileanadh, an dà chuid gus cur an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde agus mar nì a bhios a' cur air adhart fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanas seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic do leudachadh teicneòlas lùth ath-nuadhachail air feadh nan eileanan, le fiosrachadh mu na poileasaidhean gnàthach is ùra againn air an comharrachadh ann an [Ùrachadh a' Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde](#) (CCPU).

Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba cuideachd an aithris seasaimh ro-innleachd lùtha ron àm ro-thaghadh 2021 a bheir sealladh farsaing air mar a tha sinn a' cur ri ath-bheothachadh eaconamach uaine, a thaobh lùth, fhad 's a bhios sinn fhathast ceangailte ris na rùintean net zero againn.

Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan, croitearan, tuathanaich agus uachdarain-fearainn gus coilltean a mheudachadh air na h-eileanan, ag aithneachadh amasan nas fharsainge airson cleachdadh fearainn.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanas seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a' toirt taic do chruthachadh choilltean seasmhach tro Sgeama Tabhartas Coilltearachd (FGS) air a libhrigeadh le Coilltearachd na h-Alba. Tha barrachd taic ri fhaighinn airson cruthachadh choilltean air na h-Eileanan an Iar agus a Tuath ag aithneachadh cosgaisean a bharrachd airson craobhan a chur anns na sgìrean sin. Tha obair a' dol air adhart air feadh nan eilean le coimhearsnachdan, croitearan, tuathanaich agus uachdarain gus farsaingeachd choilltean a leudachadh airson taic a thoirt do libhrigeadh targaid bhliadhnail Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde airson cur chraobhan, gus carbon a ghlacadh, bith-iomadachd adhartachadh agus taic a thoirt do leasachadh eaconamach.

Tha eisimpleir de seo faisg air Caisteal Dhùn Bheagain air an Eilean Sgitheanach far an deach pròiseact cruthachadh coille 239 heactair aontachadh. Bithear a' cur chraobhan de dhuilleagan leathann dùthchasach, sa mhòr-chuid, air Oighreachd MhicLeòid, a leudaicheas gu mòr na h-àrainnean choilltean dùthchasach a tha ann agus thathar an dùil a chrìochnachadh ro dheireadh 2021.

Bho 2015, tha Coilltearachd na h-Alba air a bhith ag obair le raon de chom-pàirtichean a' toirt a-steach an Woodland Trust agus Urras An Rubha agus Shanndabhaig a libhrigeadh Pròiseact Coilltean Croite, a tha a' còmhdach gach eilean a' gabhail a-steach Earra-Ghàidheal agus Arainn, a' toirt seachad comhairle agus taic do chroitearan. Anns an iomairt chaidh timcheall air 640 heactair de choilltean ùra a chruthachadh, chaidh 829 tadhal làraich a dhèanamh gu h-iomlan agus tha 678 neach air a bhith air cùrsaichean trèanaidh air feadh siorrachdan croitearachd.

Tha eisimpleir de phròiseact a fhuair taic bho Phròiseact Coilltearachd Croitean ann an Sealtainn. Bidh taic agus aonta de mhaoineachadh FGS airson 2,500 craobhan a chur air Croit Burravoe a' cuideachadh a' chroiteir gus na h-amasan leudachadh coille aca a choileanadh. Cuiridh am pròiseact beatha as ùr ann an gnìomhachas na croiteireachd, a' toirt taic do iomadachadh; agus bheir cur chraobhan fàsghadh do sprèidh agus suidheachadh brèagha do bhothain glampaidh.

Dh'aontaich sinn gun cuireamaid na tèaman a bhith a' coileanadh thargaidean a thaobh eimiseanan agus a' freagarrachadh ri buaidh atharrachadh na gnàth-shìde aig cridhe na h-obair deasachaidh air Frèam-obrach Dealbhaidh Nàiseanta 4.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Chaidh ar smaoineachadh làithreach air stiùir siubhail airson Frèam Dealbhaidh Nàiseanta 4 (NPF4) a mhìneachadh anns an [Aithris Seasaimh](#) NPF4 a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2020. Tha e a' comharrachadh ceithir prìomh bhuilean a tha sinn an dùil a bhios NPF4 ag amas air a choileanadh: sgaoilidhean net-zero; coimhearsnachdan foghainteach, eaconamaidh sunnd; agus àiteachan a tha nas fheàrr agus nas uaine. Tha ullachadh an ath ghinealaich de phoileasaidh dealbhaidh na chothrom cudromach gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh ùrachadh a' Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde, a' toirt sealladh co-cheangailte seachad gu luath airson àiteachan a tha mothachail air carbon.

Tha an Aithris Seasaimh a' toirt fa-near gu bheil e ceart sgìrean eileanach a leasachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte ri àiteachan bailteil agus a' soilleireachadh gu bheil obair leantainneach a' sgrùdadh atharrachaidhean poileasaidh gus taic a thoirt do choimhearsnachdan dùthchail is eileanach soirbheachail is seasmhach. Tha aire ga tharraing do shiubhal seasmhach do choimhearsnachdan eileanach agus foghainteachd an aghaidh atharrachadh gnàth-shìde ann an coimhearsnachdan cladaich le cothroman nas fharsainge a' toirt a-steach gineadh lùth ath-nuadhachail, dealbhadh carbon-ìosal agus carbon-neoni, modalan ùra de bhith-beò carbon-ìosal, an eaconamaidh chearcallach, bun-structar uaine agus bith-iomadachd.

Dh'aontaich sinn taic a chumail ri atharrachadh gnìomhachas tuathanachas-uisge agus iasgach na h-Alba.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba [Cairt Ath-bhreithneachaidh](#) Com-pàirteachas Buaidh Atharrachadh Gnàth-shìde Mara (MCCIP) 2020, a' toirt a-steach pàipearan-ullachaidh mu ro-mheasadh bhuidh atharrachadh gnàth-shìde air na roinnean [iasgach](#) agus [tuathanas-uisge](#) a tha a' toirt buaidh air coimhearsnachdan nan eileanan. Tha sinn cuideachd air [Frèam-obrach Slàinte Èisg Tuathanais](#) agus [Ùr-ghnàthachadh Iasgaich Alba](#) fhoillseachadh gus taic a bharrachd a thoirt do ghnìomhachas tuathanas-uisge agus iasgaich na h-Alba.

Gheall sinn obair le raon de luchd-ùidh gus plana gnìomha a leasachadh gus seasmhachd thogalaichean a tha ann an cunnart bho thuiltean a leasachadh.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Chuir Riaghaltas na h-Alba am [Plana-gnìomha 'Living with Flooding'](#) air bhog san t-Samhain 2019. Tha sinn a-nis ag obair leis a' Bhuidhinn Libhrigidh air Seasmhachd Thogalaichean bho Thuiltean gus am plana-gnìomha a libhrigeadh.

Dh'aontaich sinn obrachadh le ùghdarrasan ionadail gus seirbheisean ath-chuairteachaidh agus seirbheisean sgudal bìdh a neartachadh ann an coimhearsnachdan eileanach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Dh'ainmich am Prògram Riaghlaidh am-bliadhna Maoin Leasachaidh Ath-chuartachaidh luach £70 millean, gus taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail airson bun-structar ath-chuairteachaidh a leasachadh. Bidh a' Mhaoin Leasachaidh Ath-chuartachaidh ri fhaighinn leis a h-uile ùghdarras ionadail, a' gabhail a-steach nan ùghdarrasan eileanach againn, thairis air an ath chòig bliadhna bho 2021/22. Tro cho-bhuidheann Stiùiridh Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba is Riaghaltas Ionadail air an Eaconamaidh Chearcallaich agus Sgudal, tha sinn a' leantainn air adhart ag obair le COSLA, SOLACE, riochdairean bho Lìonra Oifigearan Riaghladh Sgudail agus Zero Waste Scotland gus dòigh-obrach aontachadh airson a' mhaoin a sgaoileadh agus cothroman a chomharrachadh gus a' bhuidh as motha fhaighinn bhuaiphe. Thathas a' beachdachadh gu sònraichte air an dòigh as fheàrr air taic a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' leasachadh agus a' libhrigeadh phròiseactan, a' dèiligeadh ri suidheachaidhean agus prìomhachasan ionadail.

Bha ar Prògram Riaghlaidh 2019/20 cuideachd a' toirt a-steach dealas airson co-chomhairleachadh air an t-saoradh a th' aig sgìrean dùthchail an-dràsta bhon dleastanas a bhith a' cruinneachadh sgudal bìdh, agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na riatanasan a thaobh sgudal bìdh a sgaradh bho sgudal eile. Foillsichidh sinn co-chomhairleachadh air an raon de gheallaidhean a chaidh a chomharrachadh ann am Plana Gnìomha Lùghdachadh Sgudal Bìdh 2019 an ceann ùine.

Dh'aontaich sinn obair gu dlùth le prìomh luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun cluinnear guthan muinntir nan eilean, a' coileanadh gluasad cothromach gu net-zero, agus gum faigh eileanan buannachd às an iomadh cothrom a tha co-cheangailte ri eaconamaidh uaine agus seasmhach.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Air a chur air bhog san Fhaoilleach 2021, tha Lìonra Gnìomhachas na h-Alba nan Siostaman Cumhachd Ionadail (LESSIN) na phrìomh iomairt anns an Aithris Poileasaidh air Cumhachd Ionadail. Tha am prògram ag obair air feadh na h-Alba, le taic bho Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Maoin Leasachaidh Roinneil na h-Eòrpa. Tha am pròiseact ag amas air na ceumannan co-obrachaidh a tha riatanach a chomasachadh agus a libhrigeadh airson an siostam lùtha gu lèir a dhì-charbonachadh.

Le co-obrachadh eadar companaidhean teignigeach, manaidsèaran pròiseict, riaghladairean, lìonraidhean agus luchd-tasgaidh anns an lìonra, bheir seo comas do ghnìomhachasan a bhith a' fàs agus a bhith ùr-ghnàthach mar fhreagairt ri feumalachdan luchd-cleachdaidh.

Libhrigidh am pròiseact àrd-ùrlar dhan roinn a bhith a' co-obrachadh agus a' co-roinn eòlas agus leasan a chaidh ionnsachadh, a bhios na bhuanachd do choimhearsnachdan eileanach. Cuidichidh e le fàs cothroman cosnaidh in-ghabhalach agus bheir e cothrom do phròiseactan lùtha ionadail taic a thoirt do chruthachadh obraichean agus taic a thoirt do leasachadh agus neartachadh sèine solair na h-Alba.

Tha sinn cuideachd an-dràsta a' leasachadh ar Ro-innleachd Cumhachd nan Eilean a gheall sinn san Aithris Poileasaidh Cumhachd Ionadail againn a dh'fhoillsich sinn san Fhaoilleach 2021. Thèid Ro-innleachd Cumhachd nan Eilean a chur an gnìomh gus cur ri Plana Nàiseanta nan Eilean làithreach, a' dèanamh cinnteach gum bi lùth leantainneach ann an eileanan na h-Alba agus a' toirt taic do eileanan agus na coimhearsnachdan aca anns a' phlana dì-carbonachaidh aca. Tha sinn an-dràsta a' sireadh beachdan stiùirichean poileasaidh buntainneach air feadh Riaghaltas na h-Alba mus dèan sinn co-chomhairle le luchd-ùidh.

Coimhearsnachdan Eileanach Cumhachdach agus Com- pàirteachasan Ionadail Làidir

Amas Ro-innleachdail 10 - Gus cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus àiteachan eadar-dhealaichte

Dh'aontaich sinn an t-Ath-sgrùdadh air Riaghaladh Ionadail a thoirt air adhart le COSLA gus siostam de dheamocrasaidh ionadail a chruthachadh a bhios in-ghabhalach agus a bheir deagh bhuidheann air beathannan dhaoine.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanas seo.

Chaidh dàil a chur air an dàrna cheum den Ath-sgrùdadh air Riaghaladh Ionadail mar thoradh air COVID-19. Mar thoradh air sin, chaidh tuilleadh com-pàirteachaidh a thaobh Democracy Matters airson sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air rèiteachaidhean ùra airson co-dhùnaidhean aig ìre coimhearsnachd a chur dheth cuideachd. Tha na co-dhùnaidhean bhon chiad ìre den ath-bhreithneachadh, còmhla ri molaidhean bho Bhòrd Comhairleachaidh air Ath-nuadhachadh Sòisealta agus Seanadh Shaoranach na h-Alba a' leigeil fhaicinn gum bi deamocrasaidh ann an Alba fhathast na chùis deasbaid cudromach.

Dh'aontaich sinn taic a thoirt do phròiseasan com-pàirteachaidh gus guth làidir a thoirt do choimhearsnachdan eileanach ann an cur an gnìomh a' Phlana.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanas seo.

Tha sinn air a bhith a' conaltradh gu cunbhalach le coimhearsnachdan eileanach gus taic fiosrachaidh a thoirt do bhuileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean. Tha seo a' gabhail a-steach barrachd com-pàirteachadh cuimsichte aig toiseach galar lèir-sgaoilte COVID-19 gus an gabhadh fiosrachadh fìor-ama a chur bho choimhearsnachdan eileanach chun na roinne poileasaidh iomchaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn cuideachd air cumail oirnn a' cumail taic ri Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean gus an urrainn dhuinn co-obrachadh gu dlùth leis na com-pàirtichean againn anns na h-ùghdarrasan ionadail mu lìbhrigeadh, agus chùim sinn bùithean-obrach do luchd-ùidh bho chionn ghoirid a dh'fhiosraicheas ullachadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh airson amasan ro-innleachdail Plana Nàiseanta nan Eilean.

A bharrachd air seo, chaidh pròiseact paidhleat Lìonra nan Eileanach Òga a chur air bhog air 16 Faoilleach 2021 Bheir am Pròiseact seo cothrom do luchd-còmhnaidh nan eilean a tha aois 5-25 gus na cùisean a tha mun coinneamh a chur am follais, agus gus lìonra ullachadh a chuireas aghaidh riutha seo. Le seo agus le stèidheachadh Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean, agus le conaltradh leantainneach le coimhearsnachdan eileanan, nì sinn cinnteach gum bi com-pàirteachadh nas fharsainge ann sna gnìomhan a dh'fheumas sinn a ghabhail airson gach Amas Ro-innleachdail.

Tha Riaghaltas na h-Alba air tasgadh susbainteach a dhèanamh ann am buidseatadh com-pàirteachail (PB) thar nan 5 bliadhna a dh'fhalbh, le timcheall air £7 millean air a thoirt seachad bhon Mhaoin Roghainnean Coimhearsnachd. Tha sin air comas a thoirt do 122,000 neach bhòtadh air riarachadh còrr is £6.6 millean, le timcheall air 47,000 neach a' frithealadh thachartasan air feadh na dùthcha, a' toirt a-steach coimhearsnachdan eileanach.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus COSLA a' leantainn orra ag obair ann an com-pàirteachas gus ùghdarrasan ionadail a chuideachadh a' ruighinn an targaid gum bi co-dhiù 1% den bhuidseat aca fo ùmhlachd buidseit com-pàirteach, a' toirt guth dìreach do dhaoine ionadail air mar a thèid faisg air £100 millean a chosg.

Cuidichidh a' Bhuidheann Ro-innleachdail PB nàiseanta a chaidh a stèidheachadh bho chionn ghoirid le bhith a' toirt taic fiosrachaidh dhan obair a th' aig PB ann an ath-bheothachadh às dèidh Covid-19 agus mar a tha e a' freagairt ri ath-leasachadh nas fharsainghe air cumhachdachadh coimhearsnachd.

Dh'aontaich sinn coimhead air dòighean gus guth nan coimhearsnachdan eileanach a neartachadh ach a ghabhas cuideachd ris na diofairean eadar eileanan ann an dèanamh cho-dhùnaidhean aig an ìre ionadail is nàiseanta.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha sinn air a bhith a' conaltradh gu cunbhalach le coimhearsnachdan eileanach gus taic fiosrachaidh a thoirt do bhuileachadh Plana Nàiseanta nan Eilean, a' gabhail a-steach bùthan-obrach Mapa Slighe Buileachaidh a chaidh a chumail o chionn ghoirid agus an obair leantainneach le bhith a' cruthachadh Buidheann Lìbhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean.

Bho thàinig reachdas gluasad maoin gu èifeachd air 23 Faoilleach 2017, chaidh 249 tagradh gluasad maoin a dhèanamh a' toirt a-steach tagraidhean bho choimhearsnachdan eileanach. Tha sinn air Buidheann Gnìomha Gluasaid Maoin Nàiseanta a stèidheachadh gus sùil a thoirt air an aithisg measaidh trì-bliadhna air gluasad maoin agus molaidhean a chaidh fhoillseachadh san Iuchar 2020.

Bho thàinig riaghailtean a thaobh iarrtasan com-pàirteachaidh an gnìomh air 1 Giblean 2017, fhuair 63 iarrtasan com-pàirteachaidh. Chaidh a' mhòr-chuid dhiubh seo a chur le comhairlean coimhearsnachd agus fhuair a' mhòr-chuid aca le ùghdarrasan ionadail. Tha an aithisg measaidh trì-bliadhna a chaidh fhoillseachadh sa Ghiblean 2020 a' nochdadh gu bheil an reachdas ag obair mar a bha dùil ach bidh sinn a' toirt aire do na molaidhean aca a thaobh a bhith a' cumail sùil, a' togail aire agus a' toirt taic do bhuidhnean air an iomall.

Dh'aontaich sinn gun obraicheamaid le coimhearsnachdan eileanach agus ùghdarrasan ionadail com-pàirteach ann a bhith ag ullachadh agus a' toirt a-steach Bile Cis Luchd-tadhail Sealach.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Chaidh planaichean airson cur an sàs Cis Luchd-tadhail Sealach a chumail air ais mar phàirt de fhreagairt Riaghaltas na h-Alba do èiginn COVID-19 agus mar mhothachadh air a' bhuidhnean mhòr eaconamach a tha air a bhith aig COVID-19 air an roinn.

Dh'aontaich sinn coimhead air dòighean gus cumhachd agus taic a thoirt do choimhearsachdan eileanach gus cur ris an ath-leumachd aca le bhith a' cruthachadh iomairtean agus phlanaichean ionadail ann an com-pàirteachadh le Seirbheisean Èiginn na h-Alba.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Mar thoradh air dàil air adhbharachadh le galar lèir-sgaoilte COVID-19, tha cuid de na gnìomhan co-cheangailte ri ath-leumachd nan coimhearsnachdan eileanach ri libhrigeadh fhathast. Ach, aig ìre nàiseanta, chaidh cruthachadh agus sgaoileadh stiùireadh agus innealan do choimhearsnachdan air Ready Scotland [Comhairle airoisn cùisean èiginn ann an Alba \(ready.scot\)](#) a chur an sàs gus taic a thoirt do na coimhearsnachdan air fad againn gus an urrainn dhaibh taic a chumail ri càch a chèile gu sàbhailte rè freagairt COVID.

Obraichidh Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba thairis air poileasaidhean gus dèanamh cinnteach gun dèanar adhartas leis a' ghealltanais seo ann an 2021.

Dh'aontaich sinn riaghailtean a thoirt a-steach a bheir comas do dh'ùghdarrasan ionadail eileanach, ann an co-chomhairleachadh leis na coimhearsnachdan aca, iarraidh air Ministearan na h-Alba reachdas a thoirt a-steach a tha a' tiomnadh foincsean dhaibh, no gun toir Ministearan na h-Alba foincsean, dleastanas no uallach a bharrachd dhaibh. Tha na riaghailtean seo ag aithneachadh gu bheil suidheachadh gach coimhearsnachd eileanach air leth agus nach eil an aon rud daonna iomchaidh airson a h-uile eilean.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Chaidh Riaghailtean Iarrtas Chumhachdan a bharrachd (Alba) 2019 a chur air beulaibh na Pàrlamaid air 5 Iuchar 2019 agus chaidh an aontachadh leis a' Phàrlamaid air 25 Sultain. Chaidh na Riaghailtean a shoidhnigeadh air 17 Damhair is mar sin, tha iad an gnìomh a-nis. Cha deach iarrtasan eile airson chumhachdan a bharrachd a chur a-steach gu ruige seo ach tha na Riaghailtean gam meas mar ullachadh innleachdach a tha ag aithneachadh cho sònraichte 's a tha coimhearsnachdan nan eilean againn.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gun tèid 'dìon-eileanach' a dhèanamh air poileasaidhean agus planaichean a thaobh Oighreachd a' Chrùin Alba agus gu bheil manaidsear sam bith de stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba a' cumail taic ri cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean mar a bhios iomchaidh.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Is e an lèirsinn aig Ministearan na h-Alba airson Oighreachd a' Chrùin Alba gum bi i:



air a stiùireadh ann an dòigh a tha seasmhach, cùramach agus cothromach, soilleir agus in-ghabhalach, gus buannachdan ionmhasail a thoirt cho math ri buannachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail fad-ùine a libhrigeadh do dh'Alba agus a coimhearsnachdan.

Chaidh sgeama pileatan air riaghladh stòrsasan Oighreachd a' Chrùin Alba a chur air bhog ann an 2018 agus tha e air an dealbhadh gus ùghdarrasan ionadail, urrasan leasachaidh agus buidhnean iomchaidh eile a bhrosnachadh gus fearann agus còraichean seilbh Oighreachd a' Chrùin a riaghladh san sgìre ionadail aca. Cuidichidh an Sgeama Paidhleat Riaghladh Ionadail le bhith a' dèanamh deuchainn agus a' cur an gnìomh ullachaidhean practaigeach airson riaghladh ionadail leasaichte air maoin Oighreachd a' Chrùin Alba tro na cumhachdan ann an Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gum bi luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach air am brosnachadh agus a' faighinn taic gus iad fhèin a chur an cèill tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha sinn a' cumail oirnn a' brosnachadh bhuidhnean agus ùghdarrasan gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh tro dhòighean leithid Stiùireadh air planaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig agus tro bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid Measaidhean Buidh air Coimhearsnachdan nan Eilean a dhèanamh air poileasaidh agus reachdas iomchaidh.

Ealainean, Cultar is Cànan

Amas Ro-innleachdail 11 - Gus taic a chumail ri ealainean, cultar agus cànan

Dh'aontaich sinn cumail oirnn le tasgadh anns na stòrasan cultarach agus eachdraidheil againn, gus dèanamh cinnteach gun tèid eileanaich a bhrosnachadh gus com-pàirteachadh ann an cultar agus na h-ealainean.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

B' fheudar dhan mhòr-chuid de ghnìomhachd phoblach a bha san amharc airson Bliadhna nan Cladaichean is Uisgeachan ann an 2020 a chur air adhart gu 2021, ged a bhios iad sin fhathast an urra ris na h-ìrean sàbhailteachd Slàinte Phoblaich ri tanaich a ruighinn mus tèid iad air adhart ann an 2021.

Tha dealbhadh airson Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba ann an 2022 a' dol air adhart aig ìre thràth, ag obair le raon de luchd-ùidh tro ar com-pàirtichean libhrigidh, EventScotland.

Tha Fèisean Geamhraidh na h-Alba ann an 2019/20, agus a-rithist ann an 2020/21, a' leantainn air adhart a' toirt taic do raon de ghnìomhachd thar choimhearsnachdan agus ann an diofar àiteachan.

Thug Opara na h-Alba an taisbeanadh cuairteachaidh Opera Highlights gu grunn eileanan sa Ghearran/Màrt 2020, nam measg Ìle, Muile agus tìr-mòr Shealtainn.

Dh'aontaich sinn ri brosnachadh agus taic a chumail ris na tàlantan cruthachail aig na h-eileanaich agus gun dèanamaid cinnteach gum bi luchd-èisteachd/amhairc nach beag aig cultar nan eileanan Albannach an dà chuid gu nàiseanta agus thall thairis.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Bha buaidh galar lèir-sgaoilte COVID-19 a' ciallachadh gum feumadh mòran chleachdaidhean cruthachail tighinn gu crìch, agus chan eil mòran chothroman air a bhith ann gus an gealltanais seo a thoirt air adhart. Tha sinn air feuchainn ri dhèanamh cinnteach gun ruig taic ionmhasail do na gnìomhachasan cruthachail gach pàirt de dh'Alba, a' gabhail a-steach nan eileanan.

Dh'aontaich sinn taic a chumail ri cànanan agus dualchainntean dùchasach uile na h-Alba ann an dòighean a tha buntainneach ris na coimhearsnachdan far a bheil iad gam bruidhinn.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha Foghlam Alba agus e-Sgoil air a bhith a' libhrigeadh seiseanan foghlaim sa Bheurla-Ghallda airson clann is òigridh a tha a' fèin-iomallachadh bhon choròna-bhìoras fad ùine fhada. Chaidh seiseanan a thoirt seachad mar phàirt den tairgse a tha e-Sgoil a' toirt seachad air feadh na h-Alba.

Tron ghlasadh-sìos ann 2020-2021, bha leasan Beurla-Ghallda mar phàirt den tairgse ‘Scotland Learns’ aig Foghlam Alba airson ionnsachadh air astar. Tha na stuthan seo, a bharrachd air stuthan Beurla-Ghallda eile rim faighinn air a’ Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta, far an deach goireasan a dhealbhadh gus a bhith freagarrach airson dual-chainntean fa leth den Bheurla-Ghallda, a’ gabhail a-steach, dualchainntean Shealtainn, Arcaibh, Chataibh agus Doric.

Chùm an t-Oilthigh Fosgailte agus Foghlam Alba seiseanan poblach an-asgaidh ann an Lerwick gus an cùrsa ùr ‘a’ Bheurla-Ghallda agus a Cultar’ a bhrosnachadh. Tha an cùrsa seo an-asgaidh do dhuine sam bith, agus tha e a’ gabhail a-steach caibideil a chaidh a sgrìobhadh le Sealtainnich agus Arcaich, le mòran iomraidhean tron chùrsa air fad air dualchainntean nan h-Eileanan a Tuath.

Tha Foghlam Alba cuideachd a’ co-obrachadh leis a’ bhuidhinn coimhearsnachd Shealtainneach ‘Shetland ForWirds’. Tha an co-obrachadh seo a’ gabhail a-steach mòran stuthan foghlaim a tha rim faighinn airson sgoiltean ann an Sealtainn, a bharrachd air stuthan airson luchd-ionnsachaidh inbheach.

Ann an com-pàirteachas le Urras Leabhraichean na h-Alba, chùm Foghlam Alba farpais nàiseanta airson clann agus daoine òga ann an 2020 gus sgrìobhadh anns a’ Bheurla-Ghallda - a’ gabhail a-steach dualchainnt sam bith den Bheurla-Ghallda. Thèid am buannaiche ainmeachadh aig cuirm air-loidhne san Dàmhair 2020.

Tron ghlasadh-sìos ann 2020-2021, bha leasan Beurla-Ghallda mar phàirt den tairgse ‘Scotland Learns’ aig Foghlam Alba airson ionnsachadh air astar. Tha na stuthan seo, a bharrachd air stuthan Beurla-Ghallda eile rim faighinn air a’ Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta, far an deach goireasan a dhealbhadh gus a bhith freagarrach airson dual-chainntean fa leth den Bheurla-Ghallda, a’ gabhail a-steach, dualchainntean Shealtainn, Arcaibh, Chataibh agus Doric.

Chùm an t-Oilthigh Fosgailte agus Foghlam Alba seiseanan poblach an-asgaidh ann an Lerwick gus an cùrsa ùr ‘a’ Bheurla-Ghallda agus a Cultar’ a bhrosnachadh. Tha an cùrsa seo fhathast an-asgaidh do dhuine sam bith, agus tha e a’ gabhail a-steach caibideil a chaidh a sgrìobhadh le Sealtainnich agus Arcaich, le mòran iomraidhean tron chùrsa air fad air dualchainntean nan h-Eileanan a Tuath.

Tha Co-òrdanaiche na Beurla-Ghallda aig Foghlam Alba cuideachd a’ co-obrachadh leis a’ bhuidhinn coimhearsnachd Shealtainneach ‘Shetland ForWirds’. Tha an co-obrachadh seo a’ gabhail a-steach mòran stuthan foghlaim a tha rim faighinn airson sgoiltean ann an Sealtainn, a bharrachd air stuthan airson luchd-ionnsachaidh inbheach.

Ann an com-pàirteachas le Urras Leabhraichean na h-Alba, chùm Foghlam Alba farpais nàiseanta airson clann agus daoine òga ann an 2020 gus sgrìobhadh anns a’ Bheurla-Ghallda - a’ gabhail a-steach dualchainnt sam bith den Bheurla-Ghallda. Thèid am buannaiche ainmeachadh aig cuirm air-loidhne san Dàmhair 2020.

Gheall sinn dèanamh cinnteach gu bheil na geallaidhean sa phlana seo air an stiùireadh le agus a rèir prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig, ag obair gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Feumaidh gach ùghdarras agus buidheann a dh'ullaicheas Plana Gàidhlig feart a thoirt air na prìomhachasan anns [a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig](#) (NGLP). Tha planaichean Gàidhlig aig a' mhòr-chuid de na buidhnean a tha ag obair ann an coimhearsnachdan eileanach, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba agus mar sin, feumaidh iad feart a thoirt air Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' bhuidheann air leasachadh na Gàidhlig bhon chiad dol a-mach ann am poileasaidhean agus iomairtean sònraichte nan eilean agus gu bheil iad sin a' ceangal ri planaichean Gàidhlig reachdail.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Cuiridh toirt a-steach Measaidhean Buidh Coimhearsnachdan Eileanach agus Planaichean Gàidhlig taic ri adhartas a dh'ionnsaigh a' ghealltanais sa bhliadhna a tha romhainn. Leanaidh Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do ar co-obrachaidhean agus Measaidhean Buidh air Coimhearsnachdan nan Eilean a dhèanamh airson poileasaidhean agus iomairtean a tha sònraichte do na h-eileanan.

Gheall sinn obair le ùghdarrasan poblach agus buidhnean coimhearsnachd gus cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig nan eilean.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Cuiridh toirt a-steach Measaidhean Buidh Coimhearsnachdan Eileanach agus Planaichean Gàidhlig taic ri adhartas a dh'ionnsaigh a' ghealltanais sa bhliadhna a tha romhainn. Tha Sgioba Eileanan Riaghaltas na h-Alba ag amas air dèanamh cinnteach gun tèid aire gu leòr a thoirt dhan Ghàidhlig anns an Stiùireadh Measadh Buidh air Coimhearsnachdan nan Eilean a tha a' brosnachadh ùghdarrasan buntainneach gus làn bheachdachadh a dhèanamh air a' Ghàidhlig. A bharrachd air seo, bidh sinn a' foillseachadh gach prìomh sgrìobhainn mu Phlana Nàiseanta nan Eilean anns a' Ghàidhlig.

Gheall sinn obair le ùghdarrasan iomchaidh gus solar Gàidhlig a leasachadh do choimhearsnachdan Gàidhlig nan eilean ann a bhith a' libhrigeadh an gnìomhan agus an seirbheisean.

Cha deach obair air adhart leis a' ghealltanais seo fhathast.

Dh'aontaich sinn taic a chumail ri dòighean-obrach a bhrosnaicheas stiùireadh seasmach na h-àrainneachd eachdraidheil.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' cumail orra a' toirt taic do leasachadh na h-àrainneachd eachdraidheil sna h-eileanan againn. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur ri leasachadh Geata Arcaibh, agus a' com-pàirteachadh le buidhnean buntainneach a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho mhaoineachadh. Tha seo a' gabhail a-steach obair a rinneadh le Urras nan Tursachan ann an Calanais.

Foghlam

Amas Ro-innleachdail 12 - Gus foghlam fad-bheatha a bhrosnachadh is a leasachadh do na h-uile

Dh'aontaich sinn obrachadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Oilthigh Obar Dheathain, Oilthigh Heriot Watt agus solaraichean foghlaim eile, gus dèanamh cinnteach gu bheil farsaingeachd de roghainnean ann do dh'òigridh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (UHI) air [Ro-innleachd Eileanan](#) a dheasachadh, agus is e am prìomh adhbhar aige mìneachadh mar a bhios UHI ag obair le com-pàirtichean gus a ghnìomhachdan a leudachadh agus a neartachadh air feadh Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar. Tha Ro-innleachd Eileanan UHI air a dhèanamh suas de Phrionnsapalan Colaiste, oifigearan aig ùghdarrasan ionadail, Àrd-oifigearan, SDS, HIE agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba.

Tro mhaoineachadh air a thoirt seachad le Buidheann Ro-innleachdail Roinneil aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan (Regional Strategic Body - RSB), bidh colaistean a tha suidhichte ann an eileanan na h-Alba a' faighinn taic gus raon de chothroman foghlaim is trèanaidh a thoirt seachad.

Bidh na ceithir colaistean eileanach ag obair còmhla ri Oifis Riaghlaidh Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh raon farsaing de phrògraman foghlaim adhartach agus foghlam àrd-ìre do na coimhearsnachdan a tha iad a' frithealadh. Bidh colaistean uile an UHI, 13 dhiubh uile gu lèir, a' coinneachadh gu tric agus a' co-obrachadh. Bidh an RSB a' riarachadh maoineachadh do cholaistean eileanach stèidhichte air àireamh-sluaigh agus bochdainn agus air iarrtas airson nam prògraman a tha iad a' libhrigeadh. Bidh Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' cur fhoirmlean maoineachaidh an sàs a bheir aire do shuidheachadh agus suidheachadh cruinn-eòlasach gach colaiste fa leth.

Dh'aontaich sinn taic a chumail ri Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus e a' daingneachadh co-obrachadh le com-pàirtichean eileanach, gus slighean luchd-ionnsachaidh, tionnsgalachd agus com-pàirteachadh le gnìomhachas/luchd-fastaidh a bhrosnachadh.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (UHI) air [Ro-innleachd nan Eileanan](#) a dheasachadh, a' co-obrachadh le Prionnsapalan Colaiste, oifigearan aig ùghdarrasan ionadail, Àrd-oifigearan, SDS, HIE agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba. Tha an dealas seo cuideachd a' ceangal ris [a' phrògram Glèidheadh Oileanaich](#) a bhios a' toirt dhòighean do dhaoine fuireach sna eileanan.

Tron raon farsaing de phrògraman foghlaim àrd-ìre lìonraichte agus air-loidhne aige, tha Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' toirt cothrom do dhaoine a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan sgapte nan eilean cothrom fhaighinn air, agus buannachd fhaighinn bho

bhith ag ionnsachadh bho raon farsaing de sholarachadh Foghlam Adhartach, fhad 's a tha iad fhathast a' fuireach sna coimhearsnachdan aca. Gu tric tha na prògraman sin a' gabhail a-steach tabhartasan gnìomhach bho luchd-fastaidh ionadail a tha deònach taic a chumail ri leasachadh sgioba-obrach a tha sgileil agus uidheamaichte. Tha solar Foghlam Adhartach a' dol bho Theisteanas Nàiseanta Àrd-ìre (HNC) suas gu ìre PHD.

A chionn 's nach eil mòran dhaoine a' fuireach sna coimhearsnachdan aca, gu tric, chan eil an uiread de chuspairean rim faighinn do luchd-ionnsachaidh ann am foghlam adhartach. Tha seo air sgàth 's gu bheil mòran phrògraman foghlam adhartach dreuchdail agus gum feum iad sgilean ciùird a thoirt air adhart tro ghoireasan bùth-obrach iomchaidh. (m.e. togail, innleadaireachd, gruagaireachd agus bòidhchead, aoigheachd is msaa.) Bidh seo gu tric a' toirt buaidh air na cuspairean dreuchdail a thathar a' tabhann ann an colaistean eileanach.

Dh'aontaich sinn dèanamh cinnteach gum faigh òigridh na h-aon chothroman air foghlam 's a gheibh òigridh air tìr-mòr na h-Alba.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanas seo.

Tha e-Sgoil a' leantainn air adhart a' libhrigeadh prògram ionnsachaidh dealanach nàiseanta, a' toirt seachad clàr-oideachaidh farsaing do chloinn is dhaoine òga air feadhna h-Alba, agus a chaidh a dhealbhadh sa mhòr-chuid airson oileanaich nan eilean.

Chaidh an tairgse e-ionnsachaidh nàiseanta, anns a bheil e-sgoil na pàirt, a leasachadh gus taic a thoirt do luchd-foghlaim. Tha e air sealltainn mar as urrainn dhuinn miannan dhaoine òga airson ionnsachadh agus slighean dreuchd a choileanadh ann an dòigh nas cothromaiche.

Is e prìomh adhbhar e-Sgoil a bhith ag àrdachadh cothromas airson roghainn curraicealaim agus cuspair airson gach neach-ionnsachaidh. Seo ge b' e dè an t-àite cruinn-eòlasach anns a bheil iad no an sgoil a bhios iad a' frithealadh anns na h-Eileanan an iar. Tha i cuideachd ag amas air aghaidh a chur air dùbhlain fastaidh ann am prìomh raointean cuspair. Nuair a fhuair iad maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, ghabh e-Sgoil ri raon-dleastanas nàiseanta leis gun robh an aon seòrsa de dhùbhlain aig ùghdarrasan ionadail eile a thaobh Gàidhlig agus cuspairean STEM gu sònraichte. Tha leasachadh e-Sgoil air cuideachadh le bhith a' cur air adhart obair leasachaidh air Scottish Wide Area Network (SWAN) gus bun-structar didseatach agus ceanglaichean a leasachadh airson coimhearsnachdan eileanach.

Tro bhith a' cleachdadh innealan agus àrd-ùrlaran didseatach, tha e-Sgoil air feuchainn ri cur ri gnàth-eòlasan luchd-ionnsachaidh agus a bhith gan leasachadh le bhith a' coimhead ri bhith a' cur às do chnapan-starra a tha a' cuingealachadh nan roghainnean aig daoine òga. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dealbhadh agus a' cruthachadh measgachadh de phrògraman 3-18 airson luchd-ionnsachaidh, a bharrachd air an fheadhainn aig an robh briseadh sna pàtran ionnsachaidh aca.

Às dèidh iarrtais bho Bhuidheann Ath-bheothachaidh Foghlaim Covid-19 (Covid-19 Education Recovery Group - CERG) san Lùnastal 2020, chruthaich e-Sgoil tairgse 3-18 airson sgoiltean agus ionadan foghlaim a dh'fhaodadh iad cleachdadh mar phàirt de na planaichean ionnsachaidh air astar aca. Bha seo a' gabhail a-steach prògram Taic le Ionnsachadh às dèidh na sgoile airson luchd-ionnsachaidh san Ìre as Àirde (tro Glow) agus sreath "Lockdown Live" le ruigsinneachd fosgailte (nach eil air Glow) airson luchd-ionnsachaidh bun-sgoile agus àrd-sgoile, a' gabhail a-steach a bhith a' cumail a' phrògram bheò Leasachadh Luchd-obrach Òga (Developing Young Workforce - DYW).

Seo cuid de na prìomh nithean a tha e-Sgoil a' toirt seachad.

- **A' leasachadh an Luchd-obrach Òga - Beò**

Bidh e-Sgoil agus Foghlam Alba ag obair le raon farsaing de bhuidhnean com-pàirteachais nàiseanta gus tairgse ionnsachaidh nàiseanta bhiortail a chruthachadh do chloinn is daoine òga. Tha seo ag amas air foghlam dreuchdail a chur air adhart agus gus cur ri comasan cosnaidh, stiùireadh dreuchd agus sgilean co-cheangailte ri obair. Tha e a' toirt cothrom do choimhearsnachdan eileanach fiosrachadh fhaighinn bho raon nas farsainge de luchd-fastaidh a dh'fhaodadh, mar eisimpleir, a bhith stèidhichte air tìr-mòr na h-Alba. Bhon Fhaoilleach 2021, tha seo air cothrom sònraichte a thoirt do sgoiltean is ionadan na làn-chòraichean bho Ìre Foghlam Dreuchd 3-18 a chur a-steach dhan phlanadh curraicealaim aca.

- **Taic le Ionnsachadh**

San t-Sultain 2020, dhealbhaich agus leasaich e-Sgoil prògram taic ionnsachaidh nàiseanta thar grunn ìrean agus chuspairean anns an Ìre as Àirde. Tha an goireas seo an-asgaidh, tha e air a chumail gu tèarainte ann an àrd-ùrlar Glow, agus chaidh a libhrigeadh an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh an latha sgoile traidiseanta. Tha an taic seo beò agus eadar-ghnìomhach, agus air a libhrigeadh air-loidhne le tidsearan speisealach, a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh. Tha am prògram seo fhathast a' leudachadh agus a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh air taic ionnsachaidh àrd-inbhe anns na dachaighean aca fhèin, ge b' e far a bheil iad a' fuireach.

- **A' Ghàidhig, a Cultar agus Coileanadh san Fharsaingeachd**

Tha e-Sgoil cuideachd air cur ris an uiread de dh'ionnsachadh Gàidhlig a tha ri fhaighinn do dhaoine òga. Mar eisimpleir, ann an coileanadh agus com-pàirteachadh ciùil, a' gabhail ri cultar ionadail, agus a bhith air a dhealbhaidh a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach fa-leth. Tha an taobh seo den t-solar aig e-Sgoil fhathast a' fàs.

- **Fastadh, Leasachadh agus Gnìomhachas**

Tha e-Sgoil air cur ri cothroman agus slighean cosnaidh. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-teagaisg agus luchd-taic teicnigeach, clèireach agus rianachd. Tha e-Sgoil a' tabhann rèiteachaidhean obrach sùbailte a thaobh ùine obrach agus àite cruinn-eòlasach. Dh'fhaodte gum bi buannachdan an lùib seo airson nan sgìrean iomallach is eileanach againn. Tha buannachdan eag-eòlasach air a bhith ann mar thoradh air seo ri linn lughdachadh siubhail, agus na buannachdan foghlaim a thig bho bharrachd ùine conaltraidh le luchd-ionnsachaidh.

Tro mhaoineachadh bho Chaidreachas a' Chinn a Tuath, tha e-Sgoil, air cur ris an Àrd-sgioba Stiùiridh aca gus am bi barrachd co-thaobhadh ann eadar ùghdarrasan ionadail. Tha an iomairt air cothrom a thoirt do choimhearsnachdan eileanach faicinn nach fheum iad a bhith air am faicinn air iomall na h-Alba tuilleadh. Tha e air cothrom a thoirt dhan iomall a bhith na phrìomh àite ann an dealbhaidh is cur an gnìomh a' churraicealaim, agus ann an ùr-ghnàthachadh didseatach. Tha gach fear de na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba air pàirt a ghabhail le e-Sgoil ann an dòigh air choreigin bho chaidh a stèidheachadh. Tha seo air buannachdan eaconamach neo-dhìreach adhbharachadh, le buidhnean dhaoine - bho thìr-mòr na h-Alba agus nas fhaide air falbh - a' tadhal air Comhairle nan Eilean Siar gus barrachd ionnsachadh mu e-Sgoil.

Dh'aontaich sinn obrachadh le òigridh air feadh nan eilean Albannach gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh cur ri buileachadh a' Phlana a thaobh foghlaim agus gus dèanamh cinnteach gun tèid an guthan a chluinntinn.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Tha Foghlam Alba air ionnsachadh proifeasanta a libhrigeadh taobh a-staigh Caidreachas Leasachaidh Roinneil a' Chinn a Tuath gus taic a thoirt do luchd-obrach gus còraichean chloinne a thoirt air adhart. Thug na seiseanan seo cothrom do chleachdaichean bruidhinn sa Gàidhlig agus cleachdadh bho na h-eileanan a cho-roinn. Tha an sgrìobhainn, Dè cho math 's a tha an sgoil AGAINN? a' toirt seachad frèam gus clann is daoine òga a bhrosnachadh a bhith an sàs ann an leasachadh nan sgoiltean aca - chaidh seo atharrachadh airson cleachdadh ann am foghlam Gàidhlig.

Chaidh pròiseact paidhleat Lìonra nan Eileanach Òga a chur air bhog air 16 Faoilleach 2021 Bheir am Pròiseact seo cothrom do luchd-còmhnaidh nan eilean a tha aois 5-25 gus na cùisean a tha mun coinneamh a chur am follais, agus gus lìonra ullachadh a chuireas aghaidh riutha seo.

Dh'aontaich sinn cumail oirnn le bhith a' toirt taic ri agus a bhith a' brosnachadh Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig aig a h-uile ìre.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha adhartas fhathast ga dhèanamh le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) aig a h-uile ìre agus tha iomairtean ùra leithid Comhairle nan Eilean Siar a' toirt a-steach pròiseas clàraidh 'Gàidhlig an Toiseach' aig Bun-sgoil 1 gus taic a thoirt do dh'fhàs is soirbheachas FMG, tairgse ionnsachaidh air-loidhne nàiseanta e-Sgoil agus leasachadh ghoireasan agus làthaireachd air-loidhne Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig uile deatamach airson a' Ghàidhlig a chumail fallainn san àm ri teachd.

Bidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt seachad measadh neo-eisimeileach air càileachd an t-solair thar roinnean an fhoghlaim. Tha an fhianais seo air a chleachdadh gus leasachadh a bhrosnachadh, gus comhairle agus dearbhadh a thoirt dhan luchd-ùidh againn a thaobh inbhean, càileachd agus leasachadh. Ann a bhith a' dèanamh sgrùdadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, cleachdaidh sinn luchd-sgrùdaidh speisealach agus luchd-measaidh co-cheangailte gus measaidhean ionadail a dhèanamh a bheir taic do leasachadh. Anns a' Ghearran 2020, thug sinn a-staigh earrann ùr air an làraich-lìn againn airson Aithisgean Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh. Tha teachdaireachdan san raon seo gus taic a thoirt do leasachadh leantainneach.

Bidh Foghlam Alba ag obair ann an com-pàirteachas gus taic a thoirt do leasachadh a' churraicealaim agus gus co-thuigse roinnte a bhrosnachadh mu bhogadh àrd-chàileachd.

Tha Foghlam Alba air am Plana Corporra aca ath-sgrùdadh gus mìneachadh mar a bhios iad a' stiùireadh agus a' cumail taic ris an t-siostam rè na 'bliadhna ath-bheothachaidh'. Tro seo, bidh Foghlam Alba a' beachdachadh air taic a chaidh iarraidh a tha ag amas air ìre sgoile, coimhearsnachd, ùghdarras ionadail agus roinneil.

Tha Foghlam Alba fhathast a' cumail taic ri ath-bheothachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig leis a' phròiseact Scotland Learns, trom faigh luchd-ionnsachaidh nan eilean buannachd. Tha seo a' toirt comhairle do chleachdaichean agus do phàrantan mu cumail taic ri ionnsachadh agus bogadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig nuair a bhios Alba a' dol am feabhas às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte. Tha raon de ghnìomhachdan aige cuideachd a chumas taic ri ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a chleachdas clann agus daoine aig an taigh, an darna cuid leotha fhèin, le caraaid cànan no mar theaghlach.

Tha an taic nàiseanta aig Foghlam Alba a' comasachadh sgaoileadh agus co-roinn cleachdadh. Chùm Foghlam Alba còmhraidhean bhiortail gus beachdachadh air dùbhlain agus fuasglaidhean airson bogadh agus a thaobh a' churraicealam mar phàirt de dh'ath-bheothachaidh foghlaim. Bha ùidh mhòr aig luchd-foghlam nan eileanan ann an seo agus chaidh tòrr den eòlas a cho-roinn. Bidh cleachdaichean agus àrd-stiùirichean a' cumail orra leis a' chòmhradh agus leis an taic seo tro lionra co-obrachail air-loidhne.

Tha am foillseachadh, [What Scotland Learned](#) na chruinneachadh de sgeulachdan brosnachail a' toirt cunntas mionaideach air mar a fhreagair cleachdaichean agus com-pàirtichean air feadh na h-Alba ri èiginn COVID-19. Tha e a' gabhail a-steach tabhartasan bho chloinn is daoine òga, inbhich, teaghlachan agus coimhearsnachdan a tha air an dealbhadh gu sònraichte do roinn na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach.

Stèidhich Foghlam Alba buidheann-obrach airson na Gàidhlig aig Caidreachas a' Chinn a Tuath gus taic a chumail ri leasachadh tro cho-obrachadh. Aig a' bhuidhinn seo, bidh oifigearan ùghdarrasan ionadail le uallach airson Gàidhlig a' gabhail pàirt ann an deasbadan, a' co-roinn cleachdadh, a' togail cheanglaichean agus a' co-obrachadh air na tha ag obair gu math.

Tha Foghlam Alba air co-chomhairle phoblach a chumail air dreach Phlana Gàidhlig airson 2020-2025. Tha seo na ro-innleachd còig bliadhna air leasachadh foghlam Gàidhlig.

Tha Foghlam Alba air a bhith ag obair còmhla ri Roinn an Ionnsachaidh gus Measaidhean Coitcheann Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig (MCNG) a chur an gnìomh mar phàirt den Fhrèam Leasachaidh Nàiseanta. Bidh luchd-cleachdaidh às na h-eileanan a' cuideachadh le pròiseas dearbhadh càileachd cuideachd. Bidh sinn cuideachd ag obair le cleachdaichean ann an Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gus Measaidhean Litearrachd Bun-sgoil Clas 1 a chur air dòigh airson làn bhogadh. Bidh sinn a' lìbhrigeadh thachartasan measaidh gus cuideachadh le breithneachaidhean proifeasanta aig luchd-teagaisg mu adhartas agus coileanadh chloinne agus dhaoine òga sa churraicealam 5-15.

Dh'aontaich sinn obrachadh le ùghdarrasan nan eilean uile gus pròiseactan a lorg a dh'fhaodadh buannachd fhaighinn bho ìrean leantainneach de Phrògram Tasgaidh ùr na h-Oighreachd Ionnsachaidh luach £1 billean a bhios a' ruith gu 2026.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Chaidh tabhartasan maoinachaidh Ìre 1 agus Ìre 2 a thoirt seachad bho Phrògram Tasgaidh na h-Oighreachd Ionnsachaidh (Learning Estate Investment Project - LEIP), a' gabhail a-steach dà phrìomh phròiseact ann am Bàgh a' Chaisteil ann am Barraigh agus anns an Àth Leathann san Eilean Sgitheanach. A bharrachd air seo, tha pròiseactan air feadh nan eilean a tha a' faighinn maoinachadh bho eileamaid Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne an LEIP.

Thèid ceuman eile den LEIP ainmeachadh gus gu 2026. Bidh na pròiseactan soirbheachail stèidhichte air argamaid airson atharrachadh leis na h-ùghdarrasan ionadail a bhios a' dèiligeadh ri Ro-innleachd Tasgaidh na h-Oighreachd Ionnsachaidh, prìomh fhìrinnean agus feumalachdan foghlaim is coimhearsnachd ionadail. Leanaidh sinn oirnn a' cumail taic ris na coimhearsnachdan eileanach againn gus dèanamh cinnteach gum faigh iad buannachdan bho na h-ìrean den phrògram a tha ri thighinn fhathast.

Dh'aontaich sinn na co-oidhirpean againn a leudachadh gus toraidhean foghlaim chloinne a tha beò ann am bochdainn a chur am feabhas le bhith a' cumail taic ri ùghdarrasan eileanach/planaichean sgoiltean gus coileanadh a thogail tro phrògraman Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba leithid Maoinachadh Cothromas Sgoilearan.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais seo.

Tha 32 Comhairliche Coileanaidh maireannach (AA) aig Foghlam Alba, a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil ceangal sònraichte aig gach ùghdarras ionadail ri Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba. Tha Comhairlichean Coileanaidh nan ceangal do sgoiltean is ionadan gus taic a chumail ri builean foghlaim nas fheàrr.

Tha na Sgiobaidhean Leasachaidh Roinneil againn air còrr is 5,000 ceangal a chlàradh a thaobh cleachdadh proifeasanta le Co-obrachaidhean Leasachaidh Roinneil, ùghdarrasan ionadail, ionadan foghlaim, cleachdaichean agus luchd-ùidh eile eadar an Lùnastal agus am Màrt 2019.

Gus taic a thoirt do leasachadh agus co-obrachadh, a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air fianais, tha Foghlam Alba air 32 pasgan dàta airson ùghdarrasan ionadail a chruthachadh, a' toirt còmhla farsaingeachd de dhàta gus cuideachadh le bhith a' fiosrachadh chòmhradh le ùghdarrasan ionadail mu cho-thaic chuimsichte.

Tha sinn a-nis air còrr air 30 nòta sgeidse fhoillseachadh gus cleachdadh fìor èifeachdach a thaisbeanadh a chaidh a chomharrachadh tro sgrùdaidhean.

Chruthaich Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba aithisgean buaidh gus obrachadh a-mach dè a' bhuidhe a bh' aig maoinachadh targaidichte aig Dùbhlann Coileanaidh na h-Alba air a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn airson ùghdarrasan ionadail agus sgoiltean fa-leth, agus a bh' aig Maoin Cothromas Sgoilearan (PEF) airson cha mhòr a h-uile sgoil ann an Alba. Bha an tasgadh seo ann am buidseatan foghlaim na deagh chomharra agus na aithneachadh

gum feum sinn tasgadh a dhèanamh anns a' chloinn is sna daoine òga againn gus toraidhean sòisealta is eaconamach nas fheàrr agus nas cothromaiche fhaighinn do dh'Alba. Tro Alba air fad, tha adhartas air a bhith ann le dùnadh na beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn taobh a-staigh Foghlam Coitcheann Farsaing thar nan 5 bliadhna a dh'fhalbh. Ann an cuid de cheumannan aig an ìre as àirde, tha coileanadh nan sgoilearan a tha a' fuireach anns an 20% de na sgìrean as bochda a' dol am feabhas aig ìre nas luaithe na an fheadhainn anns na 20% de na sgìrean as beartaiche. (Education Five years on with the Scottish Attainment Challenge (SAC) funding and what has changed? - Education (blogs.gov.scot)).

Tha a' phròiseas leasachaidh seo air taic fhaighinn tro Sgrùdadh Cothromais, a chur ri tuigse air a' bhuidhe a bh' aig galar lèir-sgaoilte Covid-19 agus aig dùnadh nan sgoiltean air clann is daoine òga a tha fo ana-cothrom sòisio-eaconamach. Tha na dh'fhiosraich sinn bhon ghlasadh-sìos agus an fhianais anns an Sgrùdadh Cothromais a' sealltainn cho cudromach 's a tha ruigsinneachd air teicneòlas (innealan agus ceangailteachd) do chloinn is dhaoine òga gus am faigh iad cothrom air ìre àrd de dh'ionnsachadh air astar. Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh £25 millean gus taic a chumail ri in-ghabhail didseatach am measg clann aois sgoile agus uile gu lèir, tha iad an dùil buannachd a thoirt do chòrr is 70,000 clann is daoine òga a tha fo ana-cothrom tro bhith a' libhrigeadh innealan agus fuasglaidhean ceangailteachd air feadh na h-Alba. A bharrachd air sin, tha £45 millean eile ga thasgadh le Riaghaltas na h-Alba gus teaghlachan a chuideachadh le ionnsachadh air astar agus faodaidh ùghdarrasan ionadail am maoinachadh seo a chleachdadh ann an dòigh shùbailte chan e a-mhàin gus innealan didseatach a bharrachd a cheannach ach gus luchd-obrach a bharrachd fhadhadh agus taic teaghlach nas fharsainge a thoirt seachad tron ghlasadh-sìos làithreach agus às dèidh làimh.

Bhon Ògmhios 2020, tha Foghlam Alba air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' stiùireadh co-òrdanachadh an Tairgse e-Ionnsachaidh Nàiseanta (National e-Learning Offer - NeLO) agus ann a bhith ag obair le com-pàirtichean ann an dealbhadh agus leasachadh na tairgse tron Chom-pàrteachas e-Ionnsachaidh Nàiseanta: Foghlam Alba, Stiùirichean Foghlam na h-Alba (ADES), e-Sgoil agus Riaghaltas na h-Alba. Tha na com-pàirtichean uile ag obair còmhla gus an tairgse shingilte seo a libhrigeadh a bhios a' togail gu leantainneach air na tha ri fhaighinn mar-thà bho sgoiltean agus com-pàirtichean ionadail, bho na h-ùghdarrasan ionadail agus bho na Caidreachasan Leasachaidh Roinneil. An toiseach, bidh seo a' toirt còmhla an roghainn airson ionnsachadh beò bho e-Sgoil, a tha stèidhichte ann an Leòdhas. Tha E-Sgoil air a bhith a' cur ri ruigsinneachd air raon de phrògraman airson aoisean 3 gu 18 bhon t-Sultain 2020 gus taic a chumail ri planaichean luchd-teagaisg air feadh na dùthcha. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' tabhann seiseanan beò, eadar-ghnìomhach làitheil do luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean do dhaoine òga a dh'fheumas a bhith ag obair bhon dachaigh air sgàth a' Choròna-bhiorais (Covid-19) agus prògram taic ionnsachaidh às dèidh na sgoile airson luchd-ionnsachaidh san Ìre as Àirde. Bho thoiseach na h-ùine làithreach de dh'ionnsachadh air astar air 11 Faoilleach, agus gus an tig i gu crìch, bheir e-Sgoil prògram Lockdown Live làitheil seachad gus taic a thoirt do thidsearan, luchd-ionnsachaidh agus pàrantan. Tha figearan làithreach a' sealltainn gun deach coimhead air na seiseanan Lockdown Live air-loidhne còrr is 211,000 turas. Tha am prògram a' gabhail a-steach leudachadh air a' phrògram taic ionnsachaidh a-steach dhan latha sgoile agus àrdachadh anns an àireimh de chùrsaichean a tha rim faighinn. Tha 66 cùrsaichean rim faighinn aig an àm seo (25 tron latha mar phàirt de sholar a' ghlasaidh-sìos agus 41 air an oidhche). Tha còrr is 11,000 clàraidhean air a bhith aig na seiminear-lìn Taic Ionnsachaidh bho còrr is 4,000 neach-ionnsachaidh.

Gheall sinn beachdachadh air feumalachdan luchd-ionnsachaidh inbheach ann an coimhearsnachdan nan eilean mar a bhios sinn a' leasachadh ar ro-innleachd ionnsachaidh inbheach airson na h-Alba.

Tha obair a' leantainn air adhart leis a' ghealltanais.

Tràth ann an 2020, thòisich Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ris na chom-pàirtichean aige gus Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach ùr a dhèanamh airson Alba. Mar phàirt den phròiseas seo, chaidh suirbhidh luchd-ionnsachaidh inbheach fhoillseachadh agus fhuaradh ceithir mìle, ceithir ceud agus dà fhichead freagairt. Thathar a' dèanamh mion-sgrùdadh air na freagairtean seo an-dràsta. Chaidh sreath de sheiseanan co-chomhairleachaidh a chumail air feadh na h-Alba sa Ghearran agus sa Mhàrt le luchd-ionnsachaidh inbheach agus cleachdaichean ann an ionnsachaidh inbheach (oidean, manaidsearan msaa ag obair anns an roinn phoblaich agus san treas roinn). Ged a chaidh seisean a phlanadh le coimhearsnachdan eileanach airson 16 Màrt 2020, chaidh seo a chur dheth mar thoradh air Covid-19. Rinneadh co-chomhairle air-loidhne às dèidh seo san Fhaoilleach 2021 agus chaidh cuireadh a thoirt do luchd-ionnsachaidh ann an coimhearsnachdan eileanach gus pàirt a ghabhail ann. Tha mion-sgrùdadh air a h-uile co-chomhairleachadh a' dol air adhart agus fiosraichidh seo Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach a chuidicheas le bhith a' comharrachadh phrìomhachasan san ro-innleachd nàiseanta.

Chaidh dàil a chur air obair leis a' ghealltanais seo mar thoradh air buaidh Covid-19.

Cur an gnìomh agus Tomhas Plana Nàiseanta nan Eilean

Amas Ro-innleachdail 13 - Gus taic a chumail ri bhith a' cur Plana Nàiseanta nan Eilean an gnìomh gu h-èifeachdach

Dh'aontaich sinn pròiseas làidir a chur air dòigh gus dèanamh cinnteach gun tèid Mapa Slighe Buileachaidh mionaideach fhoillseachadh ann an deagh àm le uallachaidhean airson gnìomhan agus clàran-ama air an sònrachadh gus taic a chumail ri lìbhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eileanan.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Thàinig dàil mhòr ann an leasachadh Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte.

Mar phrìomhachas, agus le taic bho Bhuidheann-obrach Com-pàirteachas nan Eilean agus luchd-ùidh eileanach, tha oifigearan eileanan Riaghaltas na h-Alba an-dràsta a' leasachadh Mapa Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean le taic fiosrachaidh bho na dh'ionnsaich sinn mu mar a tha coimhearsnachdan eileanach air dèiligeadh agus freagarrachadh ri suidheachaidhean a tha ag atharrachadh. Chuir co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba, com-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail, agus luchd-ùidh eileanach uile ris a' Mhapa Slighe Buileachaidh.

Bidh am Mapa Slighe Buileachaidh a' toirt cunntas mionaideach air mar a libhrigeas sinn ar prìomhachasan thar beatha Plana Nàiseanta nan Eilean. Bidh e cuideachd a' mìneachadh nan dòighean anns am bi sinn a' measadh adhartais a dh'ionnsaigh nan amasan againn agus tha i a' cur an cèill mar a libhrigeas sinn an obair againn san ùine ghoirid, sa mheadhan ùine agus san ùine fhada. Thèid am Mapa Slighe fhèin fhoillseachadh a dh'aithghearr mar sgrìobhainn bheò, ag aithneachadh gum faod prìomhachasan nan coimhearsnachdan eileanach agus prìomhachasan poileasaidh atharrachadh, gu h-àraidh aig an àm mhì-chinnteach seo. Mar sin, chaidh am Mapa Slighe seo a dhealbhadh mar sgrìobhainn bheò a bhios comasach air freagairt air dùbhlain ùra a thig am bàrr agus a bhith ag atharrachadh a rèir seo.

Dh'aontaich sinn taisbeanair a shònrachadh airson gach Amas Ro-innleachdail ann an co-obrachadh le buidhnean Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh sòisio-eaconamach stèidhichte air na slatan-tomhais SMART agus a' togail air an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus na h-Amasan airson Leasachadh Seasmhach.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Thathar a' dèanamh barrachd obair rannsachaidh gus an dàta uile a chruinneachadh a tha a dhìth gus bun-loidhne a chruthachadh airson toraidhean a ghabhas a thomhas. Aig an àm seo, tha Oifigearan aig Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba a' cruthachadh inneacs

rannsachaidh agus buidheann-obrach rannsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil dàta iomchaidh bho na siostaman measaidh againn air a ghlacadh agus gum fiosraich e sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ri ar co-obraichean poileasaidh air feadh Riaghaltas na h-Alba, ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail agus luchd-ùidh coimhearsnachd eileanach gus staitistig eileanach a tha ann mar-thà a chomharrachadh gus dùblachadh oidhirp neo-riatanach a sheachnadh.

Dh'aontaich sinn sreath de bhuidhnean fòcas a chumail tro bhùithtean-obrach gus beachdachadh air na gnìomhan sònraichte a tha ceangailte ri gach fear de na 13 Amasan Ro-innleachdail anns a' Phlana agus gus an aontachadh.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Chaidh sreath de bhùithtean-obrach bhiortail a chumail san Fhaoilleach agus sa Ghearran 2021 airson gach fear de na h-Amasan Ro-innleachdail aig Plana Nàiseanta nan Eilean. Chaidh na bùithtean-obrach a chomasachadh le ball de Sgioba nan Eilean agus co-obraiche poileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba a tha na eòlaiche air an Amas Ro-innleachdail a tha mar fhòcas air an t-seisean. Thèid an aithisg bho gach bùth obrach a chleachdadh gus taic a bharrachd a chumail ris a' Mhapa Slighe Buileachaidh.

Dh'aontaich sinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air faotainneachd agus air cho feumail 's a tha dàta aig ìre nan eilean, agus bacaidhean nas fharsaingeach air seo, an dà chuid aig ìre gach eilean fa leth, agus aig ìre buidhnean eileanan, agus a' beachdachadh air a bhith a' cruthachadh seata dàta 'Eileanan na h-Alba' gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan eileanach.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Ann an 2020, rinn Riaghaltas na h-Alba a' chiad eacarsaich sgòpaidh a dhearbhadh gu bheil beàrnan mòra anns an dàta anns an fharsaingeachd aig ìre nan eilean. Às aonais slatan-tomhais oibseactach aig ìre nan eilean, feumar tùs dàta eile a chruthachadh a nì tomhas air buaidh agus èifeachdas Plana Nàiseanta nan Eilean ann an dòigh chunbhalach. Mar sin, tha sinn air [Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean](#), a bharantachadh, a leigeas leinn beachdan choimhearsnachdan eileanach a chruinneachadh, air sgèile measaidh, thar nan Amasan Ro-innleachdail uile. Bidh e comasach dhuinn an uair sin an t-adhartas againn a mheas fad beatha Plana Nàiseanta nan Eilean.

Chan eil an suirbhidh seo a' dol an àite fiosrachadh stadastaireachd iomchaidh nach eil againn - bu chòir dha cur ris an dàta seo nuair a bhios e ri fhaighinn. Mar thoradh air seo, le bhith a' toirt fa-near dhan uiread de rannsachadh a bhiodh a dhìth gus na beàrnan dàta a chaidh ainmeachadh roimhe a lìonadh, bidh dòigh-obrach ceum air cheum againn airson amalachadh dàta aig ìre eileanach, a thèid air adhart thairis air a' chiad còig bliadhna de Phlana Nàiseanta nan Eilean.

Dh'aontaich sinn Lìonra nan Eileanach Òga a chruthachadh le òigridh bho na h-eileanan Albannach uile, aig am bi dleastanas co-chomhairleachaidh ann an cur an gnìomh Plana Nàiseanta nan Eilean gus dèanamh cinnteach gum bi cur an gnìomh a' toirt feart air ùidhean agus prìomhachasan na h-òigridh.

Chaidh an gealltanais seo a choileanadh.

Chaidh pròiseact paidhlead Lìonra nan Eileanach Òga a chur air bhog air 16 Faoilleach 2021, a' coileanadh a' ghealtannais anns a' Phrògram Riaghlaidh againn Bheir am Pròiseact seo cothrom do luchd-còmhnaidh nan eilean a tha aois 5-25 gus na cùisean a tha mun coinneamh a chur am follais, agus gus lìonra ullachadh a chuireas aghaidh riutha seo.

Thathar a' libhrigeadh a' phaidhlead ann an trì pàirtean:

1. **Dùbhlann nan Eileanach Òga:** Fosgailte do dhaoine òga eadar aois 5 agus 25 a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan nan eilean, is e pròiseact cruinneachadh dàta a tha seo a tha a' toirt cuireadh do na h-eileanaich òga sin na cùisean as cudromaiche dhaibh a thoirt am follais. Thathar a' brosnachadh nan Eileanach Òga gus seo a chlàradh ann am meadhan sam bith a thogras iad.
2. **Tosgairean nan Eileanach Òga** Bidh Youth Scotland ag obair sa chiad dol-a-mach gus buidheann bheag de dhaoine òga (30 gu 40) bho air feadh nan 8 Mòr-ionadan Eileanan a chomharrachadh gus a bhith nan ciad Churaidhean Òga nan Eileanan. Bidh Youth Scotland ag obair nas dlùithe leotha agus a' coimhead ri sgilean a bharrachd a thoirt dhaibh ann an dèanamh co-dhùnaidhean agus ceannardas, sgilean mheadhanan agus com-pàirteachadh ann an gnìomhan togail sgioba. Bithear a' brosnachadh Curaidhean Òga nan Eilean a dhol an sàs le, agus a riochdachadh guth òigridh nan eilean ann am fòraman, buidhnean agus tachartasan leithid Pàrlamaid na h-Òigridh agus Pàrlamaid Dhùthchail na h-Alba.
3. **Trèanadh Slàinte Inntinn:** Anns a' Ghiblean 2020, fhuair an aithisg, [LockdownLowdown](#) a chaidh a choimiseanadh le Pàrlamaid Òigridh na h-Alba, YouthLink Scotland, agus Young Scot gur ann air daoine òga a tha an dragh as motha mu fhoghlam, sunnd inntinn, agus taic ionmhais rè èiginn COVID-19. Thuirt dà chòigeamh de 2500 neach-freagairt gu bheil iad car iomagaineach no anabarrach iomagaineach mu dheidhinn an sunnd inntinn, agus bha dà chòigeamh den luchd-fhreagairt nach robh misneachail mu bhith a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu shlàinte inntinn. Bheir am pròiseact Pilot YIN taic do Luchd-obrach Òigridh agus saor-thoilich gus pàirt a ghabhail ann an Cùrsa Fondas Slàinte Inntinn aig Youth Scotland a tha iad a' ruith ann an com-pàirteachas leis na h-eòlaichean ann an slàinte inntinn Place2Be. Tro Phileat Lìonra nan Eileanach Òga, tha sinn air gealltainn gum bi 150 àite ann airson luchd-obrach òigridh agus saor-thoilich às na h-eileanan air a' chiad chùrsa, a' coinneachadh ris an fheum a chaidh a chomharrachadh anns an aithisg LockdownLowdown, agus an fheum air tuilleadh trèanadh slàinte inntinn a thoirt seachad a chaidh a shònrachadh ann an [Aithisg Choimisean na h-Òigridh air Seirbheisean Slàinte Inntinn 2019](#).

Air 11 Màrt 2021, mar phàirt de shreath sheiseanan trèanaidh, thèid tachartas beag a chumail a bheir cothrom do na h-Eileanaich Òga cuid de na beachdan tràtha aca a thoirt seachad mu àm ri teachd Lìonra nan Eileanach Òga, agus a' chiad fhios-air-ais a thoirt seachad bho Dhùbhlann nan Eileanach Òga gu dìreach gu Oifigearan Riaghaltas na h-Alba.

Dh'aontaich sinn Buidheann Riaghlaidh Plana Nàiseanta nan Eilean a stèidheachadh gus dlùth-sgrùdadh a dhèanamh air an Mhapa-slighe Buileachaidh. Bidh tar-shealladh aig a' bhuidhinn seo air libhrigeadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus bidh i a' toirt fios mu adhartas do Bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Chaidh dàil nach beag a chur air stèidheachadh Buidheann Libhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean mar thoradh air COVID-19. Ach, tha Riaghaltas na h-Alba a-nis ag obair air a' bhuidheann seo a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gum bi sùil gheur ga chumail air a' Mhapa Slighe Buileachaidh le taic leantainneach bho luchd-ùidh agus coimhearsnachdan.

Dh'aontaich sinn obrachadh le coimhearsnachdan eileanach gus dèanamh cinnteach gun tèid am plana a sgaoileadh is a thuigsinn fad is farsaing leis gach pàirt den t-sòisealtas.

Tha obair a' leantainn air a' ghealltanais seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum feum cunntachalachd a bhith ann, cho math ri co-obrachadh leantainneach le ar com-pàirtichean ann an ùghdarrasan ionadail, luchd-ùidh agus coimhearsnachdan eileanach fad beatha a' Phlana gus dèanamh cinnteach gun adhbharaich Plana Nàiseanta nan Eilean atharrachadh brioghmhor, adhartach agus seasmhach. Tha sinn a' leantainn oirnn le co-chomhairleachadh agus co-obrachadh cunbhalach leis na coimhearsnachdan eileanach againn. Tha seo a' gabhail a-steach barrachd com-pàirteachadh cuimsichte aig toiseach galar lèir-sgaoilte COVID-19 gus an gabhadh fiosrachadh fìor-ama a chur bho choimhearsnachdan eileanach chun na roinne poileasaidh iomchaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba. A bharrachd air seo, tha sinn air cumail oirnn a' cumail taic ri Buidheann Ro-innleachdail nan Eilean gus an urrainn dhuinn co-obrachadh gu dlùth leis na com-pàirtichean againn anns na h-ùghdarrasan ionadail mu libhrigeadh, agus chùm sinn bùithean-obrach do luchd-ùidh bho chionn ghoirid a dh'fhiosraicheas ullachadh a' Mhapa Slighe Buileachaidh airson gach amas ro-innleachd ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Nì seo agus stèidheachadh Buidheann Libhrigidh Plana Nàiseanta nan Eilean, agus an Suirbhidh Beatha Eileanach againn bho chionn ghoirid, cinnteach gum bi com-pàirteachadh nas fharsaing ann sna gnìomhan a dh'fheumas sinn a ghabhail airson gach Amas Ro-innleachdail.

Leas-phàipear A

Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd Eileanach a rinneadh eadar 23 Dùbhlachd 2020 agus 26 Gearran 2021

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 9) 2020

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 10) 2020

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 11) 2020

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 12) 2020

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 13) 2020

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 14) 2020

Riaghailtean Dìon Slàinte (Coròna-bhìoras) (Cuingealachaidhean agus Riatanasan) (Ìrean Ionadail) (Alba) (Àir. 15) 2020



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2021

ISBN: 978-1-80004-869-0

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba cuideachd:
www.gov.scot

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios dhan sgioba air info@islandsteam.scot

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS833006 (03/21)

W W W . g o v . s c o t